

Am Bann Eileanach: Anailis freagairtean a' cho- chomhairleachaidh

Am Bann Eileanach: Anailis freagairtean a' cho- chomhairleachaidh

Dawn Griesbach, Alison Platts agus Jennifer Waterton
Griesbach & Associates

Clàr-innse

Geàrr-iomradh	1
1 Facal-toisich	7
Co-theacs poileasaidh	7
A' cho-chomhairle	8
Mun anailis.....	9
2 Tuairisgeul air na freagairtean agus luchd-freagairt	11
Àireamh nam freagairtean a fhuairleadh, agus an àireamh a chaidh a chleachdadh san anailis	11
Tuairisgeul mun tachartas	12
Ìre freagairt airson ceistean fa leth	14
3 Structar na h-aithisg	16
4 Dùbhlain sluaigh ann an coimhearsnachdan eileanach	18
Taigheadas	18
Bun-structar	19
Fastadh	20
Seirbheisean cùram-chloinne agus foghlaim	20
5 Beachdan air sgeama a' Bhann Eileanaich san fharsaingeachd	21
Geàrr-chunntas air na prìomh bheachdan.....	21
Buannachdan / buannachdan a dh'fhaodadh a bhith an lùib Bann nan Eilean.....	22
Eas-bhuannachdan / eas-bhuannachdan a dh'fhaodadh a bhith an lùib Bann nan Eilean	23
Roghainnean eile an àite Bann nan Eilean	24
Beachdan eile	24
6 Prìomh fhòcas: glèidheadh no fàs?	25
Taic airson prìomh fhòcas air glèidheadh sluaigh	26
Taic airson prìomh fhòcas a bhith air fàs sluaigh	27
Taic airson prìomh fhòcas an dà chuid air glèidheadh is fàs sluaigh	27
Beachdan aig an fheadhainn a mhol fòcas eile.....	28
Beachdan eile air prìomhachas agus fòcas nam Bannan Eileanach	28
7 Targaideachadh deamografach	30
Fòcas air inbhidh agus daoine òga aig aois obrach	31
Fòcas air proifeiseanan	32
Fòcas air cinneadh	33
Fòcas air daoine aig aois peinnsein, gnè, agus gnè bhith-eòlasach	33
Targaidean deamografach 'eile' a dh'fhaodadh a bhith ann	34
8 Luach a' bhanna, caiteachas ceadaichte, agus cumhaichean	36
Taobhan ionmhasail den bhann, agus luach nam bannan fa leth	36

Caiteachas ceadaichte	37
Cumhaichean aig bannan	39
9 Pròiseasan Co-dhùnaidh	41
10 Seirbheis comhairleachaidh dhaibhsan a tha a' gluasad do choimhearsnachdan eileanach (C7–C9)	42
Feum air seirbheis comhairleachaidh (C7)	42
Prìomh adhbhar agus dleastanas seirbheis comhairleachaidh (C8)	43
A' libhrigeadh seirbheis comhairleachaidh (C9)	45
Beachdan aig an fheadhainn nach robh ag aontachadh gun robh feum air seirbheis comhairleachaidh	47
Beachdan eile	49
11 Buaidhean Co-ionannachd a' Bhanna (C10)	49
12 A' tomhas buaidh a' Bhanna (C11)	55
Prionnsabalan agus ceistean coitcheann	56
Modhan-obrach	56
Tomhasan sònraichte	57
Ceistean eile	58
13 Roghainnean eile an àite Bann nan Eilean	59
Dèan tasgadh ann am bun-structar nan eilean	59
Dèan tasgadh ann an coimhearsnachdan (seach daoine fa leth agus teaghlaichean)	59
Ag amas gu ro-innleachdail air (àireamh bheag de) c(h)eimhearsnachdan	60
Thoir seachad iasadan seach bannan	60
Leasachadh poileasaidh agus reachdas ùr	60
Molaidhean eile	60
Leas-phàipear 1: Liosta de sheiseanan conaltraidh	62
Leas-phàipear 2: Freagairtean bho bhuidhnean	63
Leas-phàipear 3: Ìre freagairt nan ceistean	64

Nòta air briathrachas

Tron aithisg seo air fad, gach turas a chleachdar am facal ‘Bann’ (le litir mhòr), tha e a’ ciallachadh poileasaidh/iomairt/sgeama Bann Eileanach Riaghaltas na h-Alba.

Far a bheilear a’ cleachdadh an fhacail ‘bann’ no ‘bannan’ (le litir bheag), tha seo a’ ciallachadh nan tabhartasan (£50k a thathar a’ moladh) a dh’fhaodar a thoirt do dhaoine fa leth no do dhachaighean fo iomairt Bannan nan Eilean.

Geàrr-iomradh

1. Tha Riaghaltas na h-Alba am beachd Bannan Eileanan a chur air bhog a bheir taic-airgid do dhaoine a tha airson gluasad gu, no fuireach ann an coimhearsnachdan eileanach ann an Alba. Chaidh co-chomhairle a chumail a bha a' sireadh bheachdan air dealbhadh agus buileachadh a' mholaidh airson Bann eadar 2 Lùnastal 2021 agus 25 Dàmhair 2021.
2. Tha am pàipear co-chomhairleachaidh [Bann nan Eilean: Co-chomhairlea](#) cur air adhart cùl-fhiosrachadh mu chrìonadh-sluaigh sna h-eileanan, agus mun àite a bhiodh aig a' Bhann Eileanach a thathar a' moladh gus dèiligeadh ri seo. Chuir e air adhart grunn chùisean air am bu chòir beachdachadh ann a bhith a' cruthachadh mion-fhiosrachadh mun Bhann. Tha iad seo a' gabhail a-steach a bhith a' tuigsinn nan dùbhlain sluaigh agus a' bhuidhean a bhiodh aig diofar eileanan, ag obair a-mach mar a dh'fhaodar sgeama nam Bann a chur an gnìomh, agus a' stèidheachadh phròiseasan gus a' bhuidhean a thomhas. Bha measgachadh de 12 ceistean fosgailte is dùinte anns a' phàipear.

Mu na freagairtean agus an luchd-freagairt (Caibideil 2)

3. Tha mion-sgrùdadh air a' co-chomhairle stèidhichte air 1,654 freagairtean. B' iad seo 1,615 freagairtean bho dhaoine fa leth agus 39 freagairtean bho bhuidhnean. Thàinig freagairtean buidhne bho bhuidhnean coimhearsnachd agus urrasan coimhearsnachd; buidhnean poblach a' gabhail a-steach ùghdarrasan ionadail agus bùird NHS; buidhnean san treas roinn, carthannasan, agus buidhnean ballrachd, a bharrachd air seòrsachan eile de bhuidhnean a' gabhail a-steach buidhnean aoigheachd is turasachd, buidhnean foghlaim, agus buidhnean cultarach.
4. Uile gu lèir, bha 42% den luchd-fhreagairt a' fuireach no stèidhichte ann an eileanan agus cha robh 58%. Ach, bha diofar eadar daoine fa leth agus luchd-freagairt buidhne, le 41% de dhaoine fa leth air an comharrachadh mar 'luchd-freagairt eileanach' an taca ri 74% de bhuidhnean. Am measg an luchd-fhreagairt fa leth a bha a' fuireach anns na h-eileanan, bha a' chuibhreann as motha à Leòdhas agus na Hearadh (29%), Eileanan Earra-Ghàidheal (22%) agus Uibhist is Barraigh (13%).

Dùbhlain sluaigh ann an coimhearsnachdan eileanach (Caibideil 4)

5. Chomharraich luchd-freagairt nan eilean trì prìomh dhùbhlain sluaigh anns na sgìrean aca uair is uair: (i) slugh a tha a' fàs nas sine (gu ìre mhòr air an dreuchd a leigeil dhiubh), (ii) daoine òga agus teaghlaichean òga a' gluasad air falbh, agus (iii) gainnead dhaoine aig aois obrach ann am prìomh roinnean den eaconamaidh. Bha beachdan an luchd-fhreagairt cunbhalach – an dà chuid am measg dhaoine fa leth agus bhuidhnean – thar gach buidheann de dh'eileanan.
6. Thuirt luchd-freagairt gun robh na dùbhlain sin mar thoradh air ceithir prìomh chùisean: (i) gainnead thaighean (freagarrach) (air prìs reusanta), (ii) bun-structair truagh a thaobh còmh-dhail phoblach, rathaidean, ceanglaichean didseatach, solar uisge, is msaa, (iii) eaconamaidh le tuarastal ìosal agus dìth (deagh) c(h)othroman cosnaidh, agus (iv) gainnead sheirbheisean cùram-chloinne agus foghlaim.

Beachdan air a' Bhann Eileanach san fharsaingeachd (Caibideil 5)

7. Thairis air na ceistean co-chomhairleachaidh air fad, thug luchd-freagairt am beachdan seachad air a' mholadh airson sgeama Bann nan Eilean.

8. Gu math tric bha luchd-freagairt taobh a-muigh nan eilean a' toirt taic làidir dhan mholadh gum biodh Bann nan Eilean ann, agus thug mòran aca beachdan gu math fàbharach air ais air an iomairt mar 'chothrom air leth', 'smaoin air leth', neo 'sgeama iongantach'. Ach, bha beachdan luchd-freagairt nan eilean cha mhòr air an roinn gu co-ionann eadar an fheadhainn a bha a' cumail taic ris a' mholadh agus an fheadhainn a bha na aghaidh. Thog luchd-freagairt eileanach gu sònraichte (agus luchd-fhreagairt nach eil a' fuireach ann an eilean gu ìre nas lugha) grunn cheistean agus draghan mun sgeama agus bha mòran ann nach robh cinnteach gun coilean an dòigh-obrach a chaidh a mhineachadh an t-amas gus crìonadh sluaigh a thionndadh air ais.

9. B' e am prìomh bhuannachd a dh'ainmich an dà chuid luchd-freagairt eileanach agus neo-eileanach gum faodadh Bann nan Eilean cuideachadh le bhith dèiligeadh ri gainnead sluaigh nan eilean le bhith a' tàladh dhaoine ùra (agus luchd-tilleadh) agus le bhith a' cumail luchd-còmhnaidh a tha ann mar-thà. Gu sònraichte, bha luchd-freagairt den bheachd (i) gun toireadh e aghaidh air na cnapan-starra ionmhasail a thaobh gluasad gu/no fuireach ann an eilean, (ii) daoine a chuideachadh gus àite-fuirich a lorg, (iii) daoine a chuideachadh gus gnothachasan a thòiseachadh, agus (iv) buannachd dhan eaconamaidh ionadail tro bharrachd caiteachas air bathar agus seirbheisean ionadail, àrdachadh ann an cothroman obrach agus an comas barrachd luchd-tadhail a thàladh.

10. Thog cuid den luchd-freagairt a bha taiceil dhan mholadh san fharsaingeachd beagan draghan, ge-tà. Gu sònraichte, chaidh a mholadh gum bu chòir prìomhachas nas àirde a thoirt do luchd-còmhnaidh eileanach airson duaisean na an fheadhainn a tha a' gluasad (no a' tilleadh). Chaidh a mholadh cuideachd gum feumadh daoine a bha a' tighinn a-steach dhan eilean daingneachadh fhaighinn gun robh obair, seirbheisean agus taighean rim faighinn, a bharrachd air rudan practaigeach leithid ceanglaichean còmhhdail agus ceangal IT gus am biodh iad misneachail mu cho practaigeach 's a tha e imrich a dhèanamh ann.

11. Chaidh raon farsaing de dh'eas-bhuannachdan, no eas-bhuannachdan a dh'fhaodadh a bhith ann, a chomharrachadh às dèidh cur an gnìomh Bann nan Eilean. Chaidh na h-eas-bhuannachdan sin a thogail na bu trice le luchd-freagairt nan eilean ach chaidh an togail cuideachd, le luchd-freagairt neo-eileanach gu ìre nas lugha.

12. Bha an fheadhainn a bha gu làidir an aghaidh a' mholaidh den bheachd gun robh Bann nan Eilean ceàrr ann am prionnsabal. Am measg nan adhbharan a chaidh a thoirt seachad airson a' bheachd seo bha (i) gur e fuasgladh geàrr-ùine a bh' ann air duilgheadas fad-ùine agus nach toireadh e aghaidh air na h-adhbharan bunaiteach airson crìonadh-sluaigh, (ii) gun robh £5m na thasgadh fada ro bheag gus buaidh sam bith a thoirt air crìonadh-sluaigh nan eileanan Albannach, (iii) gur e ana-caitheamh airgead luchd-pàighidh nan cìsean a bha ann, (iv) gur e droch bheachd a bh' ann a bhith a' toirt airgead brosnachadh do dhaoine fa leth agus gun tarraingeadh e na 'daoine ceàrr', agus (v) gun gabhadh mì-fheum a dhèanamh den sgeama. Bha na beachdan sin aig luchd-freagairt anns na h-eileanan mar as trice, ach cha robh seo daonnan fìor. San fharsaingeachd, bha gach cuid luchd-freagairt eileanach agus neo-eileanach a' ceasnachadh an robh na

molaidhean nam freagairtean ro-innleachdail do cheist crìonadh-sluaigh nan eilean. Chaidh an cunnart gun adhbharaicheadh e sgaradh ann an coimhearsnachdan agus air co-leanailteachd coimhearsnachd a thogail cuideachd mar phrìomh dhragh – gu sònraichte le luchd-freagairt nan eilean.

Prìomh fhòcas: glèidheadh no fàs? (Caibideil 6)

13. Dh'fhaighnich a' cho-chomhairle de luchd-freagairt dè am prìomh amas a bu chòir a bhith aig Bann nan Eilean nam beachd. Uile gu lèir, bha 56% den luchd-fhreagairt den bheachd gum bu chòir an **dà chuid** fàs sluaigh **agus** glèidheadh sluaigh a bhith mar fhòcas airson Bannan nan Eilean. Bha cairteal den luchd-fhreagairt (25%) den bheachd gur e glèidheadh sluaigh a bu chòir a bhith ann a-mhàin, bha 13% den bheachd gum bu chòir dha fàs àireamh-sluaigh a bhith ann a-mhàin, agus bha 6% den luchd-fhreagairt den bheachd gum bu chòir fòcas 'eile' a bhith ann airson a' Bhanna.

14. Bha eadar-dhealachadh soilleir eadar luchd-còmhnaidh eileanach agus daoine nach eil a' fuireach sna h-eileanan a thaobh na ceist seo, le luchd-còmhnaidh eileanach a' cur barrachd cuideam air glèidheadh sluaigh, agus luchd-còmhnaidh nach robh sna h-eileanan a' cur barrachd cuideam air fàs sluaigh. Ach, bha na h-eadar-dhealachaidhean sin rim faicinn sa mhòr-chuid am measg dhaoine fa leth; air an làimh eile, bha buidhnean eileanach agus neo-eileanach den bheachd gum bu chòir am fòcas a bhith air fàs **agus** glèidheadh.

Targaideachd dheamografach (Caibideil 7)

15. Dh'iarr a' cho-chomhairleachadh air luchd-còmhnaidh eileanach am beachdan a thoirt seachad air na buidhnean deamografach nach robh air an riochdachadh gu leòr san sgìre aca nam beachd agus air am bu chòir cuimseachadh le Bann nan Eilean.

16. Thuirt a' mhòr-chuid de luchd-freagairt na ceiste seo gum bu chòir Bann nan Eilean a bhith ag amas air inbhich aig aois obrach (71%) agus/no daoine òga (67%). Bha beagan a bharrachd air cairteal (27%) den bheachd gum bu chòir dhan sgeama a bhith ag amas air proifeiseanan agus bha 8% den bheachd gum bu chòir dha a bhith ag amas air mion-shluaighean cinnidheach. Thoir an aire gun robh mu dhà thrian den fheadhainn a bha airson fòcas a bhith air proifeiseanan cuideachd den bheachd gum bu chòir dhan sgeama cuimseachadh air inbhich agus/no daoine òga aig aois obrach.

Luach a' bhanna, caiteachas ceadaichte, agus cumhaichean (Caibideil 8)

17. Thug cuid de luchd-freagairt iomradh air buileachadh Bann nan Eilean. Bha na beachdan sin a' cuimseachadh air trì prìomh chuspairean: (i) cùisean ionmhais, a' gabhail a-steach luach nam bannan fa leth, (ii) caiteachas ceadaichte, agus (iii) na cumhaichean a bu chòir a bhith aig an sgeama.

18. A thaobh cùisean ionmhais, cha robh luchd-freagairt cinnteach an robh dùil gum biodh bannan fa leth de luach stèidhichte de £50k, neo am biodh pròiseas ann airson bannan a thoirt seachad aig luachan suas chun na h-ìre sin. Bha cuid ag argamaid gum bu chòir measadh ionmhasail de sheòrsa air choreigin a bhith anns a' phròiseas buileachaidh bannan, gus dèanamh cinnteach gun rachadh an t-airgead a thoirt chun an fheadhainn air an robh am feum as motha.

19. A thaobh cosgaisean ceadaichte, thuir luchd-freagairt gum bu chòir am Bann a bhith air a chleachdadh gus luchd-faighinn a chuideachadh gus taigheadas fhaighinn air prìs reusanta, gus taic a chumail ri gnìomhachasan a tha ann mar-thà agus gus gnìomhachasan ùra a thòiseachadh. Bha molaidhean ann gum bu chòir cosgaisean ceadaichte eile a bhith a' gabhail a-steach (i) cosgaisean gluasaid agus imrich, agus (ii) siubhal gu agus bho na h-eileanan.

20. A thaobh cumhaichean aig bannan, bha beachd farsaing ann gun robh feum air cumhaichean iomchaidh a thaobh ionmhais is eile. Thog luchd-freagairt draghan uair is uair gun gabhadh mì-fheum no mì-chleachdadh a dhèanamh air an sgeama (m.e. luchd-faighinn a' cleachdadh an airgid gus pròiseactan ath-reic a mhaoineachadh), agus thuir iad gum biodh feum air sgrùdadh leantainneach gus seo a lorg no gus bacadh a chur air. Bha luchd-freagairt airson gum biodh rèiteachaidhean pàighidh air ais air an cur an sàs.

Pròiseasan Co-dhùnaidh

21. Gu tric dh'iarr luchd-freagairt – agus gu sònraichte luchd-freagairt nan eilean – soilleireachd mun phròiseas co-dhùnaidh a thaobh riarachadh bannan. Thuir luchd-freagairt gun robh mòran a bharrachd de 'luchd-faighinn airidh' ann na dh'fhaodadh taic fhaighinn tro sgeama Bannan nan Eilean, agus mar sin gun robh e deatamach dèanamh cinnteach gum biodh am pròiseas measaidh agus co-dhùnaidh 'cothromach', 'follaiseach' agus 'stèidhichte air fianais'.

22. Bha luchd-freagairt ag iarraidh fios air **cò** dhèanadh co-dhùnaidhean, agus **ciamar** a bhiodh an t-airgead a bha ri fhaotainn air a sgaoileadh eadar (i) diofar roinnean-seòrsa de luchd-faighinn, agus (ii) luchd-faighinn dhuaisean fa leth. Bha beachd ann gum bu chòir dhan taghadh de luchd-faighinn bannan a bhith a' comharrachadh 'an t-seòrsa cheart de dhaoine' a b' urrainn cur gu math ri beatha eileanach. A thaobh na ceist cò a bhiodh a' measadh thagraidhean agus a' dèanamh cho-dhùnaidhean, bha luchd-freagairt mar as trice a' cur cuideam air cho cudromach 's a bha com-pàirt coimhearsnachd sa phròiseas.

Seirbheis comhairleachaidh dhaibhsan a tha a' gluasad do choimhearsnachdan eileanach (Caibideil 10)

23. Chaidh faighneachd de luchd-freagairt an robh iad ag aontachadh gum feumadh seirbheis comhairleachaidh a bhith ann gus taic a chumail ris an fheadhainn a tha gu bhith ag imrich gu coimhearsnachdan eileanach. Dh'aontaich còrr is dà thrìan den luchd-fhreagairt (70%) gum biodh feum air seirbheis comhairleachaidh – a' gabhail a-steach faisg air an dàrna leth a bha 'ag aontachadh gu làidir' (46%). Ach, bha eadar-dhealachaidhean mòra ann eadar beachdan luchd-freagairt sna h-eileanan agus luchd-freagairt taobh a-muigh nan eilean. Dh'aontaich cha mhòr naoinear as gach deichnear (88%) de dhaoine nach robh a' fuireach sna h-eileanan gum biodh feum air seirbheis comhairleachaidh, an taca ri mun dàrna leth de na h-eileanaich (45%).

24. Chuir luchd-freagairt raon farsaing de dhleastanasan air adhart airson na seirbheis, a' gabhail a-steach (i) cuideachadh luchd-còmhnaidh eileanach ùra gus fàs cleachdte ri beatha eileanach agus a dhol nam ball de choimhearsnachdan, (ii) a' toirt seachad fiosrachadh agus comhairle mu sheirbheisean is goireasan ionadail, (iii) a' comhairleachadh mu roghainnean taigheadais, (iv) agus a' toirt seachad taic agus comhairle gnìomhachais. Bha diofar bheachdan ann a thaobh am bu chòir dhan t-seirbheis (i) comhairle agus

cuideachadh dìreach a thoirt seachad no dìreach a bhith a' cur dhaoine air adhart do bhuidhnean iomchaidh, agus/no (ii) am bu chòir oifisean a bhith aca sna h-eileanan no a bhith gu ìre mhòr (no gu tur) stèidhichte air an lìon.

25. A thaobh cò bu chòir a bhith an sàs ann an lìbhrigeadh seirbheis mar seo, b' e am beachd a bu chumanta gum bu chòir luchd-còmhnaidh nan eilean a bhith an sàs ann. Chaidh raon de sheòrsaichean sònraichte de dhaoine a mholadh cuideachd còmhla ri raon farsaing de bhuidhnean reachdail agus neo-reachdail.

26. Bha luchd-freagairt nach robh ag aontachadh gun robh feum air seirbheis comhairleachaidh gu tric a' cur an aghaidh (no a' nochdadh theagamhan mu dheidhinn) poileasaidh Bann nan Eilean. Am measg nam puingean nas sònraichte a rinn a' bhuidheann seo bha (i) gu bheil coimhearsnachdan eileanach fàilteachail agus gum b' urrainn dhaibh comhairle sam bith a tha a dhìth a thoirt seachad; (ii) gum bu chòir daoine a tha ag imrich do na h-eileanan a bhith for-ghniomhach ann a bhith a' dèanamh an cuid rannsachaidh fhèin agus a bhith a' sireadh taic; (iii) nach eil gluasad gu eilean cho eadar-dhealaichte sin ri gluasad gu àite sam bith eile; agus (iv) gu bheil tobraichean fiosrachaidh eile rim faighinn mar-thà.

Buidhean Co-ionannachd a' Bhanna (Caibideil 11)

27. Chaidh faighneachd dhan luchd-fhreagairt mun bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig sgeama Bann nan Eilean air daoine le feartan dìonta (mar a tha air am mìneachadh ann an Achd na Co-ionannachd 2010). Chomharraich luchd-freagairt an dà chuid deagh bhuidhean agus droch bhuidhean a thaobh aois, ciorram, gnè, taobhadh feise, inbhe thar-ghnèitheach, creideamh agus feallsanachd, torrachas agus màthaireachd agus cinneadh. B' e am beachd a bu chumanta gum biodh sgeama sam bith a bhiodh a' cuimseachadh air daoine òga agus teaghlachan (mar a chaidh a chomharrachadh sa phàipear co-chomhairleachaidh) a' dèanamh leth-bhreith an aghaidh seann daoine.

28. Bha luchd-freagairt gu tric a' deasbad, a' ceasnachadh agus/no a' togail dhraghan mun bheachd gum faodadh ion-roghnachd airson duais Bann a bhith a' crochadh air na feartan dìonta aig daoine.

A' tomhas buaidh a' Bhanna (Caibideil 12)

29. Chaidh iarraidh air luchd-freagairt dòighean a mholadh (a bharrachd air an fheadhainn a tha air am mìneachadh sa phàipear co-chomhairleachaidh) airson adhartas agus buaidh an sgeama a thomhas.

30. A thaobh a bhith a' cumail sùil air a' phròiseas tagraidh, b' e a' phrìomh cheist a thog an luchd-fhreagairt am feum air làn chlàr a bhith ann air na tabhartasan a chaidh a thoirt seachad a thaobh a bhith a' fuirach ann an eilean, co-dhiù bha an duais airson daoine a bhith a' fuireach sna h-eileanan no gluasad annta, agus adhbhar sònraichte an tabhartais.

31. A thaobh a bhith a' tomhas buaidh an sgeama san fharsaingeachd, bha beachdan farsaing ann agus chaidh beachdachadh air (i) prionnsapalan agus ceistean coitcheann a' fiosrachadh na dòigh-obrach a thaobh tomhas buaidh, (ii) dòighean-obrach agus dealbhadh rannsachaidh iomchaidh, agus (iii) ceumannan / comharran sònraichte a bhiodh buannachdail agus/no cudromach a ghlacadh.

Roghainnean eile an àite Bann nan Eilean (Caibideil 13)

32. Rinn gu leòr de luchd-freagairt nach do dh'aontaich gum bu chòir sgeama Bann nan Eilean a stèidheachadh molaidhean eile air mar a dh'fhaodar dèiligeadh ri crìonadh-sluaigh. B' iad na molaidhean a bu chumanta a bhith (i) a' tasgadh ann am bun-structar eileanach, (ii) tasgadh a dhèanamh ann an coimhearsnachdan (seach daoine fa leth agus teaghlaichean), (iii) a bhith a' cuimseachadh gu ro-innleachdail air (beagan) c(h)eimhearsnachdan, (iv) iasadan a thoirt seachad seach bannan, agus (v) poileasaidhean ùra agus/no reachdas a thoirt a-steach gus dèiligeadh ri cùisean leithid gainnead thaighean agus iom-fhillteachd sa phròiseas dealbhaidh airson togail chroitean.

1 Facal-toisich

1.1 Tha Riaghaltas na h-Alba am beachd Bannan Eileanan a chur air bhog a bheir taic-airgid do dhaoine a tha airson gluasad gu, no fuireach ann an coimhearsnachdan eileanach ann an Alba. Chaidh co-chomhairle a chumail a bha a' sireadh bheachdan air dealbhadh agus buileachadh a' mholaidh airson Bann eadar 2 Lùnastal 2021 agus 25 Dàmhair 2021. Tha an aithisg seo a' taisbeanadh toraidhean bho anailis air freagairtean dhan cho-chomhairle sin.

Co-theacs poileasaidh

1.2 Tha crìonadh-sluaigh na chùis chudromach ann am mòran choimhearsnachdan eileanach ann an Alba.¹ Fo [Achd nan Eilean \(Alba\) 2018](#) feumaidh Riaghaltas na h-Alba Plana Nàiseanta ullachadh do na h-Eileanan gus prìomh amasan agus ro-innleachd Ministearan na h-Alba a chur an cèill a thaobh a bhith a' dèanamh adhartas air builean do choimhearsnachdan eileanach. Tha àrdachadh ìrean sluaigh air a chomharrachadh mar phrìomh phàirt de seo – cuide ri cùisean eile leithid cur air adhart leasachadh eaconamach seasmhach, leasachadh slàinte is sunnd, cur ri cumhachd coimhearsnachd, agus ùrachadh seirbheisean còmh-dhail agus ceanglaichean didseatach.

1.3 Às dèidh co-chomhairleachadh farsaing le coimhearsnachdan eileanach anns an deach crìonadh-sluaigh a chomharrachadh mar a' phrìomh chuspair le luchd-freagairt, chaidh a' chiad [Phlana Nàiseanta nan Eilean](#) do dh'Alba fhoillseachadh san Dùbhlachd 2019. Tha am Plana seo a' cur air adhart 13 amasan ro-innleachdail airson cur ri càileachd beatha nan coimhearsnachdan eileanach thairis air an ath 5 bliadhna . 'S e amas ro-innleachdail 1: 'Gus aghaidh a chur air crìonadh sluaigh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil pròifil sluaigh fallain agus cothromach ann'.

1.4 Gus dèiligeadh ris an amas seo, [mhìnich Manifesto 2021 an SNP](#) grunn gheallaidhean poileasaidh co-cheangailte ri bhith a' toirt taic do dh'àireamhan-sluaigh eileanach, a' gabhail a-steach am moladh 'Bann nan Eilean' a thoirt a-steach, air a mhìneachadh mar a leanas:

'Stèidhichidh sinn Bann Eilein – a' tabhann 100 bannan luach suas ri £50,000 am fear do dhaoine òga agus teaghlachan gus fuireach no gluasad gu eileanan a

tha an-dràsta fo chunnart crìonadh sluaigh. Cuidichidh na bannan daoine gus dachaighean a cheannach, gnìomhachasan a thòiseachadh agus ann an dòighean eile am beatha a dhèanamh anns na coimhearsnachdan sin''.

1.5 Is e amasan a' Bhanna a thathar a' moladh dèiligeadh ri prìomh bhacaidhean ionmhais do dhaoine fa leth a tha airson fuireach ann an coimhearsnachd eileanach no gluasad gu coimhearsnachd eileanach, agus aig an aon àm a bhith a' brosnachadh na h-eaconamaidh ionadail agus a' brosnachadh adhartas eaconamach, àrainneachdail agus sòisealta.

¹ National Records of Scotland (2015) [Scotland's Census 2011. Inhabited islands report.](#)

1.6 Chruthaich an gealltanas manifesto seo frèam farsaing airson a bhith a' cruthachadh Bann Eileanach le Riaghaltas na h-Alba. Ach, bha Riaghaltas na h-Alba gu mòr airson dèanamh cinnteach gun robh dealbhadh agus buileachadh a' Bhanna air a stiùireadh le beachdan nam pàrtaidhean iomchaidh (daoine fa leth agus buidhnean). Mar sin chaidh co-chomhairle phoblach a chur air bhog san Lùnastal 2021 gus cothrom a thoirt do gach neach le ùidh sa chùis – agus gu h-àraidh dhan fheadhainn a tha a' fuireach anns na h-eileanan – cuideachadh gus cumadh a thoirt air mion-fhiosrachadh a' Bhanna a thathar a' moladh.

1.7 Thuirt [Prògram an Riaghaltais aig Riaghaltas na h-Alba 2021–22](#), a chaidh fhoillseachadh às dèidh sin san t-Sultain 2021, gun rachadh Bann nan Eilean a chur air bhog as t-samhradh 2022. Gu sònraichte, thug am Prògram Riaghaltais iomradh air mar a dh'fhaodadh bannan a bhith rim faighinn do 'dhachaighean' agus 'daoine' seach dìreach 'òigridh' agus 'teaghlaichean'. Tha seo a' sealltainn mar a tha miannan Riaghaltas na h-Alba a thaobh iomairt Bannan nan Eilean ag atharrachadh ann am 'fìor-ùine'.

A' cho-chomhairle

1.8 Tha am pàipear co-chomhairleachaidh [Bann nan Eilean: Co-chomhairlea](#)' cur air adhart cùl-fhiosrachadh mu chrìonadh-sluaigh sna h-eileanan, agus an t-àite a bhiodh aig a' Bhann Eileanach a thathar a' moladh gus dèiligeadh ri seo. Chuir e air adhart grunn chùisean air am bu chòir beachdachadh ann a bhith a' cruthachadh mion-fhiosrachadh mun Bhann. Tha iad seo a' gabhail a-steach a bhith a' tuigsinn nan dùbhlain sluaigh agus a' bhuidhean a bhiodh aig diofar eileanan, ag obair a-mach mar a dh'fhaodar sgeama nam Bann a chur an gnìomh, agus a' stèidheachadh phròiseasan gus a' bhuidhean a thomhas.

1.9 Bha 12 ceist anns a' phàipear – le measgachadh de cheistean fosgailte agus dùinte – a' dèiligeadh ri prìomh chùisean co-cheangailte ri dealbhadh agus buileachadh a' mholaidh airson Bann nan Eilean. Bha na ceistean a' sireadh beachdan air:

- Na slatan-tomhais a thathar a' moladh airson Bann nan Eilean (C1)
- Dùbhlain sluaigh mu choinneamh choimhearsnachdan eileanach (C3)
- Mar a dh'fhaodadh am Bann a bhith air a chuimseachadh agus dè am fòcas prìomhachais a dh'fhaodadh a bhith aige (C4–C5)
- An tasgadh calpa a dh'fhaodadh a thoirt seachad tro sgeama a' Bhanna (C6)
- Feum air agus dleastanas seirbheis comhairleachaidh dhaibhsan a tha gu bhith ag imrich gu coimhearsnachd eileanach, agus a bhith a' libhrigeadh seirbheis mar sin (C7–C9)
- A' bhuidhean a dh'fhaodadh a bhith aig sgeama nam Bann, a' gabhail a-steach an fheadhainn le feartan dìonta (C10–C11).

1.10 Dhaibhsan a bha a' fuireach ann an coimhearsnachdan eileanach, bha Ceist 2 a' faighneachd dè an t-eilean no dè a' bhuidheann eileanach san robh iad a' fuireach. Dh'fhaighnich a' cheist mu dheireadh (Ceist 12) an robh beachdan sam bith eile aig luchd-freagairt co-cheangailte ris a' mholadh gum biodh Bann nan Eilean ann.²

²Bu chòir a thoirt fa-near gun robh an ceisteachan air-loidhne agus an ceisteachan far loidhne a bha sa phàipear co-chomhairleachaidh beagan eadar-dhealichte. Tron aithisg seo air fad, tha iomraidhean air na ceistean co-

1.11 Bha Ceistean 3 agus 4 ag amas gu sònraichte air luchd-còmhnaidh eileanach làithreach agus dh'iarr iad beachdan bho luchd-freagairt stèidhichte air eòlas 'san sgìre aca', agus bha Ceist 10 ag amas air daoine fa leth aig an robh eòlas beatha air, no buidhnean le eòlas air, dùbhlain co-cheangailte ri feartan dìonta.³

1.12 Chaidh am pàipear co-chomhairleachaidh fhoillseachadh air 2 Lùnastal 2021 agus b' e 25 Dàmhair 2021 an ceann-latha airson beachdan. Bha e ri fhaighinn tro làrach co-chomhairleachaidh air-loidhne Riaghaltas na h-Alba. Dh'fhaodadh luchd-freagairt ceisteachan co-chomhairleachaidh air-loidhne a lìonadh no freagairt far loidhne a chur a-steach tro phost-d no post.

1.13 Gus taic a chumail ris a' cho-chomhairle agus gus freagairtean a bhrosnachadh, chùm Riaghaltas na h-Alba sreath de sheiseanan conaltraidh le raon de bhuidhnean le ùidh anns na cùisean a tha mu choinneamh choimhearsnachdan eileanach – bha seo a' gabhail a-steach ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach eile, a bharrachd air buidhnean ballrachd coimhearsnachd agus buidhnean treas roinn. Chaidh na seiseanan sin a chumail eadar an Lùnastal agus an t-Samhain 2021. (Faic Leas-phàipear 1 airson liosta iomlan de sheiseanan).

1.14 Bha na seiseanan seo ag amas air a' cho-chomhairle a bhrosnachadh agus gus cothrom a thoirt seachad gus beachdachadh air a' mholadh airson Bann nan Eilean. Thug iad cothrom do Riaghaltas na h-Alba (i) barrachd fiosrachaidh a thoirt seachad mun iomairt agus mu obair poileasaidh iomchaidh eile a thathar a' dèanamh gus taic a thoirt do choimhearsnachdan eileanach, agus (ii) beachdan a chluinntinn bho dhaoine a tha a' fuireach anns na coimhearsnachdan sin. Cumaidh conaltradh leantainneach le coimhearsnachdan eileanach, còmhla ris an fhreagairt dhan cho-chomhairle, a bhith a' fiosrachadh poileasaidh san raon seo.

1.15 A bharrachd air seo, thog fiosrachadh farsaing sna pàipearan-naidheachd agus sna meadhanan – ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta – às dèidh cur air bhog na co-chomhairle ìomhaigh Bann nan Eilean. Tha e coltach gun tug an sanasachd seo (agus sanasachd na bu tràithe às dèidh foillseachadh manifesto an SNP) buaidh air tuigse a' phobaill air an iomairt agus air nàdar nam freagairtean a fhuairtheadh (faic Caibideil 2 airson mion-fhiosrachadh).

Mun anailis

1.16 Tha an aithisg seo stèidhichte air mion-sgrùdadh làidir agus siostamataigeach air na freagairtean dhan cho-chomhairle. Chaidh anailis tricead a dhèanamh air na ceistean dùinte uile, agus tha na toraidhean air an sealltainn ann an clàran san aithisg seo.

1.17 Rinneadh mion-sgrùdadh càileachdail air na beachdan a chaidh a thoirt seachad mar fhreagairt do gach ceist. B' e amas a' mhion-sgrùdaidh seo na prìomh chuspairean agus na

chomhairleachaidh stèidhichte air an fheadhainn a bha sa cheisteachan air-loidhne – an tionndadh a lìon a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt.

³ Tha feachdan dìonta air am mineachadh fo Achd na Co-ionannachd 2010 mar aois, ciorram, ath-bhuileachadh gnè, pòsadh agus com-pàirteachas sìobhalta, leatromachd agus màthaireachd, cinneadh, creideamh no feallsanachd, gnè agus taobhadh feise.

beachdan uile a chaidh a chur an cèill a chomharrachadh agus a bhith a' coimhead air raointean de dh'aonta agus eas-aonta am measg luchd-freagairt.

1.18 Cha do fhreagair a h-uile neach-freagairt a h-uile ceist, agus chuir cuid dhiubh beachdan ann co-cheangailte ri ceist gun a bhith a' cur strìochag ann aig a' cheist dhùinte iomchaidh. Ma chaidh freagairt an neach-freagairt dhan cheist sa bhogsa a chur an cèill gu soilleir anns na beachdan sgrìobhte aca, chaidh a mheas gur e seo an freagairt aca dhan cheist sa bhogsa. Tha na clàran san aithisg seo uile a' gabhail a-steach freagairtean mar seo.

1.19 Mar a tha fìor leis a h-uile co-chomhairle, tha e cudromach cuimhneachadh nach eil beachdan an fheadhainn a fhreagair a' riochdachadh beachdan an t-sluaigh san fharsaingeachd. Tha daoine fa leth (agus buidhnean) aig a bheil ùidh mhòr ann an cuspair – agus an comas freagairt – nas dualtaiche pàirt a ghabhail ann an co-chomhairle na daoine aig nach eil. Tha am fèin-thaghadh seo a' ciallachadh nach urrainnear a ràdh gur ionann beachdan chom-pàirtichean na co-chomhairle agus beachdan an t-sluaigh san fharsaingeachd.

1.20 Air an adhbhar seo, tha nàdar gu ìre mhòr càileachdail aig an dòigh-obrach airson mion-sgrùdadh air a' cho-chomhairle. Chan e am prìomh adhbhar gus comharrachadh **cia mheud** duine aig an robh beachdan sònraichte, ach an àite seo a bhith a' tuigsinn an làn fharsaingeachd de bheachdan a chaidh a cur an cèill.

2 Tuairisgeul air na freagairtean agus luchd-freagairt

2.1 Tha a' chaibideil seo a' toirt seachad fiosrachadh mu na freagairtean agus an luchd-freagairt.

Àireamh nam freagairtean a fhuairleadh, agus an àireamh a chaidh a chleachdadh san anailis

2.2 Fhreagair 1,661 a' cho-chomhairle. Dhiubh sin, chaidh a' mhòr-chuid (1,656) a chur a-steach gu dealanach tro fhoirm freagairt air-loidhne Riaghaltas na h-Alba. Chaidh 5 freagairt a chur a-steach tro phost-d.

2.3 Às dèidh sgrùdadh a dhèanamh air na freagairtean, fhuairleadh a-mach gun robh 7 luchd-freagairt air barrachd air aon fhreagairt a chur a-steach dhan cho-chomhairle. Bha triùir (3) luchd-freagairt air an aon fhreagairt a chur a-steach còrr is aon turas, agus 4 luchd-freagairt air dà fhreagairt eadar-dhealaichte a chur a-steach. Chaidh na 3 freagairtean dùblaichte a thoirt air às. Chaidh grunn fhreagairtean eadar-dhealaichte bhon aon neach-freagairt a chur còmhla gus aon fhreagairt aonaichte a chruthachadh. Anns na cùisean sin, far an robh freagairtean an neach-freagairt do na ceistean dùinte eadar-dhealaichte san dà fhreagairt aca, chaidh na freagairtean nas fhaide air adhart (stèidhichte air àm agus ceann-latha an dà thagradh aca) a chumail airson na freagairt amalaichte. Mar thoradh air a' phròiseas seo chaidh 7 freagairtean a thoirt às.

2.4 Mar sin, tha am **mion-sgrùdadh stèidhichte air 1,654 freagairtean**. Tha Clàr 2.1 na gheàrr-chunntas den phròiseas seo

Clàr 2.1: Àireamh nam freagairtean a fhuairleadh, agus an àireamh a chaidh a chleachdadh san anailis

Freagairtean a fhuairleadh	Àireamh nam freagairtean
• Freagairtean air-loidhne	1,656
• Freagairtean tron phost-d	+ 5
Freagairtean air an toirt air falbh	
• Freagairtean dùblaichte	- 3
• Iomadh freagairt leis an aon duine (às dèidh an cur ri chèile)	- 4
Freagairtean iomlan san anailis	1,654

2.5 Den 1,654 freagairt uile gu lèir san anailis seo, bha 69 dhiubh sgrìobhte ann an cànanan seach Beurla. Fhuairleadh 65 freagairtean san Spàinntis, 3 sa Ghàidhlig, 1 sa Ghearmailtis agus 1 san Eadailtis. Chleachd ochd freagairtean eile measgachadh de Spàinntis agus Beurla. Chaidh na freagairtean sin uile eadar-theangachadh gu Beurla le Riaghaltas na h-Alba agus/no an sgioba anailis agus bha an anailis stèidhichte air na h-eadar-theangachaidhean Beurla.

Tuairisgeul mun tachartas

2.6 Tha Clàr 2.2 a' sealltainn gun deach freagairtean a chur a-steach le 1,615 neach fa leth agus 39 buidhnean.

Clàr 2.2: Àireamh agus ceudad an luchd-freagairt

Seòrsa neach-freagairt	Àireamh	Ceudad
Daoine fa leth	1,615	98%
Buidhnean	39	2%
Iomlan	1,654	100%

2.7 Tha Clàr 2.3 a' sealltainn gun deach an treas cuid de dh'fhreagairtean buidhne (33%) a chur a-steach le buidhnean coimhearsnachd agus urrasan coimhearsnachd. Thàinig beagan nas lugha na cairteal (23%) bho bhuidhnean poblach, a' gabhail a-steach ùghdarrasan ionadail agus bùird NHS, agus bha cairteal eile (23%) bho bhuidhnean san treas roinn, carthannasan, agus buidhnean ballrachd. Chaidh na freagairtean buidhne eile (mu 20%) a chur a-steach le buidhnean eile. Tha liosta de na buidhnean a ghabh pàirt sa cho-chomhairle ann am Pàipear-taice 2.

Clàr 2.3: Cunntas air seòrsaichean buidhne

Seòrsa buidhne	Àireamh	Ceudad
Buidhnean agus urrasan coimhearsnachd	13	33%
Ùghdarrasan ionadail, NHS agus buidhnean poblach eile	9	23%
An treas roinn, carthannasan, agus buidhnean ballrachd	9	23%
Seòrsaichean buidhne eile*	8	21%
Buidhnean iomlan	39	100%

* A' gabhail a-steach buidhnean aoigheachd is turasachd, buidhnean foghlaim, agus buidhnean cultarach.

2.8 Dh'fhaighnich a' cho-chomhairle (Ceist 2) do luchd-freagairt an robh iad a' fuireach ann an eilean Albannach, agus ma bha, dè an t-eilean no buidheann eileanach san robh iad a' fuireach.⁴ Tha Clàr 2.4 a' sealltainn, uile gu lèir, gun robh 42% den luchd-fhreagairt a' fuireach (no stèidhichte) ann an coimhearsnachdan eileanach agus nach robh 58%. Ach, bha diofar ann an sgaoileadh luchd-freagairt sna h-eileanan eadar daoine fa leth agus buidhnean. Am measg luchd-freagairt fa leth, bha 41% a' fuireach ann an coimhearsnachdan eileanach. An coimeas ri sin, bha a' mhòr-chuid de na buidhnean a fhreagair (74%) ann an coimhearsnachdan eileanach.⁵

Clàr 2.4: Inbhe an neach-freagairt – stèidhichte ann an eilean no taobh a-muigh eilean

Seòrsa neach-freagairt	Daoine fa leth		Buidheann		Iomlan	
	Àireamh	Ceudad	Àireamh	Ceudad	Àireamh	Ceudad
Neach-freagairt eileanach	658	41%	29	74%	687	42%

⁴Bha na roghainnean a thaobh eileanan / buidhnean eileanach stèidhichte air an fheadhainn a chaidh a chleachdadh ann an [Suirbhidh Plana Nàiseanta nan Eilean](#).

⁵Thoir an aire, airson adhbharan a' mhion-sgrùdaidh seo, gu bheil a h-uile ùghdarras ionadail le coimhearsnachdan eileanach air an comharrachadh mar 'luchd-freagairt eileanach' fiù 's far a bheil prìomh oifis an ùghdarras ionadail air tìr-mòr na h-Alba. Chaidh buidhnean aig a bheil raon-ùghdarras nàiseanta a sheòrsachadh mar 'luchd-freagairt neo-eileanach' – fiù 's ged a bhiodh am prìomh oifis aca stèidhichte sna h-eileanan – gus an dealachadh bho na buidhnean sin le fòcas air na h-eileanan a-mhàin.

Neach-freagairt taobh a-muigh nan eilean	957	59%	10	26%	967	58%
Luchd-freagairt iomlan	1,615	100%	39	100%	1,654	100%

2.9 Tha Clàr 2.5 a' toirt seachad fiosrachadh mu far an robh an luchd-fhreagairt a' fuireach a thuir gun robh iad a' fuireach ann an coimhearsnachdan eileanach. Tha seo a' sealltainn gur ann à Leòdhas agus na Hearadh a bha a' chuibhreann a bu mhotha de luchd-freagairt fa leth (29%), agus Eileanan Earra-Ghàidheal (22%) agus Uibhist is Barraigh (13%).

Clàr 2.5: Na h-eileanan anns an robh an luchd-freagairt fa leth a' fuireach

Buidheann de dh'eileanan	Àireamh	Ceudad
Eileanan Earra-Ghàidheal	147	22%
Arainn, Bòd, Cumaradh	39	6%
Leòdhas is na Hearadh	192	29%
Tìr-mòr Arcaibh	35	5%
Eileanan a-muigh, Arcaibh	23	3%
Tìr-mòr Shealtainn	51	8%
Eileanan a-muigh, Sealtainn	41	6%
An t-Eilean Sgitheanach agus na h-Eileanan Tarsainn	44	7%
Uibhist is Barraigh	86	13%
Iomlan, luchd-freagairt a tha a' fuireach ann an eileanan	658	100%

Dh'fhaodte nach dèan na figearan uile 100% mar thoradh air cruinneachadh.

2.10 Tha Clàr 2.6 a' toirt seachad fiosrachadh air àite-còmhnaidh luchd-freagairt fa leth **nach robh** fuireach anns na h-eileanan. Tha e a' sealltainn gun robh beagan a bharrachd air an dàrna leth (53%) den luchd-fhreagairt neo-eileanach a' fuireach air tìr-mòr na h-Alba. Bha 13% eile ann an àiteachan eile san Rìoghachd Aonaichte (RUK) agus bha 9% thall thairis. Cha tug cairteal (25%) den luchd-fhreagairt nach robh anns na h-eileanan barrachd fiosrachaidh seachad (leithid còd-puist) gus an gabhadh an àite fuirich aca obrachadh a-mach. Tha a' bhuidheann mu dheireadh seo a' gabhail a-steach luchd-freagairt nach do fhreagair Ceist 2 den cho-chomhairle. Tha 'Neo-aithnichte' sgrìobhte sìos mar àite an luchd-fhreagairt seo sa chlàr gu h-ìosal.⁶

Clàr 2.6: Far an robh luchd-freagairt taobh a-muigh nan eilean a' fuireach

Àite taobh a-muigh nan eilean	Àireamh	Ceudad
Tìr-mòr na h-Alba	511	53%
An còrr den RA	127	13%
Taobh a-muigh na RA	85	9%
Àite neo-aithnichte	234	24%
Iomlan, luchd-freagairt nach eil a' fuireach ann an eileanan	957	100%

Dh'fhaodte nach dèan na figearan uile 100% mar thoradh air cruinneachadh.

Ìre freagairt airson ceistean fa leth

2.11 Cha do fhreagair an luchd-freagairt uile a h-uile ceist sa cho-chomhairle. Ach, bha na h-ìrean freagairt airson ceistean fa leth gu math àrd. Far an robh an dà chuid pàirt dhùinte

⁶Bha a' bhuidhinn 'àite neo-aithnichte' a' gabhail a-steach luchd-freagairt a fhreagair Ceist 2 ag ràdh, 'Chan eil mi a' fuireach ann an eilean', ach nach tug fiosrachadh sam bith a bharrachd seachad (mar eisimpleir an còd-puist aca no aithris mun àite aca anns an fhreagairt aca) gus am b' urrainnear obrachadh a-mach far an robh iad a' fuireach. Bha a' bhuidheann seo **cuideachd** a' gabhail a-steach luchd-freagairt nach do fhreagair Ceist 2 (agus nach tug còd-puist no aithris mu far an robh iad a' fuireach san fhreagairt aca nas motha). Airson adhbharan an sgrùdaidh seo, thathar a' gabhail ris nam biodh neach-freagairt a tha a' fuireach ann an eilean air seo a chomharrachadh ann an Ceist 2. Mar sin, **mura do fhreagair** neach-freagairt Ceist 2, thathas a' gabhail ris nach eil iad a' fuireach ann an eilean fiù 's mur eil fiosrachadh sam bith eile ri fhaighinn mun àite-fuirich aca.

(bogsa) agus pàirt fhosgailte aig ceist, bha an ìre freagairt na b' àirde airson a' phàirt dhùinte den cheist.

2.12 Am measg luchd-freagairt nan eilean, bha na h-ìrean freagairt na b' àirde airson a' phàirt dhùinte de Cheist 5 (Dè am prìomh fhòcas a bu chòir a bhith aig Bann nan Eilean?) agus Ceist 7 (A bheil thu ag aontachadh gu bheil feum air seirbheis comhairleachaidh gus taic a thoirt dhaibhsan a tha a' gluasad gu coimhearsnachdan eileanach?). Fhreagair 98% de luchd-freagairt nan eilean an dà cheist seo. Ach, bha ìrean freagairt gu math àrd aig Ceist 1 (Dè na ciad bheachdan agad air slatan-tomhais airson Bann nan Eilean?) agus Ceist 3 (Ma tha thu a' fuireach ann an eilean, dè na dùbhlain-sluaigh as cudromaiche san sgìre agad agus carson?) - fhreagair 97% gach ceist. Am measg luchd-freagairt nan eilean, bha an ìre freagairt a b' ìsle airson a' phàirt fhosgailte de Cheist 5 (fòcas prìomhachais airson Bannan nan Eilean); thug dìreach 40% de dh'eileanaich beachdan seachad air a' cheist seo.

2.13 Bha ìre freagairt a cheart cho àrd am measg luchd-freagairt taobh a-muigh nan eilean, le grunn de na h-aon cheistean 's a chaidh a chomharrachadh gu h-àrd a' faighinn na h-ìre as àirde de fhreagairtean am measg na buidhne seo cuideachd. Gu sònraichte, fhuair na pàirtean dùinte de Cheistean 7 agus 5 an ìre as àirde de fhreagairtean (99% agus 98% an urra), agus fhreagair 97% de dhaoine nach robh a' fuireach sna h-eileanan Ceist 1 (ceist fhosgailte). B' iad sin na ceistean leis na h-ìrean freagairt as ìsle am measg na buidhne seo an fheadhainn a bha ag amas gu sònraichte air eileanaich – i.e. Ceist 3 (faic gu h-àrd) agus Ceist 4 (ma tha thu a' fuireach ann an eilean, a bheil sluagh sònraichte sam bith a tha air am fo-riochdachadh san sgìre nad bheachd-sa air am bu chòir Bann nan Eilean cuimseachadh?) Fhreagair 24% agus 29% de dhaoine nach robh a' fuireach ann an eilean na ceistean sin. Ach, bha an ìre freagairt a b' ìsle (23%) airson a' phàirt fhosgailte de Cheist 5 (nad bharail dè a bu chòir a bhith na phrìomh fhòcas airson Bann nan Eilean?)

2.14 Tha làn fhiosrachadh mu na h-ìrean freagairt aig ceistean fa leth ann an Leas-phàipear 3 san aithisg seo.

3 Structar na h-aithisg

3.1 Mus tèid sinn air adhart gu bhith a' taisbeanadh co-dhùnaidhean a' cho-chomhairleachaidh, tha a' chaibideil seo a' toirt sealladh farsaing air na prìomh chuspairean a dh'èirich uair is uair, mar fhreagairt air cha mhòr a h-uile ceist – agus gu sònraichte mar fhreagairt do Cheistean 1, 3, 4, 5 agus 6.⁷

Ceist 1: Dè na ciad bheachdan agad air na slatan-tomhais a tha air am moladh airson a' Bhanna Eileanaich?

Ceist 3: Ma tha thu a' fuireach ann an eilean, dè do bheachd air na dùbhlain as motha a th' aig an sgìre agad, agus carson?

Ceist 4: Ma tha thu a' fuireach ann an eilean, a bheil deamografaigs sònraichte nach eil air an riochdachadh gu leòr san sgìre agad air am bu chòir am Bann Eileanach a bhith ag amas, nad bheachd? [Bha grunn roghainnean ann]

Minich na h-adhbharan agad

Ceist 5: Dè bu chòir a bhith na phrìomhachas aig a' Bhann Eileanach (tagh fear de na roghainnean gu h-ìosal:) (tagh aon de na roghainnean gu h-ìosal).

- Fàs Sluaigh (a' brosnachadh dhaoine a bhith a' dèanamh imrich do na h-eileanan)
- Glèidheadh Sluaigh (a' cumail taic ris a' choimhearsnachd làithreach gus fuireach ann)
- An dà chuid
- Eile

Ceist 6: Dè an tasgadh calpa a bharrachd tron Bhann Eileanach a bheireadh a' bhuidh as motha air co-dhùnaidhean dhaoine a bhith a' fuireach ann, no a' gluasad gu, coimhearsnachdan eileanach?

3.2 Bha na còig ceistean seo a' cuimseachadh air cùisean a tha rud beag eadar-dhealaichte; ach, bha luchd-freagairt gu tric a' dèanamh puingeann gu math coltach mar fhreagairt dhaibh uile. Mar thoradh air seo, **chan eil** an aithisg seo a' taisbeanadh co-dhùnaidhean na h-anailis airson gach ceist airson nan còig ceistean sin sa cho-chomhairle. An àite sin, tha Caibideilean 4 gu 9 a' beachdachadh air na prìomh chuspairean a tha a' nochdadh uair is uair bho na beachdan a chaidh a chur an cèill thairis air an t-seata cheistean seo. Bha na cuspairean seo mar a leanas:

- Dùbhlain sluaigh ann an coimhearsnachdan eileanach (Caibideil 4)
- Beachdan air a' Bhann Eileanach san fharsaingeachd (Caibideil 5)
- Prìomh fhòcas: glèidheadh no fàs? (Caibideil 6)
- Targaideachd dheamografach (Caibideil 7)
- Luach a' Bhanna, caiteachas ceadaichte, agus cumhaichean (Caibideil 8)
- Pròiseasan Co-dhùnaidh (Caibideil 9)

⁷Thoir an aire gur e ceist dhùinte a bh' ann an Ceist 2 a dh'iarr air luchd-freagairt innse an robh iad a' fuireach anns na h-eileanan, agus ma bha, càite. Tha mion-sgrùdadh air freagairtean Ceist 2 ann an Caibideil 2.

3.3 Tha caibideilean 10, 11 agus 12 an uair sin a' toirt seachad mion-sgrùdadh de gach ceist air na freagairtean do Cheistean 7 gu 11, mar a leanas:

- Tha Caibideil 10 a' coimhead air beachdan mun cheist a bheil feum air seirbheis comhairleachaidh ceangailte ri sgeama Bann nan Eilean (Ceistean 7–9).
- Tha Caibideil 11 a' toirt geàrr-chunntas air beachdan luchd-freagairt mu na buaidhean co-ionannachd a dh'fhaodadh a bhith aig an sgeama (Ceist 10).
- Tha Caibideil 12 a' coimhead air molaidhean luchd-freagairt a thaobh mar a ghabhas buaidh agus adhartas iomlan an sgeama a thomhas (Ceist 11).

3.4 Tha a' chaibideil mu dheireadh den aithisg (Caibideil 13) a' coimhead air beachdan luchd-freagairt – air an cur an cèill thar nan ceistean uile– mu roghainnean eile a dh'fhaodadh a bhith ann seach Bann nan Eilean.

3.5 Thoir an aire gun do dh'fhaighnich a' cheist mu dheireadh sa cho-chomhairle (Ceist 12) an robh beachd sam bith eile aig luchd-freagairt. Bha a' mhòr-chuid de na beachdan mar fhreagairt dhan cheist seo dìreach ag ath-aithris cùisean air an deach beachdachadh aig ceistean na bu thràithe. Mar sin, chan eil mion-sgrùdadh fa leth ann air na beachdan a chaidh a thoirt seachad aig a' cheist seo.

3.6 Mu dheireadh, tha trì eàrr-ràdhan san aithisg mar a leanas:

- Tha fiosrachadh ann am Pàipear-taice 1 mu sheiseanan conaltraidh a chaidh a ruith le Riaghaltas na h-Alba.
- Tha liosta de na buidhnean a ghabh pàirt sa cho-chomhairle ann am Pàipear-taice 2.
- Ann am Pàipear-taice 3 tha clàr a' sealltainn nan ìrean freagairt airson ceistean fa leth.

4 Dùbhlain sluaigh ann an coimhearsnachdan eileanach

4.1 Thuir am pàipear co-chomhairleachaidh gur dòcha gum bu chòir beachdachadh air a bhith a' mìneachadh agus a' comharrachadh nan eilean a tha ann an cunnart bho chrìonadh-sluaigh ann a bhith a' co-dhùnadh nuair a thèid Bann nan Eilean a thoirt seachad. Dh'iarr a' cho-chomhairle air luchd-freagairt nan eilean am beachdan air na dùbhlain-sluaigh as cudromaiche san sgìre aca. Tha a' chaibideil seo a' coimhead air na beachdan sin, còmhla ri beachdan eileanach air carson a tha na dùbhlain sin ann.

4.2 Bha beachdan air a' chuspair seo cunbhalach – an dà chuid am measg dhaoine fa leth agus bhuidhnean – thar gach buidheann de dh'eileanan. Chomharraich luchd-freagairt trì prìomh dhùbhlain sluaigh uair is uair:

- Sluagh a tha a' fàs nas sine (gu ìre mhòr air an dreuchd a leigeil dhiubh)
- Daoine òga agus teaghlaichean òga a' gluasad air falbh
- Dìth dhaoine aig aois obrach ann am prìomh roinnean den eaconamaidh.

4.3 Thuir luchd-freagairt gun robh na dùbhlain sin mar thoradh air ceithir prìomh chùisean:

- Dìth thaighean (freagarrach) (air prìs reusanta).
- Droch bhun-structair a thaobh còmhdhail poblach, rathaidean, ceanglaichean didseatach, solar uisge, msaa.
- Eaconamaidh le tuarastal ìosal agus gainnead (deagh) chothroman cosnaidh
- Dìth sheirbheisean cùram-chloinne agus foghlaim.

4.4 Thathar a' coimhead aig gach fear de na cuspairean seo gu h-ìosal:

Taigheadas

4.5 A rèir luchd-freagairt, 's e gainnead thaighean leantainneach **am prìomh** adhbhar airson crìonadh-sluaigh anns na h-eileanan. Chaidh na ceistean eadar-cheangailte a leanas a dheasbad, uair is uair an dà chuid le daoine fa leth agus le buidhnean:

- Bha luchd-freagairt a' creidsinn gu bheil tòrr den deagh thaigheadas anns na h-eileanan ga cheannach le daoine a tha air an dreuchd a leigeil dhiubh, no daoine bho àiteachan eile san RA a tha comasach air pàigheadh fada os cionn na prìs a thathar ag iarraidh. Rinneadh taighean màl saor-làithean / taighean Airbnb de na taighean seo no tha iad an cleachdadh mar àite-fuirich saor-làithean (no dàrna dachaighean) le sealbhadairean nach eil a' fuireach air na h-eileanan fad an t-siubhail. Thug cuid de luchd-freagairt iomradh air na coimhearsnachdan aca fhèin far nach eil daoine sam bith a' fuireach ann an taighean faisg air làimh ach fad beagan sheachdainean sa bhliadhna.
- Thuir luchd-freagairt gu robh gainnead thaighean prìobhaideach agus sòisealta air màl agus bha iad den bheachd gu bheil na beagan thaighean a tha rim faighinn san

roinn màil phrìobhaideach sa chumantas ann an droch staid, le droch theas-ghlèidheadh, agus doirbh an ùrachadh. Chaidh aithris gun robh mòran de mhuinntir nan eilean a' fuireach ann an àiteachan-fuirich fo-inbhe agus/no gun robh gabhaltasan mì-chinnteach aca ach nach eil roghainn eile aca ach a bhith a' fuireach.

- Ann an cuid de choimhearsnachdan, tha taigheadas gu tric ceangailte ri obraichean sònraichte – mar sin, ma thig obair an neach gu crìch, feumaidh iad an dachaigh fhàgail cuideachd.
- A rèir luchd-freagairt, tha sealbhadairean oighreachdan ionadail/ uachdarain an urra ri teachd a-steach bho thurasachd, agus mar sin chan eil mòran ùidh aca ann a bhith a' reic fearainn airson leasachaidhean taigheadais aig prìsean reusanta.
- Dh'aithris luchd-freagairt gu bheil trioblaidean aig cuid de choimhearsnachdan le togalaichean trèigte agus/no croitean trèigte, agus nach eil comas aca an cur gu feum a-rithist.

4.6 Thuirt luchd-freagairt gu bheil an suidheachadh seo air atmhorachd adhbharachadh ann am prìsean thaighean - agus 's e a' bhuaidh a th' aig seo gu bheil daoine às an àite (agus daoine òga gu sònraichte) air am putadh a-mach às a' mhargaidh taigheadais mar thoradh air prìsean àrda agus gum feum iad na h-eileanan fhàgail gus àiteachan-fuirich freagarrach, air prìs reusanta a lorg. Fiù 's ann an coimhearsnachdan eileanach far a bheil gnìomhachasan ann le comas leudachadh agus luchd-obrach a bhiodh airson fuireach air na h-eileanan, a rèir aithris, tha gainnead àiteachan-fuirich a' toirt air mòran dhaoine falbh, agus mar sin tha seo a' cuingealachadh/a' cur bacadh air fàs eaconamach.

4.7 Chaidh aithris gun robh an suidheachadh seo ag adhbharachadh gainnead mòr de dhaoine aig aois obrach ann am prìomh roinnean (foghlam, slàinte, cùram sòisealta agus ciùird).

Bun-structar

4.8 B' e an dàrna ceist a thog luchd-còmhnaidh nan eilean uair is uair droch bhun-structair nan eileanan. Gu sònraichte:

- Chaidh a ràdh gu bheil **còmhdhail phoblach** (a' gabhail a-steach seirbheisean adhair, bus is aiseig) neo-earbsach, daor, agus cuingealaichte (a thaobh clàran-ama). Thug cuid den luchd-fhreagairt fa-near gu bheil aiseagan glè thrang gu tric, agus nach eil e daonnan comasach do dh'eileanaich siubhal nuair a dh'fheumas iad.
- Chaidh aithris gu bheil **rathaidean** ann am mòran de na h-eileanan ann an droch staid, agus mì-fhreagarrach airson na h-ìre àrd de thrafaig a bhios gan cleachdadh rè seusan na turasachd.
- Bhathar ag ràdh nach robh **ceangal didseatach** (an dà chuid bann-leathann agus fòn-làimhe) idir ann an cuid de choimhearsnachdan eileanach agus gun robh e truagh ann an cuid eile (i.e. slaodach agus/no neo-earbsach).
- Chaidh a ràdh gu bheil an **solar uisge** truagh / neo-earbsach ann an sgìrean iomallach.

Fastadh

4.9 Mhìnich eileanaich gu bheil na h-eaconamaidhean ionadail aca cha mhòr gu tur an crochadh air turasachd. Bhathar a' toirt iomradh air an t-suidheachadh seo mar 'claidheamh le dà oir' – i.e. gu bheil turasachd a' toirt seachad obraichean ionadail, ach gu bheil tuarastal ìosal aig a' mhòr-chuid de dh'obraichean agus gun robh iad mì-chinnteach, le glè bheag de chosnadh ann fad na bliadhna. Bha beachd ann nach eil ach àireamh beag de dhaoine a' faighinn buannachd à turasachd, agus nach eil a' mhòr-chuid dhiubh, a' fuireach sna na h-eileanan.

4.10 Aig an aon àm, thuir luchd-freagairt grunn thursan gu bheil cosgais bith-beò (biadh, connadh, teasachadh/dealan, is msaa) agus cosgaisean gnìomhachais sna h-eileanan fada nas àirde na tha air tìr-mòr, a' fàgail nach eil mòran iomairtean nach robh ceangailte ri turasachd seasmhach. Thug cuid de luchd-freagairt fa near cuideachd gun robh Brexit air (droch) b(h)uaidh mhòr a thoirt air gnìomhachas an iasgaich (air sgàth duilgheadasan às-mhalairt dhan AE) agus gnìomhachasan aoigheachd (air sgàth duilgheadasan ann a bhith a' fastadh luchd-obrach).

4.11 B' e a' bhuidh a bha aig seo uile a rèir dhaoine gun robh gainnead de dh'obraichean le deagh thuarastal agus dùbhlain mòra do ghnìomhachasan ann a bhith a' fastadh agus a' cumail luchd-obrach sgileil.

Seirbheisean cùram-chloinne agus foghlaim

4.12 Mu dheireadh, agus nas ainneimhe, chomharraich luchd-freagairt gainnead seirbheisean cùram-chloinne anns na h-eileanan mar adhbhar cudromach ann an crìonadh-sluaigh. Tha dìth cùram-chloinne ga dhèanamh do-dhèanta do bhoireannaich a bhith ag obair ann an rud sam bith ach a-mhàin obraichean pàirt-ùine, nach eil tèarainte. A bharrachd air sin, tha lùghdachadh ann an àireamhan sgoilearan, am feum aig clann àrd-sgoile bho chuid de choimhearsnachdan eileanach a bhith a' fuireach air tìr-mòr (no bailtean nas motha sna h-eileanan) tron t-seachdain, agus gainnead ghnìomhan, chlubaichean no spòrs san fharsaingeachd do chloinn agus òigridh air toirt air teaghlaichean gluasad air falbh bho na h-eileanan. Thug luchd-freagairt fa-near grunn thursan cuideachd gu bheil e cumanta gum bi daoine òga a' fàgail nan eilean airson a dhol dhan oilthigh agus gun a bhith a' tilleadh air sgàth gainnead obraichean ionadail iomchaidh agus/no taigheadas,

5 Beachdan air sgeama a' Bhann Eileanaich san fharsaingeachd

5.1 Mhìnich am pàipear co-chomhairleachaidh na h-amasan a chaidh a mholadh airson Bann nan Eilean agus an gealltanais ann am Manifesto an SNP:

- Bidh Bann nan Eilean na mhaoin £5 millean tro bheatha na Pàrlamaid seo.
- Bidh luach gach 'duais' no 'bann' suas ri £50,000
- Bidh maoin eachadh calpa air chothrom do dh'òigridh is teaghlaichean gus fuireach ann an eileanan a tha fo chunnart crìonadh sluaigh, no airson imrich a dhèanamh annta.
- Cuidichidh na bannan a thèid a thoirt seachad daoine gus dachaighean a cheannach, a thogail no ath-nuadhachadh, gnìomhachasan a thòiseachadh agus ann an dòighean eile gus am beatha a dhèanamh ann an coimhearsnachdan eileanach san ùine-fhada.

5.2 Thairis air na ceistean co-chomhairleachaidh air fad, thug luchd-freagairt am beachdan seachad air a' mholadh airson sgeama Bannan nan Eilean. Bha na beachdan aca a' cuimseachadh air (i) an robh iad airson gun rachadh Bann Eileanach a chruthachadh, (ii) dè na buannachdan agus/no na h-eas-bhuannachdan a dh'fhaodadh a bhith aig iomairt den leithid, agus (iii) roghainnean eile seach na molaidhean làithreach. Thog luchd-freagairt cuideachd grunn chùisean far an robh barrachd soilleireachaidh a dhìth. Tha cunntas nas mionaidiche air na taobhan seo gu h-ìosal.

5.3 Bu chòir a thoirt fa-near gun do chuir tòrr luchd-freagairt fàilte air mar a bha Riaghaltas na h-Alba a' coimhead air crìonadh-sluaigh nan eilean. Bha luchd-freagairt den bheachd gun robh làn àm ann an deasbad seo a bhith ann agus gun robh feum mòr air, agus air molaidhean gus dèiligeadh ris.

Geàrr-chunntas air na prìomh bheachdan

5.4 Gu math tric bha luchd-freagairt taobh a-muigh nan eilean a' toirt taic làidir dhan mholadh gum biodh Bann nan Eilean ann, agus thug mòran aca beachdan gu math fàbharach air ais air an iomairt mar 'chothrom air leth', 'smaoin air leth', neo 'sgeama iongantach'. Ach, bha beachdan luchd-freagairt nan eilean cha mhòr co-ionann eadar an fheadhainn a bha a' cumail taic ris a' mholadh agus an fheadhainn a bha na aghaidh. Thog luchd-freagairt eileanach gu sònraichte (agus luchd-fhreagairt neo-eileanach gu ìre nas lugha) grunn cheistean agus draghan mun sgeama agus bha mòran ann nach robh cinnteach gun coilean an dòigh-obrach a chaidh a mhìneachadh an t-amas gus crìonadh-sluaigh a thionndadh air ais.

5.5 Bu chòir a thoirt fa-near gun do nochd luchd-freagairt, gu sònraichte daoine taobh a-muigh nan eilean, gu tric ùidh phearsanta ann an iomairt Bann nan Eilean. Thuir an luchd-fhreagairt seo gun robh iad airson gluasad gu (no tilleadh gu) eilean Albannach, agus gum biodh ùidh aca ann a bhith a' dèanamh feum air an sgeama gus sin a dhèanamh. Bha seo a' gabhail a-steach cuid de luchd-freagairt bho thall thairis a bha airson coimhead air na cothroman a dh'fhaodadh a bhith an lùib gluasad gu eilean Albannach.

Buannachdan / buannachdan a dh'fhaodadh a bhith an lùib Bann nan Eilean

5.6 B' e am prìomh bhuannachd a dh'ainmich an dà chuid luchd-freagairt eileanach agus neo-eileanach gum faodadh Bann nan Eilean cuideachadh le bhith dèiligeadh ri gainnead sluaigh nan eilean le bhith a' tàladh dhaoine ùra (agus luchd-tilleadh) agus le bhith a' cumail luchd-còmhnaidh a tha ann mar-thà.

5.7 Bha luchd-freagairt le sealladh fàbharach air an sgeama den bheachd gum biodh e:

- A' dèiligeadh (co-dhiù gu ìre) ris na cnapan-starra ionmhais a thathar a' faicinn a thaobh gluasad gu no fuireach ann an eilean
- A' cuideachadh dhaoine gus àite-fuirich a lorg – mar as trice thuirte luchd-freagairt gun cuidicheadh bann le cosgaisean gus taigh a cheannach agus/no ùrachadh no gun cuidicheadh e le bhith a' ceannach fearann airson a bhith a' togail air, agus bha iomradh sònraichte ann gum faodadh an sgeama cuideachadh le bhith a' stèidheachadh an ath ghinealach de chroitèaran
- A' cuideachadh dhaoine gus gnothachasan a thòiseachadh agus 'lìon sàbhailteachd' a thoirt seachad dhaibhsan a tha a' dèanamh imrich, le cuid a' toirt fa-near gun robh mì-chinnt ann mu chothroman obrach no a' toirt iomradh air na cunnartan a tha an lùib a bhith a' tòiseachadh gnìomhachas ùr.
- Buannachdan dhan eaconamaidh ionadail tro chaiteachas a bharrachd air bathar agus seirbheisean ionadail, àrdachadh ann an cothroman obrach, agus an comas barrachd luchd-turais is luchd-tadhail a thàladh.

5.8 Nas sònraichte, bha luchd-freagairt den bheachd gun toireadh an sgeama buannachdan do luchd-còmhnaidh làithreach le bhith a' cur ri seasmhachd choimhearsnachdan ionadail. Mhol eileanaich agus neo-eileanaich gun dèanadh an sgeama na leanas: (i) sgilean ùra a thoirt a-steach agus beàrnan a lìonadh sa mhargaidh obrach ionadail, (ii) leasachadh a thoirt air togalaichean eileanach, (iii) cultaran ionadail (a' Ghàidhlig nam measg) agus luachan traidiseanta nan eilean a chumail beò, agus (iv) gun cuireadh e ri iomadachd agus beairteas beatha eileanach tro bheachdan agus cultaran ùra a' tighinn a-steach.

5.9 Mhol eileanaich cuideachd gum faodadh an sgeama a bhith gu sònraichte buannachdail do choimhearsnachdan chugallach. Anns na coimhearsnachdan sin, bha luchd-freagairt den bheachd gum faodadh àireamh glè bheag de dhaoine fa leth no de dhachaighean ùra eadar-dhealachadh mòr a dhèanamh a thaobh seasmhachd na coimhearsnachd.

5.10 Ann am beagan chùisean, mhol luchd-freagairt (eileanach agus neo-eileanach) gum faodadh an sgeama a bhith iomchaidh cuideachd do choimhearsnachdan dùthchail eile air tìr-mòr, a' gabhail a-steach 'coimhearsnachdan rubha air tìr-mòr a bha an urra ri seirbheis aiseig'.

5.11 Thog cuid den luchd-freagairt a bha taiceil dhan mholadh san fharsaingeachd beagan draghan mun sgeama, ge-tà. Gu sònraichte, chaidh a mholadh gum bu chòir

prìomhachas nas àirde a thoirt do luchd-còmhnaidh eileanach airson duaisean na an fheadhainn a tha a' gluasad (no a' tilleadh). Chaidh a mholadh cuideachd gum feumadh daoine a bha a' tighinn a-steach dhan eilean daingneachadh fhaighinn gun robh obair, seirbheisean agus taighean rim faighinn, a bharrachd air rudan practaigeach leithid ceanglaichean còmhdhail agus ceangal IT gus am biodh iad misneachail mu cho practaigeach 's a tha e imrich a dhèanamh ann - nochd cuid de na daoine a chuir air adhart ùidh ann a bhith a' gabhail ris a' chothrom an lùib an sgeama gun robh draghan orra mu chuspairean mar seo. A bharrachd air seo, tha coltas ann gum feumadh an fheadhainn a gheibh bann fiosrachadh taic, agus cuideachadh leantainneach gus soirbheachadh san fhad-ùine leis a' cho-dhùnadh aca gus ghluasad do dh'eilean (no co-dhùnadh fuireach) - agus mhol cuid cuideachd gum biodh feum air taic ionmhais a bharrachd. Chuir ùghdarrasan ionadail eileanach cuideam air cho cudromach 's a bha e dòigh-obrach aonaichte a bhith ann agus gun robh na buidhnean sin den bheachd gum feumadh poileasaidh nàiseanta sam bith gus dèiligeadh ri crìonadh-sluaigh eileanach aire a thoirt air, agus obrachadh còmhla ris, na h-oidhirpean nach beag a tha ùghdarrasan ionadail a' dèanamh san raon seo mar-thà.

Eas-bhuannachdan / eas-bhuannachdan a dh'fhaodadh a bhith an lùib Bann nan Eilean

5.12 Chaidh raon farsaing de eas-bhuannachdan, no eas-bhuannachdan a dh'fhaodadh a bhith ann, a chomharrachadh às dèidh cur an gnìomh Bann nan Eilean. Chaidh na h-eas-bhuannachdan sin a thogail na bu trice le luchd-freagairt nan eilean ach chaidh an togail cuideachd, le luchd-freagairt neo-eileanach gu ìre nas lugha.

5.13 Bha an fheadhainn a bha gu làidir an aghaidh a' mholaidh den bheachd gun robh Bann nan Eilean ceàrr ann am prionnsabal. Am measg nan adhbharan a chaidh a thoirt seachad airson a' bheachd seo bha (i) gur e fuasgladh geàrr-ùine a bh' ann air duilgheadas fad-ùine agus nach toireadh e aghaidh air na h-adhbharan bunaiteach airson crìonadh-sluaigh (thuir cuid gur e 'sticking plaster' no 'gimmick' a bh' ann, (ii) gun robh £5m na thasgadh fada ro bheag gus buaidh sam bith a thoirt air crìonadh-sluaigh nan eileanan Albannach, (iii) gur e ana-caitheamh airgead luchd-pàighidh nan cìsean a bha ann, (iv) gur e droch bheachd a bh' ann a bhith a' toirt airgead brosnachadh do dhaoine fa leth agus gun tarraingeadh e na 'daoine ceàrr' (thuir cuid gur e 'brib' a bh' ann, agus (v) gun gabhadh mì-fheum a dhèanamh den sgeama. Mar as trice (ach chan ann daonnan), bha na beachdan sin aig luchd-freagairt eileanach (agus gu ìre mhòr, ach chan ann a-mhàin, le luchd-freagairt fa leth seach le luchd-freagairt buidhne).

5.14 San fharsaingeachd, bha gach cuid luchd-freagairt eileanach agus neo-eileanach (an dà chuid daoine fa leth agus buidhnean) a' ceasnachadh an robh na molaidhean nam freagairtean ro-innleachdail do cheist crìonadh-sluaigh nan eilean. Rinneadh argamaid nach robh Bann nan Eilean a' dèiligeadh ris na cùisean bunaiteach (m.e. an sluagh a' fàs nas sine, am feum air leasachaidhean bun-structair, am feum air gach eilean am plana aca fhèin a leasachadh) a chaidh a chomharrachadh bho chionn fhada. B' e fuasgladh simplidh 'bhon mhullach' a bh' anns a' mholadh nach robh a' tuigsinn beatha eileanach agus cho iom-fhillte 's a tha duilgheadas a' chrìonadh-sluaigh. A bharrachd air seo, bhathar a' smaoinneachadh gun robh mì-chothromachadh eadar sgèile na trioblaid (crìonadh-sluaigh eileanach thar ùine mhòr) agus sgèile an fhuasglaidh (tasgadh de £5m eadar 93 eileanan).

Thoir an aire gun tuirt cuid de luchd-freagairt (buidhnean eileanach nam measg) a bha sa chumantas fàbharach mu bhith a' toirt a-steach Bann nan Eilean cuideachd gum feumadh dèiligeadh ri cùisean mar sin.

5.15 Chaidh an cunnart gun adhbharaicheadh e sgaradh ann an coimhearsnachdan agus air co-leanailteachd coimhearsnachd a thogail cuideachd mar phrìomh dhragh – gu sònraichte le luchd-freagairt nan eilean. Mhìnich a' bhuidheann seo gum biodh mòran dhaoine airidh air na bannan - mòran a bharrachd na dh'fhaodadh taic fhaighinn leis a' mhaoineachadh a tha ri fhaighinn an-dràsta. Bhiodh seo a' ciallachadh gum biodh daoine fa leth agus teaghlach a' farpais airson airgead, taobh a-staigh coimhearsnachd sam bith, agus dh'fhaodadh seo còmhstri a bhrosnachadh. A bharrachd air sin, nan tugadh bann do neach no teaghlach gus gluasad a-steach do choimhearsnachd far an robh mòran thagraichean airidh, dh'fhaodadh seo a dhèanamh duilich dhan choimhearsnachd gabhail ris an neach a thàinig a-steach às ùr.

5.16 Anns na freagairtean aca, bha e cumanta do mhuinntir nan eilean a bhith den bheachd gun rachadh na bannan a thoirt do dhaoine a bha gu bhith a' dèanamh imrich do dh'eileanan (seach dhan fheadhainn a bha a' fuireach ann mar-thà). Chaidh cuid den luchd-fhreagairt seo na draghan aca an cèill gun cuireadh daoine fa leth agus dachaighean bho thaobh a-muigh nan eilean ri crìonadh ann an luachan is cultar traidiseanta nan eilean. Dhaingnich luchd-freagairt (agus luchd-freagairt eileanach gu sònraichte) gum feumadh iomairt sam bith den t-seòrsa seo com-pàirt agus taic bho choimhearsnachdan eileanach agus gum bu chòir dhi a bhith air a stiùireadh leis na h-eileanaich fhèin.

5.17 Mu dheireadh, chomharraich an dà chuid luchd-freagairt eileanach agus neo-eileanach gur e aon bhuidheann a dh'fhaodadh a bhith aig Bann nan Eilean gun cuireadh e ri suidheachadh a tha duilich mar-thà a thaobh prìsean thaighean. Thill luchd-freagairt uair is uair gu gainnead thaighean air prìs reusanta, agus na trioblaidean co-cheangailte ris an atmhorachd a dh'adhbharaicheas an fheadhainn a tha a' gluasad do na h-eileanan a bhios gu tric a' pàigheadh prìsean tòrr nas àirde na an luachadh gus taighean fhaighinn.

Roghainnean eile an àite Bann nan Eilean

5.18 Ann a bhith a' beachdachadh air na ciad bheachdan aca mun mholadh airson Bann nan Eilean, mhol luchd-freagairt gu tric gun robh dòighean na b' fheàrr gus an £5m a chaidh a riarachadh dhan iomairt a thasgadh. Bithear a' beachdachadh air roghainnean eile a thathar a' moladh ann am barrachd doimhneachd ann an Caibideil 13.

Beachdan eile

5.19 Bha luchd-freagairt cuideachd a' ceasnachadh agus/no a' cur air adhart farsaingeachd de bheachdan air taobhan nas mionaidiche den mholadh – an t-suim airgid a bha ri fhaotainn do dhaoine fa leth, am feum air cumhaichean iomchaidh, an dòigh anns an rachadh co-dhùnaidhean a dhèanamh, is msaa. Tha na puingeann seo air an deasbad ann an Caibideilean 8 agus 9).

6 Prìomh fhòcas: glèidheadh no fàs?

6.1 Dh'fhaighnich a' cho-chomhairle de luchd-freagairt de am prìomh amas a bu chòir a bhith aig Bann nan Eilean nam beachd. Ann an Ceist 5 fhuair luchd-freagairt ceithir roghainnean agus chaidh iarraidh orra tè a thaghadh: (i) fàs-sluaigh, (ii) glèidheadh-sluaigh, (iii) an dà chuid, agus (iv) eile. Bheir a' chaibideil seo sùil air anailis nam freagairtean dhan cheist seo còmhla ri beachdan luchd-freagairt air a' chuspair seo (aig Ceist 5 agus aig ceistean co-chomhairleachaidh eile).

6.2 Tha clàr 6.1 gu h-ìosal a' sealltainn, uile gu lèir, gun robh 56% den luchd-fhreagairt den bheachd gum bu chòir **an dà chuid** fàs-sluaigh agus glèidheadh-sluaigh a bhith nam fhòcas airson Bann nan Eilean. Bha cairteal den luchd-fhreagairt (25%) den bheachd gur e glèidheadh sluaigh a bu chòir a bhith ann a-mhàin, bha 13% den bheachd gum bu chòir dha fàs àireamh-sluaigh a bhith ann a-mhàin, agus bha 6% den luchd-fhreagairt den bheachd gum bu chòir fhòcas 'eile' a bhith ann airson a' Bhanna.

6.3 Bha eadar-dhealachadh soilleir eadar luchd-còmhnaidh eileanach agus daoine nach a' fuireach sna h-eileanan a thaobh na ceist seo, le luchd-còmhnaidh eileanach a' cur barrachd cuideam air glèidheadh sluaigh, agus luchd-còmhnaidh nach robh sna eilean a' cur barrachd cuideam air fàs sluaigh. Gu sònraichte, thuir 51% de luchd-còmhnaidh nan eilean gum bu chòir fhòcas a' Bhanna a bhith air glèidheadh-sluaigh agus thuir 37% gum bu chòir dha a bhith **an dà chuid** air fàs-sluaigh agus glèidheadh-sluaigh. An coimeas ri sin, thuir 70% de luchd-freagairt neo-eileanach gum bu chòir am fhòcas a bhith air **gach cuid** fàs agus glèidheadh-sluaigh agus thuir 18% gum bu chòir dha a bhith air fàs.

6.4 Ach, bha na h-eadar-dhealachaidhean sin rim faicinn sa mhòr-chuid am measg dhaoine fa leth; am measg bhuidhnean cha robh mòran eadar-dhealachaidh eadar an fheadhainn a bha stèidhichte sna h-eileanan agus an fheadhainn a bha stèidhichte ann an àiteachan eile, leis an dà bhuidhinn seo gu ìre mhòr airson fhòcas a chur air **an dà chuid** fàs agus glèidheadh.

Clàr 6.1: C5 – Dè bu chòir a bhith na phrìomhachas aig a' Bhann Eileanach (tagh fear de na roghainnean gu h-ìosal?)

Raon fhòcas	Fàs sluaigh		Glèidheadh sluaigh		An dà chuid		Eile		Iomlan	
	n	%	n	%	n	%	n	%	n	%
Seòrsa neach-freagairt										
Daoine fa leth ann an eileanan	32	5%	339	53%	225	35%	47	7%	643	100%
Buidhnean eileanach	3	11%	1	4%	23	82%	1	4%	28	100%
Iomlan, Eileanaich	35	5%	340	51%	248	37%	48	7%	671	100%
Daoine fa leth taobh a-muigh nan eilean	173	18%	67	7%	659	70%	41	4%	940	100%
Buidhnean taobh a-muigh nan eilean	–	0%	–	0%	8	89%	1	11%	9	100%
Taobh a-muigh nan eilean, gu h-iomlan	173	18%	67	7%	667	70%	42	4%	949	100%
Iomlan, a h-uile neach-freagairt	208	13%	407	25%	915	56%	90	6%	1,620	100%

Dh'fhaodte nach dèan na figearan uile 100% mar thoradh air cruinneachadh.

6.5 Tha na h-earrannan gu h-ìosal a' taisbeanadh bheachdan an fheadhainn a tha a' taghadh gach tè de na roghainnean.

Taic airson prìomh fhòcas air glèidheadh sluaigh

6.6 Mar a chithear ann an Clàr 6.1, b' fheàrr le cairteal den luchd-fhreagairt fòcas air glèidheadh-sluaigh. Ach, ged is e seo an roghainn a bu mhotha a bha a' còrdadh ri luchd-freagairt eileanach, b' e seo an roghainn leis an ìre taic as lugha am measg luchd-freagairt neo-eileanach.

6.7 Bha luchd-freagairt a bha a' cumail taic ris an roghainn seo gu tric a' toirt iomradh air na bha iad a' faicinn mar na nithean a bha a' toirt air daoine na h-eileanan fhàgail (co-cheangailte ri gainnead chothroman cosnaidh is foghlaim, gainnead thaighean air prìs reusanta, gainnead sheirbheisean is ghoireasan, droch bhun-structair, cosgais bith-beò, msaa), le mòran ag amas air suidheachadh nan daoine òga. Thuir iad gu bheil mòran eileanach ag iarraidh fuireach ach gum feumadh iad falbh air sgàth suidheachadh nan eileanan. Bha iad ag argamaid gun robh eileanaich cuideachd fo anacothrom ionmhasail an taca ri daoine bhon taobh a-muigh ann am margaidh an taigheadais, agus mar sin bha e ceart agus 'cothromach' gun robh prìomhachas aig a' bhuidhinn seo, gu h-àraidh leis cho beag de bhannan ris an robh dùil.

6.8 A bharrachd air sin, thuir luchd-freagairt:

- Le bhith ag amas air luchd-còmhnaidh làithreach (no luchd-tilleadh) neartaicheadh sin coimhearsnachdan eileanach, agus dìonaidh e beatha eileanach, agus a traidiseanan, a cultar (a' Ghàidhlig nam measg), agus a dualchas.
- Bha luchd-còmhnaidh làithreach (no luchd-tilleadh) na bu bhuailtiche fuireach san fhad-ùine leis gu bheil dealas aca do na h-eileanan agus gu bheil iad eòlach air na dùbhlain a bha an lùib beatha eileanach.
- Le tìde, às dèidh coimhearsnachdan eileanach a bhith air an neartachadh mar thoradh air glèidheadh-sluaigh nas fheàrr, bhiodh barrachd fàs san t-sluagh tro ghlèidheadh nàdarra agus in-imrich sheasmhach.

6.9 Mhìnich cuid de luchd-freagairt mar a bha iad den bheachd gum bu chòir a leithid de phrìomhachas a bhith air a bhuileachadh. Mar eisimpleir:

- Rinn cuid soilleir gun robh iad toilichte luchd-tilleadh neo feadhainn le ceanglaichean ris na h-eileanan a thoirt a-steach dhan phrìomh bhuidhinn seo.
- Mhol cuid eile fòcas nas cumhainge air buidhnean sònraichte leithid òigridh, inbhich aig aois obrach, no luchd-labhairt na Gàidhlig a chumail.

6.10 Taobh a-staigh na buidhne seo de luchd-freagairt, dh'aidich cuid gun robh àite aig in-imrich ann a bhith a' dèiligeadh ri crìonadh-sluaigh cuideachd, ged a bhathas gu tric a' faicinn seo mar fhreagairt air suidheachaidhean cuibhrichte no sònraichte – m.e. airson a bhith ag amas air buidhnean sònraichte leithid daoine òga no feadhainn le sgilean sònraichte; mura biodh ùidh gu leòr ann bho luchd-còmhnaidh nan eilean; a thaobh eileanan sònraichte; no ann an ìre nas fhaide air adhart den phoileasaidh.

6.11 Ach, chuir cuid eile gu soilleir an aghaidh fòcas air in-imrich ga fhaicinn mar adhbhar còmhstri agus na chunnart do bheatha, cultar agus dualchas eileanach. Thuir iad cuideachd nach robh feum aig luchd-imrich mar bhuidhinn air taic-airgid airson gluasad agus gun robh iad nan adhbhar farpais agus àrdachadh ann am prìsean ann am margadh an taigheadais. A bharrachd air sin, bha beachd ann a-rithist nach robh na daoine sin cho dualtach dèiligeadh ri dùbhlain beatha eileanach agus a bhith a' fuireach ann san fhad-ùine.

Taic airson prìomh fhòcas a bhith air fàs sluaigh

6.12 B' e prìomh fhòcas air fàs sluaigh tro in-imrich an roghainn a b' fheàrr le 13% den luchd-fhreagairt agus bha e gu math nas mòr-chòrdte am measg luchd-freagairt bho thaobh a-muigh nan eilean na bha e le luchd-freagairt eileanach.

6.13 Rinn luchd-freagairt a thagh an roghainn seo na prìomh phuingeann a leanas:

- Cha b' urrainn glèidheadh sluaigh ach na h-uimhir a choileanadh; bhiodh daoine daonnan ag iarraidh coimhearsnachdan eileanach fhàgail, no bhiodh feum aca coimhearsnachdan eileanach fhàgail, air diofar adhbharan.
- Bheireadh in-imrich àrdachadh air àireamhan-sluaigh (sa gheàrr-ùine) agus chruthaicheadh e coimhearsnachdan nas seasmhaiche a bhrosnaicheadh glèidheadh, in-imrich luchd-tilleadh, agus barrachd in-imrich.

6.14 Gu sònraichte, thuir luchd-freagairt na leanas mu in-imreachd:

- Ghabhadh (agus bu chòir) a chleachdadh gus buidhnean sònraichte de dhaoine a thàladh – daoine le sgilean sònraichte, teaghlachan le clann, daoine òga, is msaa.
- Bheireadh e a-steach beachdan ùra, agus bheireadh e àrdachadh air àireamhan sluaigh agus air iomadachd cultair
- Tharraingeadh e daoine a bha airson fuireach ann an àrainneachd eileanach.

6.15 Ach, thuir cuid a dh'aindeoin sin gun robh glèidheadh-sluaigh cudromach cuideachd agus gun robh feum air dòigh-obrach chùramach a thaobh in-imrich gus nach biodh barrachd dhaoine ann na b' urrainn do na coimhearsnachdan no bun-structair dèiligeadh ris, agus gus dèanamh cinnteach gur e na daoine iomchaidh a bhiodh a' faighinn cothrom a dhol a dh'fhuireach ann an eilean - i.e. iadsan a tha comasach air aghaidh a chur air dùbhlain beatha eileanaich, agus deònach cur ri beatha eileanach.

Taic airson prìomh fhòcas an dà chuid air glèidheadh is fàs sluaigh

6.16 Thuir còrr is an dàrna leth den luchd-fhreagairt gum bu chòir fòcas a bhith air gach cuid fàs-sluaigh agus glèidheadh-sluaigh. Ach, chomharraich timcheall air a' chòigeamh cuid den fheadhainn a thagh an roghainn seo sealladh nas toinnte air a' chùis seo anns na beachdan aca, ag ràdh ged a bha iad den bheachd gun robh an dà chuid fàs agus glèidheadh cudromach, gum bu chòir gum biodh am prìomhachas a bhith air glèidheadh (no air glèidheadh is luchd-tilleadh) agus air daoine òga gu sònraichte. Is ann ainneamh a thuir luchd-freagairt sa bhuidhinn seo gum bu chòir fàs tro in-imrich a bhith na phrìomhachas.

6.17 San fharsaingeachd thuir luchd-freagairt a thagh an roghainn seo gun robh feum air an dà chuid glèidheadh agus fàs-sluaigh ma bhathar gu bhith a' dèiligeadh ri crìonadh-sluaigh. Bha beachd ann nach robh glèidheadh-sluaigh leis fhèin gu leòr no neo-phractaigeach mar ro-innleachd gus dèiligeadh ri crìonadh-sluaigh – chomharraich luchd-fhreagairt cho beag de chothroman a tha anns na h-eileanan dhan t-sluagh a th' ann mar-thà agus air a' mhiann nàdarra aig daoine gluasad air falbh mar inbhich òga – agus mar sin dh'fheumadh cur ris an t-sluagh le in-imrich. Ach, thuir cuid gum bu chòir in-imrich a bhith ro-innleachdail leis an amas a bhith ag àrdachadh agus a' meudachadh glèidheadh-sluaigh no ag amas air buidhnean sònraichte.

6.18 A bharrachd air sin, thug luchd-freagairt a thagh an roghainn seo iomradh gu tric air dàimh eadar an dà dhòigh-obrach a bha a' neartachadh a chèile – ag ràdh, mar eisimpleir:

- Gu bheil glèidheadh-sluaigh a' dèanamh cinnteach gun leanadh coimhearsnachdan agus cultaran air adhart, feartan a tha sònraichte mu bheatha eileanach sònraichte agus tarraingeach do chuid, agus gun urrainn do dh'in-imrich sgilean, beachdan agus iomadachd a thoirt do bheatha eileanach agus coimhearsnachdan is cultar eileanach a dhèanamh seasmhach san fhad-ùine. Dh'fhaodadh na diofar bhuidhnean taic a thoirt ri càch a chèile agus ionnsachadh bho chàch a chèile.
- Dh'fheumadh in-imrichean taic nan coimhearsnachdan a th' ann mar-thà, agus bha e cudromach gun robh luchd-còmhnaidh a th' ann mar-thà a' faighinn taic cuideachd agus gun robh e cudromach nach biodh iomairt Bann nan Eilean ag adhbharachadh còmhstri leotha.
- Bidh glèidheadh agus fàs tro in-imrich a-staigh a' dol ri chèile gu math – agus bheireadh ceumannan gus taic a chumail ri glèidheadh taic ri in-imrich cuideachd.

6.19 Thuir cuid de luchd-freagairt gum feumadh cothromachadh iomchaidh fhaighinn eadar glèidheadh agus in-imrich a bha ag amas air àireamhan iomlan a neartachadh gun a bhith a' cur cus cuideam air coimhearsnachdan is cultaran a th' ann mar-thà no a bhith a' cur cus uallach air seirbheisean. Ach, thuir cuid eile gum bu chòir an t-amas a bhith air brosnachadh choimhearsnachdan soirbheachail agus a' faighinn a' mheasgachaidh dheamografaich cheart ge b' e cò às a thàinig daoine.

Beachdan aig an fheadhainn a mhol fòcas eile

6.20 Mar bu trice, chuir luchd-freagairt a thagh 'eile' beachdan air adhart a bha coltach ri luchd-freagairt eile, gu sònraichte an fheadhainn a thagh 'an dà chuid', no a thagh fàs no glèidheadh ach a chuir ris an fhreagairt ann an dòigh air choireigin. No, dh'iarr iad (i) fòcas a chur air cùisean leithid bun-structar eileanach, fàs eaconamach seasmhach, pròiseactan a tha mothachail air an àrainneachd, ath-leasachadh fearainn, is msaa. - ach cha robh e daonnan cinnteach an robh fòcas den t-seòrsa ann an co-theacsa poileasaidh Bann nan Eilean no na àite, no (ii) chuir iad an cèill a-rithist gun robh iad an aghaidh a bhith a' toirt a-steach Bann nan Eilean.

Beachdan eile air prìomhachas agus fòcas nam Bannan Eileanach

6.21 Sheall beachdan bho luchd-freagairt nach robh na roghainnean a chaidh a thaisbeanadh (fàs v glèidheadh v an dà chuid) an-còmhnaidh air am faicinn mar rud

sìmplidh agus diofraichte gus roghainnean a chur an cèill airson fòcas agus prìomhachas. Gu tric, thuir luchd-freagairt a thagh ‘an dà chuid’ gum bu chòir prìomhachas a thoirt do dh’aon dòigh-obrach (glèidheadh mar as trice), agus bha an fheadhainn a bha a’ taghadh **an dàrna cuid** glèidheadh **no** in-imrich gu tric a’ gabhail ris gun robh àite aig an dà dhòigh-obrach, ged a bha diofar ìrean de chuideam ann no gun robh iad air am moladh ann an suidheachaidhean eadar-dhealaichte. Chaidh bruidhinn air luchd-tillidh ann an diofar cho-theacsan le diofar luchd-freagairt agus gu tric bha iad air am faicinn mar bhuidheann chudromach air am bu chòir cuimseachadh.

6.22 A bharrachd air sin, ann am freagairt na ceiste seo, thuir cuid gum bu chòir prìomhachas agus fòcas a bhith a rèir suidheachadh nan eileanan fa leth.

7 Targaideachadh deamografach

7.1 Bha ceist sa cho-chomhairle (Ceist 4) do luchd-còmhnaidh nan eilean mu am beachdan air na buidhnean deamografach nach robh air an riochdachadh gu leòr san sgìre aca nam beachd agus air am bu chòir cuimseachadh le Bann nan Eilean. Chaidh ochd roghainnean a thoirt dhan luchd-fhreagairt agus b' urrainn dhaibh gach fear a thaghadh a bha iad a' meas iomchaidh.⁸ B' iad na roghainnean:

- Aois - clann is daoine òga:
- Aois - inbhich aig aois obrach
- Aois – aois peinnsein
- Gnè
- Gnè
- Cinneadh
- Proifeiseanan
- Eile

7.2 Tha a' chaibideil seo a' cur nam beachdan seo air adhart.

7.3 Chithear na toraidhean ann an Clàr 7.1 gu h-ìosal. Thoir an aire gun do fhreagairt cuid de luchd-freagairt neo-eileanach a' cheist seo, ach tha na freagairtean aca air an cumail a-mach às an anailis seo. Mar sin, tha am mion-sgrùdadh a chithear an seo stèidhichte air na freagairtean bho luchd-còmhnaidh eileanach (agus buidhnean sna h-eileanan) a-mhàin.

7.4 B' iad na prìomh theachdaireachdan:

- Às na 625 luchd-freagairt eileanach a fhreagair a' cheist seo, thuir a' mhòr-chuid gum bu chòir Bann nan Eilean a bhith ag amas air inbhich aig aois obrach (71%) agus/no air daoine òga (67%).
- Bha beagan a bharrachd air cairteal (27%) den bheachd gum bu chòir dhan sgeama a bhith ag amas air proifeiseanan agus bha 8% den bheachd gum bu chòir dha a bhith ag amas air mion-shluaighean cinnidheach.
- Bha cuibhreann beag (4%) den bheachd gum robh daoine aig aois peinnsein air am fo-riochdachadh sna na h-eileanan agus/no gum robh iad nan deamografach air am bu chòir cuimseachadh; agus bha 3% agus 2% an urra den bheachd gum robh gnè agus gnè bhith-eòlasach nan deamografaig air am bu chòir dhan Bhann cuimseachadh.
- Thagh dhà-dheug sa cheud (12%) den luchd-fhreagairt a fhreagair a' cheist seo 'Eile'.

Clàr 7.1: C4 – A bheil deamografaigs sònraichte nach eil air an riochdachadh gu leòr san sgìre agad air am bu chòir am Bann Eileanach a bhith ag amas, nad beachd? (luchd-còmhnaidh nan eilean a-mhàin)

Roinn-seòrsa deamografach	Àireamh	Ceudad*
Aois - Inbhich aig aois obrach	446	71%
Aois - Clann is daoine òga:	418	67%

⁸Bha na roghainnean a chaidh a thabhan do luchd-freagairt anns an fhoirm freagairt co-chomhairle air-loidhne eadar-dhealaichte bhon fheadhainn a bha sa phàipear co-chomhairleachaidh fhèin. Leis gun do chleachd a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt am foirm air-loidhne gus na freagairtean aca a chur a-steach, tha am mion-sgrùdadh an seo stèidhichte air na roghainnean a chaidh a thoirt seachad san fhoirm air-loidhne.

Proifeiseanan	170	27%
Cinneadh	52	8%
Aois – Aois peinnsein	22	4%
Gnè	18	3%
Gnè	13	2%
Eile	73	12%
Bun àireamh	625	

* Thoir an aire gum b' urrainn do luchd-freagairt tiog a chur ri taobh barrachd air aon roghainn; mar sin tha an àireamh sa cheud gu h-iomlan nas àirde na 100%.

7.5 Chaidh iarraidh air luchd-freagairt na h-adhbharan airson am beachdan a thoirt seachad.⁹ Thoir an aire gun do nochd cuid den fheadhainn a fhreagair a' cheist dhùinte anns na beachdan aca nach robh iad ag aontachadh ri moladh Bann nan Eilean a stèidheachadh. Thagh cuid den bhuidheann seo 'Eile' san fhreagairt aca dhan cheist dhùinte; ach thagh cuid roghainnean eile cuideachd. Dh'fhàg beagan luchd-fhreagairt nach robh ag aontachadh ris an sgeama a' cheist dhùinte bàn agus thug iad seachad beachdan a-mhàin mar fhreagairt dhan cheist.

7.6 Mar a tha na figearan ann an Clàr 7.1 a' sealltainn, bha a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt den bheachd gum bu chòir Bann nan Eilean a bhith ag amas air dà bhuidhinn: (i) inbhich aig aois obrach and (ii) daoine òga. Thagh timcheall air dà thrian den fheadhainn a bha airson fòcas fhaicinn air proifeiseanan cuideachd aon no dhà de na buidhnean sin.

7.7 Tha an deasbad gu h-ìosal an toiseach a' toirt geàrr-chunntas air na h-adhbharan a thug luchd-freagairt seachad airson fòcas a chur air na trì buidhnean sin. Bidh e an uairsin a' beachdachadh air na h-adhbharan airson a bhith ag amas air cinnidheach, agus an uair sin air na trì buidhnean deamografach eile (daoine aig aois peinnsein, gnè, agus gnè bhith-eòlasach).

Fòcas air inbhich agus daoine òga aig aois obrach

7.8 San fharsaingeachd, thug luchd-freagairt a bha den bheachd gum bu chòir an sgeama a bhith ag amas air inbhich aig aois obrach agus air daoine òga adhbharan coltach ri seo seachad. B' iad sin:

- Is iad na buidhnean sin as motha a tha feumach air taic-airgid a thaobh ceannach/togail taigh neo gnìomhachas a stèidheachadh.
- Tha na buidhnean sin nas dualtaiche clann a bhith aca agus teaghlaidhean a thogail anns na h-eileanan.
- Bhiodh fòcas air an dà bhuidhinn seo dualtach aghaidh a thoirt air a' mhì-chothromachadh a th' ann an-dràsta ann am pròifil deamografach nan eilean.

7.9 A thaobh inbhich aig aois obrach, bha luchd-freagairt den bheachd gum robh e coltach gum biodh sgilean aig a' bhuidhinn seo agus gum biodh iad comasach air cur ri beatha eileanach. A thaobh daoine òga, bha beachd ann gu tric gu bheil a' bhuidheann seo dualtach a bhith sunndach, dealasach, fosgailte ri atharrachadh, agus sùbailte.

⁹Thoir an aire, a-rithist, gun deach luchd-freagairt nach eil a' fuireach sna h-eileanan a chumail a-mach às an anailis seo.

7.10 A thaobh **an dà** bhuidhinn seo, chaidh a' phuing a thogail uair is uair gun robh mòran dhaoine òga a tha a' fàgail nan eilean airson foghlam no obair ag iarraidh thighinn air ais ach chan urrainn dhaibh sin a dhèanamh air sgàth gainnead thaighean is obraichean. Bhathar a' faicinn an luchd-tilleadh a dh'fhaodadh a bhith ann, agus eileanaich a bha air impis falbh, mar na prìomh bhuidhnean air an robhar ag amas oir, chaidh a ràdh, gu bheil iad eòlach air beatha is cultar nan eilean mar-thà.

7.11 Mhol cuid de luchd-freagairt gum bu chòir a bhith a' cuimseachadh air daoine taobh a-staigh raointean aoise sònraichte – an dara cuid taobh a-staigh na roinne 'òigridh' no taobh a-staigh na roinne 'inbhich aig aois obrach' – m.e. daoine aois 20 gu 40, 21- gu 35 bliadhna, an fheadhainn fo aois 40, is msaa. Ach, cha robh mòran co-aontachd am measg an fheadhainn a rinn na molaidhean seo: bha aois tòiseachaidh eadar 18 agus 30, agus bha mullach nan raointean aoise eadar 30 agus 45.

Fòcas air proifeiseanan

7.12 Thuirt luchd-freagairt gu tric gu bheil gainnead prìomh sgilean anns na h-eileanan. Ann am beachd an luchd-freagairt, le bhith ag amas air buidhnean proifeasanta sònraichte bhiodh seo mar 'bhlocaichean-togail airson coimhearsnachdan nas seasmhaiche' agus aig an aon àm a' toirt seachad barrachd chothroman cosnaidh eadar-mheasgte. Ach, chaidh a' phuing a thogail uair is uair, gu bheil obraichean do phroifeiseantaich sgileil (gu sònraichte an fheadhainn a tha ag obair ann an slàinte is cùram sòisealta, foghlam, agus ciùird) rim faighinn ann am mòran sgìrean, ach gu bheil cosgaisean bith-beò agus dìth taigheadais ga dhèanamh doirbh na h-obraichean seo a lìonadh. 'S e tè de na buaidhean a thàinig às a sin gum feum am bòrd-slàinte ionadail (agus luchd-fastaidh ionadail eile) locum no luchd-obrach sealach fhastadh air cùmhnantan geàrr-ùine air prìs àrd.

7.13 B' iad na sgilean / seòrsaichean proifeiseanan a bu trice a chaidh ainmeachadh mar fheadhainn a bha a dhìth thar gach buidheann eileanach:

- Nursaichean, dotairean, fiaclairean, proifeiseanan slàinte co-cheangailte, seirbheisean èiginn (teine / ambaileans), agus luchd-obrach deuchainn-lann
- Luchd-cùraim agus luchd-cuideachaidh dachaigh
- Luchd-teagaisg
- Luchd-solair cùraim-chloinne
- Luchd-ciùird – plumairean, dealanairean, saoir, luchd-togail, meacanaigean, innleadairean teasachaidh / gas, seirbheisean innealan dachaigheil, gruagairean, dràibhearán HGV, is msaa.
- Daoine le eòlas air obair leasachaidh coimhearsnachd
- Daoine ag obair ann an àiteachas agus le eòlas air saothrachadh bìdh
- Einnseanairean
- Daoine a tha ag obair ann an teicneòlas, IT agus gnìomhachasan eile as urrainn a bhith suidhichte ann an àite sam bith (m. e. meadhanan cruthachail, is msaa) (ge-tà, chaidh a ràdh gum feumar dèiligeadh ri gainnead bun-structair didseatach iomchaidh anns na h-eileanan gus daoine leis na sgilean sin a thàladh)
- Daoine le sgilean àrainneachd sheasmhach – i.e. lùth uaine, cumhachd ath-nuadhachail, is msaa.

- Luchd-ciùil, luchd-ealain, agus luchd-ciùird.

7.14 Chomharraich luchd-freagairt gun robh feum air lighichean-sprèidh, luchd-lagha agus luchd-cunntais ach chan ann cho tric.

Fòcas air cinneadh

7.15 Mar a tha Clàr 7.1 a' sealltainn, bha 8% den luchd-fhreagairt den bheachd gum bu chòir an ceangal a bhith ag amas air 'cinneadh'. B' e beachd cumanta am measg an fheadhainn a thuir seo gur e glè bheag de dh'iomadachd a bha ann an coimhearsnachdan eileanach an-dràsta. Bha an luchd-freagairt seo den bheachd gum bu chòir dhan sgeama feuchainn ris a' mhì-chothromachadh deamografach seo a chur ceart. Bha dragh air luchd-freagairt nach robh gainnead iomadachd cinnidh anns na h-eileanan a rèir comann-sòisealta an latha an-diugh, agus chunnaic iad na buannachdan a leanas bho bhith dèiligeadh ri seo:

- Bheireadh e diofar sheallaidhean do na h-eileanan agus chuireadh e iomlaid chultarach an comas.
- Bheireadh e beairteas do choimhearsnachdan ionadail agus chruthaich e barrachd fosgarrachd agus 'raon nas fharsainghe de bhuilean'.
- Bheireadh e cothrom do dh'eileanaich an dòigh-beatha air leth aca a cho-roinn le barrachd dhaoine.

Fòcas air daoine aig aois peinnsein, gnè, agus gnè bhith-eòlasach

7.16 Bha nas lugha na 5% den luchd-fhreagairt den bheachd gun robh daoine aig aois peinnsein, gnè bhith-eòlasach agus gnè fo-riochdaichte san sgìre aca, agus gum chòir do sgeama Bann nan Eilean a bhith ag amas orra.

7.17 Cha do mhìnich an luchd-freagairt uile a thagh na trì roghainnean sin carson a rinn iad sin. Ann an cuid de fhreagairtean, bha e coltach gun deach na roghainnean sin a thaghadh le mearachd leis gun tug an neach-freagairt adhbharan seachad airson taic a thoirt ri bhith ag amas air daoine òga no inbhich aig aois obrach seach adhbharan airson a bhith ag amas air daoine aig aois peinnsein, gnè agus/no gnè bhith-eòlasach. Corra uair, thagh luchd-freagairt a thagh aon no barrachd de na trì roghainnean sin cuideachd a h-uile tè (no a' mhòr-chuid) de na roghainnean eile cuideachd, ag argamaid nach bu chòir dhan sgeama cuimseachadh air buidhnean deamografach sònraichte (no nach bu chòir dha leth-bhreith a dhèanamh air buidhnean sònraichte sam bith) ach gum bu chòir dha a bhith a' tabhann taic do dhuine sam bith air a bheil feum ma tha rudeigin aca ri thabhann do choimhearsnachdan eileanach.

7.18 Mar sin, cha robh ann ach àireamh glè bheag de luchd-freagairt a thagh na roghainnean sin **agus** a thug seachad adhbharan sònraichte airson sin a dhèanamh.

7.19 Bha na h-adhbharan airson a bhith ag amas air **daoine aig aois peinnsein** mar a leanas:

- Thuir aon neach-freagairt gu bheil dìth cothrom aig seann daoine air dachaighean a ghabhas atharrachadh, no cothrom air ionmhas gus atharraichean a dhèanamh air

togalaichean iomchaidh, agus mar sin gum faigheadh iad buannachd bhon taic ionmhais a tha ri fhaotainn tro sgeama Bann nan Eilean.

- Thug dàrna neach-freagairt fa-near gur e daoine a tha air an dreuchd a leigeil dhiubh a tha a' fuireach anns na h-eileanan gu tric a' bhuidheann a tha a' cumail greim air fearann croite, ach air sgàth aois agus neo-chomas nach urrainn dhaibh am fearann a chur gu feum tuilleadh. Chan eil plana leantainneachd aig tòrr aca agus/no chan eil fios aca ciamar a dhèiligeas iad ris an reachdas iom-fhillte a leigeadh leotha fuireach nan dachaigh ach a bhith a' toirt an fhearainn do chuideigin nas òige gus obrachadh air. Chaidh a' phuing a thogail cuideachd gum faodadh cosgaisean a bhith an lùib a leithid de ghluasad fearainn, agus gur dòcha gum feum seann neach a tha air a dhreuchd a leigeil dheth cuideachadh leis na cosgaisean sin – a bharrachd air an t-seòrsa comhairle is taic a dh'fhaodadh seirbheis comhairleachaidh a thabhann. (Faic Caibideil 11)

7.20 Cha robh e soilleir bho na beachdan a chaidh a dhèanamh a thaobh 'gnè' agus 'gnè bhith-eòlasach' an robh luchd-freagairt a' dèanamh eadar-dhealachadh eadar an dà bhun-bheachd seo. Ach, anns gach cùis, bha an fheadhainn a thug seachad beachd den bharail gum bu chòir do sgeama Bann nan Eilean taic a thoirt do boireannaich is nigheanan. Rinneadh na puingeann a leanas:

- Tha boireannaich air am 'fo-riochdachadh gu ìre mhòr' ann an dreuchdan àrd-ìre, beatha phoilitigeach agus gnìomhachasan sna h-eileanan.
- Tha sealladh gu math 'traidiseanta' ann a thaobh fastadh boireannaich anns na h-eileanan – tha boireannaich nas dualtaiche na fir gun a bhith air am pàigheadh gu leòr agus a bhith ag obair ann an dreuchdan pàirt-ùine ann am bùithtean no turasachd. Fiù 's ann am buidhnean san roinn phoblaich (ùghdarrasan ionadail / bùird NHS) cha mhòr nach eil àrd-dhreuchdan daonnan aig fir (an dàrna cuid an fheadhainn a tha a' fuireach anns na h-eileanan mar-thà, no an fheadhainn a tha a' tighinn à àiteachan eile. Is ann ainneamh a bhios fastaichean ionadail a' tabhann rèiteachaidhean obrach sùbailte, a tha càirdeil do theaghlaichean gus leigeil le boireannaich a bhith ag obair ann an dreuchdan le tuarastal nas fheàrr.
- Tha na prìomh gnìomhachasan ann an cuid de dh'eileanan (croitearachd agus iasgach) fo smachd fir, agus tha boireannaich/nigheanan air an dì-bhrosnachadh bho bhith a' gabhail obraichean agus dreuchdan a tha fhathast air am meas 'do dh'fhir' gu traidiseanta.

7.21 Bha luchd-freagairt a thog na cùisean seo airson gun toireadh sgeama Bann nan Eilean taic agus seirbheisean seachad a tha ag amas air boireannaich/màthraichean.

Targaidean deamografach 'eile' a dh'fhaodadh a bhith ann

7.22 Mu dheireadh, chuir luchd-freagairt a thagh 'eile' mar fhreagairt do Cheist 4 trì prìomh bheachdan an cèill:

- B' e a' chiad fhear dhuibh sin nach robh sgeama Bann nan Eilean na dheagh fhuasgladh air crìonadh-sluaigh anns na h-eileanan. (Chaidh am beachd seo a chur

an cèill cuideachd le cuid de luchd-freagairt a thagh buidhnean deamografach sònraichte mar amas.)

- B' e an dàrna prìomh bheachd nach bu chòir bannan a thoirt **ach** do dhaoine a tha mar-thà a' fuireach sna h-eileanan, no dhaibhsan a dh'fhàs suas anns na h-eileanan agus a bhiodh airson tilleadh. (Chaidh am beachd seo a chur an cèill cuideachd le cuid de luchd-freagairt a thagh buidhnean deamografach sònraichte mar amas.)
- B' e an treas prìomh bheachd gum bu chòir prìomhachas a thoirt do 'Ghàidheil dhùthchasach', 'luchd-labhairt fileanta na Gàidhlig' no an fheadhainn a tha 'a' dèanamh gealltanais a thaobh na Gàidhlig' os cionn daoine eile.

8 Luach a' bhanna, caiteachas ceadaichte, agus cumhaichean

8.1 Thug am pàipear co-chomhairleachaidh seachad fiosrachadh 'àrd-ìre' mu sgeama Bann nan Eilean a chaidh a mholadh gus cothrom a thoirt do dhaoine (gu sònraichte luchd-còmhnaidh nan eilean) fiosrachadh a thoirt seachad mu obair leasachadh is dealbhadh an sgeama.

8.2 Tha a' chaibideil seo a' tarraing air stuthan bho na ceistean co-chomhairleachaidh uile agus a' toirt geàrr-chunntas air beachdan luchd-freagairt air buileachadh Sgeama Bannan nan Eilean. Cha robh mòran stuth ann mu dheidhinn seo agus bha fòcas air trì prìomh chuspairean: (i) cùisean ionmhais, a' gabhail a-steach luach nam bannan fa leth, (ii) caiteachas ceadaichte, agus (iii) na cumhaichean a bu chòir a bhith aig an sgeama. Thathar a' coimhead orra seo uile gu h-ìosal: Thoir an aire gun robh luchd-freagairt a' faicinn ion-roghnachd agus pròiseasan co-dhùnaidh airson bannan fa leth a bhuileachadh nam prìomh chùisean obrachaidh. Thathar a' coimhead air na puingeann seo ann an Caibideilean 6, 7 agus 9.

8.3 A bharrachd air sin, bha raon de bheachdan nas fharsainge ann cuideachd mu thaobhan obrachaidh de Bhann nan Eilean. Gu sònraichte, thuir cuid de luchd-freagairt gum feum pròiseasan sam bith airson an sgeama a rianachd a bhith (i) soilleir, làidir agus cothromach, agus (ii) luath agus furasta do thagraichean, le pàigheadh luath de mhaoin sam bith. Ach, dh'iarr cuid eile barrachd fiosrachaidh mu thaobhan obrachaidh den sgeama, a' gabhail a-steach mar a ghabhadh an duais a chosg agus na cumhaichean a bhiodh a' riaghladh duais sam bith - thuir cuid den luchd-freagairt gun robh feum air seo gus am b' urrainn dhaibh beachd a thoirt seachad air an sgeama.

Taobhan ionmhasail den bhann, agus luach nam bannan fa leth

8.4 Mar a chaidh a dheasbad ann an Caibideil 5 (a thaobh beachdan air sgeama Bann nan Eilean san fharsaingeachd), bha cuid den luchd-freagairt (eileanaich agus daoine nach robh sna h-eileanan) den bheachd gun robh a' 'phoit' iomlan de £5m airson sgeama Bann nan Eilean ro bheag gus buaidh mhòr a thoirt air crìonadh sluaigh ann an eileanan na h-Alba. A bharrachd air sin, thuir cuid gun robh an luach (suas ri) £50k de bhannan fa leth ro bheag airson eadar-dhealachadh a dhèanamh air tarraingeachd agus ion-dhèantachd beatha eileanach. Chomharraich iad cosgais bith-beò àrd anns na h-eileanan agus cosgais àrd thaighean, a bharrachd air an eaconamaidh le tuarastal ìosal sa mhòr-chuid. Chaidh a mholadh gur dòcha gum biodh an t-suim a tha ri fhaotainn gu leòr airson neach fa leth ach nach biodh do theaghlach, no gum biodh e gu leòr airson cuideachadh le cosgaisean taigheadais no cosgaisean tòiseachaidh gnìomhachais, ach nach biodh airson an dà chuid. Ach, bha dà bheachd ann nach robh cho cumanta – gun robh an t-suim a chaidh a mholadh iomchaidh agus, gu dearbha, gum faodadh e a bhith na 'chruth-atharrachadh' a thaobh a bhith a' toirt cothrom air taigheadas; agus gun robh an t-suim a chaidh a mholadh ro àrd. Bha am beachd mu dheireadh seo uaireannan co-cheangailte ris a' bheachd gum biodh àireamh nas motha de bhannan le luach nas ìsle na b' èifeachdaiche ann a bhith a' dèiligeadh ri crìonadh-sluaigh.

8.5 Fhuaras beachdan air dà thaobh sònraichte mu bhith a' buileachadh bhannan fa leth.

- Cha robh luchd-freagairt cinnteach an robh dùil gum biodh bannan fa leth de luach stèidhichte de £50k, neo am biodh pròiseas ann airson bannan a thoirt seachad aig luachan suas chun na h-ìre sin. Bha luchd-freagairt ag iarraidh soilleireachd air a' chùis seo, agus air mar a bhiodh luachan bhannan air an co-dhùnadh.
- Thuirt cuid de luchd-freagairt gum bu chòir measadh ionmhasail de sheòrsa air choreigin a bhith anns a' phròiseas buileachaidh bannan, gus dèanamh cinnteach gun rachadh an t-airgead a thoirt chun an fheadhainn air an robh am feum as motha. Bha dragh ann gum faodadh bannan a bhith air am pàigheadh do dhaoine aig an robh na goireasan ionmhais airson gluasad gu eilean mar-thà - mar eisimpleir, bho bhith a' reic taigh eile.

8.6 Thug luchd-freagairt iomradh cuideachd air grunn chùisean structarail eile:

- Bha mì-chinnt ann am measg luchd-freagairt an toireadh an sgeama tabhartasan no iasadan seachad. A bharrachd air sin, thuirt cuid den luchd-freagairt gur dòcha gum biodh sgeama iasaid na b' fheàrr agus gum biodh nas lugha de bhuidh aige air atmhorachd prìsean thaighean, agus bha cuid eile den bheachd gum faodadh iasad bacadh a chur air cuid de dhaoine a dh'fhaodadh a bhith nan tagraichean.
- Bha grunn mholaidhean ann airson a bhith a' pàigheadh thabhartasan banna air ais thairis air grunn bhliadhnaichean, no gum faigheadh luchd-faighinn dàrna pàigheadh a bharrachd air a' chiad phàigheadh gus seasmhachd na h-imrich aca a dhaingneachadh (no co-dhùnadh a bhith a' fuireach).
- Bha moladh ann gum bu chòir dhan sgeama dà shruth maoinachaidh eadar-dhealaichte a thabhann airson adhbharan taigheadais agus gnìomhachais.

8.7 Bha iarrtasan ann airson barrachd fiosrachaidh agus barrachd soilleireachd air na cùisean sin uile.

Caiteachas ceadaichte

8.8 Sheall am pàipear co-chomhairleachaidh gun toireadh sgeama a' Bhanna maoinachadh seachad airson tasgadh ann an taigheadas agus gnìomhachasan ùra. Thug luchd-freagairt iomradh air an dà thaobh seo de thasgadh, a bharrachd air cuid de raointean caiteachais eile mar a thèid a dheasbad gu h-ìosal.

Caiteachas air taigheadas

8.9 A thaobh **taigheadais**, mhol luchd-freagairt gum bu chòir am Bann a chleachdadh gus luchd-faighinn a chuideachadh gus taigheadas fhaighinn air prìs reusanta. Bha taic ann gum biodh na bannan air an cleachdadh airson a h-uile seòrsa caiteachas taigheadais a leanas:

- A' ceannach thaighean is chroitean (a' gabhail a-steach ceannach fearainn, gu h-àraidh a thaobh chroitean)
- Ag ùrachadh taighean a th' ann mar-thà
- Taighean a tha falamh, à cleachdadh no a tha air a dhol a dholaidh a chur gu feum a-rithist

- A' togail thaighean ùra (agus a' ceannach fearainn gus seo a chur an comas - bhathar ag aithneachadh gum faodadh reachdas no riaghailtean ùra a bhith a dhìth airson seo).

8.10 Ach, bha beagan eadar-dhealachaidh ann am beachdan dhaoine, le cuid den luchd-fhreagairt ag ràdh gum b' fheàrr leotha togalaichean a th' ann ùrachadh seach togalaichean ùra a thogail.

8.11 A bharrachd air a' chaiteachas calpa gu h-àrd, thuirt luchd-freagairt cuideachd gum bu chòir do dhaoine taic fhaighinn le nithean eile co-cheangailte ri ceannach agus ùrachadh thaighean. Nam measg bha:

- Comhairle agus seirbheisean laghail, cead dealbhachaidh, agus clàradh chroitean
- A' cur air dòigh morgaidsean, is msaa, le cuid cuideachd a' moladh gum bu chòir cothrom a bhith aig luchd-faighinn bannan air morgaidsean cosgais ìseal no air ionmhas iasaid eile
- Stàladh bann-leathann luath.

8.12 Cha robh e an-còmhnaidh soilleir an robh luchd-freagairt den bheachd gum bu chòir an leithid de thaic a bhith air a chuingealachadh ri daoine a gheibh bannan no gum bu chòir seo a bhith ri fhaotainn san fharsaingeachd.

8.13 Bha co-aontachd farsaing am measg an luchd-fhreagairt **nach bu chòir** tabhartasan Bann nan Eilean a chleachdadh airson dàrna dachaighean/taighean saor-làithean a cheannach far nach biodh daoine a' fuireach ann fad an t-siubhail. Thuirt cuid cuideachd gum bu chòir taighean cluaineis no màl saor-làithean coimeirsealta a bhith air an cumail a-mach às an sgeama.

8.14 Chuir luchd-freagairt cuideachd grunn mholaidhean air adhart a thaobh mar a ghabhadh taic agus brosnachadh a thoirt do thogail no ùrachadh thaighean agus solar thaighean aig prìs reusanta sna h-eileanan san fharsaingeachd. Bha iad sin a' gabhail a-steach tabhartasan do dh'uchdarain gus togalaichean a chur gu feum a-rithist, tasgadh ann an eco-thaigheadas, agus gus dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean taigheadais nàiseanta iomchaidh airson suidheachadh eileanach.

Caiteachas air gnìomhachasan

8.15 A thaobh **ghnìomhachasan**, mhol luchd-freagairt gum bu chòir caiteachas air gnìomhachasan a th' ann mar-thà a mhaoineachadh a bharrachd air gnìomhachasan ùra. Am measg nan raointean sònraichte de chaiteachas gnìomhachais calpa agus neo-calpa a chomharraich luchd-freagairt bha:

- Àiteachan gnìomhachais
- Uidheamachd agus innealan
- Taic airson cosgaisean rianachd is obrachaidh leantainneach
- Taic airson cosgaisean luchd-obrach.

8.16 Mhol luchd-freagairt cuideachd gum bu chòir maoineachadh no taic (cho-phàirteach) eile a bhith ri fhaotainn dhaibhsan a tha a' tasgadh ann an gnìomhachasan. Bha seo a' gabhail a-steach:

- lasadan gnìomhachais le riadh ìosal no sgeamaichean saoradh cìse / faochadh cìse
- Cothrom air àiteachan-obrach (co-roinnte/sùbailte), agus air seirbheisean gnìomhachais agus comhairle phroifeasanta (margaidheachd, is msaa) - thoir an aire nach robh e daonnan soilleir an robh luchd-freagairt den bheachd gum bu chòir seirbheisean mar seo a thoirt seachad an-asgaidh no am bu chòir pàigheadh airson seirbheisean taobh a-muigh tabhartas nam bannan.
- Tabhartasan no taic eile airson seòrsaichean sònraichte de gnìomhachasan no phròiseactan – m.e. a' dèanamh biadh gu h-ionadail, tuathanachas seasmhach, a' dèanamh aodach, a' dèanamh uisge-beatha, is msaa.

8.17 Bu chòir a thoirt fa-near gun robh luchd-freagairt gu tric a' toirt iomradh air cùisean mar seo ann an dòigh san fharsaingeachd, ag iarraidh bun-structar eileanach nas fheàrr, agus taic agus tasgadh nas fheàrr airson a h-uile gnìomhachas eileanach, seach a bhith ag amas gu sònraichte air feumalachdan luchd-faighinn nam bann.

8.18 Chaidh dà phuing eile a thogail mun fheum air dòigh-obrach aonaichte iomlanach a thaobh taic gnìomhachais tro sgeama Bann nan Eilean, le luchd-freagairt ag ràdh **nach bu chòir** do mhaoineachadh bannan sgeamaichean a th' ann mar-thà a dhùblachadh (m.e. prògram Maoin Tionnsgalachd Dùthchail), agus **nach bu chòir** dha a bhith air a bhuileachadh air gnìomhachasan a bhiodh a' farpais ri gnìomhachasan eileanach a th' ann mar-thà.

Caiteachas eile

8.19 Chuir cuid den luchd-fhreagairt molaidhean air adhart mu raointean caiteachais eile a bha iad a' smaoinichadh a bu chòir a cheadachadh fo sgeama Bann nan Eilean no ris am bu chòir dèiligeadh ann an dòighean eile airson luchd-glèidhidh bannan. Bha na prìomh mholaidhean co-cheangailte ri (i) cosgaisean imrich agus gluasad tùsail – m.e. àite-fuirich geàrr-ùine agus cosgaisean bith-beò bunaiteach, agus (ii) siubhal gu agus bho na h-eileanan, gu sònraichte ro-ghluasad, agus airson tursan teaghlaich.

Cumhaichean aig bannan

8.20 Bha beachd farsaing ann gun robh feum air cumhaichean iomchaidh a thaobh ionmhais is eile. Chaidh innse gur e airgead luchd-pàighidh na cìse a bha seo, agus gun robh e cudromach gun robh e air a chleachdadh gu h-iomchaidh agus a rèir amasan na sgeama. Bha luchd-freagairt airson 's gum biodh rèiteachaidhean measaidh, sgrùdaidh agus cunntalachd èifeachdach ann airson na sgeama.

8.21 A thaobh cumhaichean **ionmhasail** thog luchd-freagairt draghan uair is uair gun gabhadh mì-fheum no mì-chleachdadh a dhèanamh air an sgeama (m.e. luchd-faighinn a' cleachdadh an airgid gus pròiseactan ath-reic a mhaoineachadh), agus thuirt iad gum biodh feum air sgrùdadh leantainneach gus seo a lorg no gus bacadh a chur air.

8.22 Thug luchd-freagairt fa-near cuideachd nach biodh a h-uile tagradh bannan soirbheachail, le luchd-glèidhidh a' roghnachadh (no feumach air) togalach no talamh maoinichte le bannan a reic (m.e. air sgàth 's nach robh iad air gabhail ri beatha eileanach, no air sgàth atharrachadh suidheachadh pearsanta) no gnothachasan maoinichte le bannan a' fàilligeadh air diofar adhbharan.

8.23 Thuir luchd-freagairt gum feumadh rèiteachaidhean ath-phàighidh no toirt-air-ais a bhith an gnìomh gus dèiligeadh ri suidheachaidhean mar sin agus / no gum bu chòir soilleireachd a bhith ann air mar a rachadh suidheachaidhean mar seo a làimhseachadh. A thaobh ath-reic, bha aonta farsaing ann nach bu chòir dha a bhith comasach do dhaoine a fhuair bannan buannachd fhaighinn gu pearsanta bho phrothaid sam bith a gheibhear.

8.24 Dhaingnich luchd-freagairt uair is uair cuideachd gum bu chòir luach agus buannachdan nan bannan fuireach taobh a-staigh choimhearsnachdan eileanach san fhad-ùine. Thuir iad mar eisimpleir, gum bu chòir buill làithreach na coimhearsnachd a' chiad cothrom fhaighinn a thaobh ath-reic thogalaichean a chaidh a cheannach le airgead nam bannan, no gum bu chòir ullachadh a dhèanamh airson ceannach coimhearsnachd airson a thoirt a-mach air màl. San fharsaingeachd, thuir luchd-freagairt gum feumadh **buannachdan ionmhasail sam bith a thigeadh** tro Bhann nan Eilean a bhith air an '**ath-chuairteachadh air ais dhan sgeama**'.

8.25 B' e molaidhean cumanta airson cumhaichean eile gum feumadh daoine a fhuair bannan:

- An tasgadh aca a dhèanamh taobh a-staigh ùine shònraichte agus gum feumaidh iad gealltainn gum fuiricheadh iad ann an eilean co-dhiù airson ùine shònraichte air a' char as lugha
- Gàidhlig ionnsachadh (mura h-eil Gàidhlig aca mar-thà).

8.26 Am measg nam molaidhean nach robh cho cumanta bha gum feumadh luchd-glèidhidh bannan a bhith ag obair gu saor-thoileach sa choimhearsnachd airson àireamh shònraichte de dh'uairean, no a bhith ag obair do dh'fhastaiche ionadail seach a bhith ag obair air astar airson companaidh air tìr-mòr.

9 Pròiseasan Co-dhùnaidh

9.1 Anns na beachdan air Ceistean 1,2,3,4,5 agus 6, dh'iarr luchd-freagairt – agus gu sònraichte luchd-freagairt nan eilean – soilleireachd mun phròiseas co-dhùnaidh a thaobh riarachadh bannan. Chaidh seo a thogail as trice anns a' cho-theacsa gu bheil mòran a bharrachd de 'luchd-faighinn airidh' ann na dh'fhaodadh taic fhaighinn tro sgeama Bannan nan Eilean, agus mar sin gun robh e deatamach dèanamh cinnteach gum biodh am pròiseas measaidh agus co-dhùnaidh 'cothromach', 'follaiseach' agus 'stèidhichte air fianais'.

9.2 Bha luchd-freagairt ag iarraidh fios air **cò** dhèanadh co-dhùnaidhean, agus **ciamar** a bhiodh an t-airgead a bha ri fhaotainn air a sgaoileadh eadar (i) diofar roinnean-seòrsa de luchd-faighinn, agus (ii) luchd-faighinn dhuaisean fa leth.

9.3 A thaobh a' phròiseis airson a bhith a' taghadh luchd-faighinn bannan, bha beachd ann gum bu chòir seo a bhith a' comharrachadh 'an t-seòrsa ceart de dhaoine' a b' urrainn cur gu math ri beatha eileanach. A thaobh cò a bhiodh a' measadh thagraidhean agus a' dèanamh cho-dhùnaidhean, bha luchd-freagairt mar as trice a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha com-pàirt coimhearsnachd, le cuid de luchd-freagairt eileanach ag ràdh gu soilleir 'gum bu chòir do dh'eileanaich co-dhùnadh cò gheibh bannan eileanach' agus mhol cuid eile gun robh e ciallach 'aonta coimhearsnachd fhaighinn airson co-dhùnaidhean mus tèid an daingneachadh'. Bha moladh ann cuideachd gum bu chòir do thagraichean fa leth sealltainn gu bheil taic na coimhearsnachd ionadail aca – m.e. tro litir taic.

9.4 Bha beachdan mar seo gu tric ceangailte ri beachd gum bu chòir na slatan-tomhais gus bannan a riarachadh a bhith air an cruthachadh airson gach eilean fa leth, leis luchd-còmhnaidh làithreach nan eilean. Ach, bha beachdan ann bho àm gu àm ag ràdh gum faodadh co-dhùnaidhean taobh a-staigh coimhearsnachdan eileanach a bhith 'coirbte' agus mar sin nach biodh e iomchaidh leigeil le seo tachairt gu h-ionadail.

9.5 A bharrachd air an sin, bha dragh air cuid de luchd-freagairt eileanach nach biodh co-dhùnaidhean sam bith le 'seirbheisean catharra stèidhichte ann an Dùn Èideann' no le 'comataidh stèidhichte ann an Dùn Èideann' làn fhiosraichte mu na feumalachdan aig coimhearsnachdan eileanach sònraichte.

9.6 Chaidh beachdan mì-fhàbharach a chur an cèill bho àm gu àm cuideachd mu ùghdarrasan ionadail a bhith an sàs ann an co-dhùnaidhean. Bha na beachdan sin mar thoradh an dàrna cuid air a' bheachd nach robh tuigse iomchaidh aig ùghdarrasan ionadail air feumalachdan choimhearsnachdan ionadail no beachd nach gabhadh earbsa a chur anns an ùghdarras ionadail ann an dòigh air choreigin.

9.7 A thaobh co-dhùnaidhean co-cheangailte ri sgaoileadh/riarachadh bhannan, mar bu trice bha luchd-freagairt airson faighinn a-mach dè an cothromachadh a bhiodh ann eadar bannan airson luchd-còmhnaidh làithreach agus bannan airson daoine a bhiodh a' gluasad (no a' tilleadh) do na h-eileanan.

9.8 A bharrachd air seo, dh'fhaighnich luchd-freagairt (eileanach) gu tric ciamar a bhiodh co-dhùnaidhean air an dèanamh mu bhith a' riarachadh an airgid:

- Eadar diofar eileanan no buidhnean de dh'eileanan
- Eadar eileanan/sgìrean le sluagh nas lugha agus sluagh nas motha
- Eadar 'daoine òga', 'teaghlaichean' agus buidhnean eile.

10 Seirbheis comhairleachaidh dhaibhsan a tha a' gluasad do choimhearsnachdan eileanach (C7–C9)

10.1 Bheachdaich am pàipear co-chomhairleachaidh air a' phàirt a dh'fhaodadh a bhith aig seirbheis chomhairleachaidh gus taic a thoirt do dhaoine gus gluasad gu coimhearsnachdan eileanach. Chaidh a ràdh gum faodadh an t-seirbheis seo, am measg rudan eile (i) cuideachadh ann a bhith a' comharrachadh sheirbheisean is taic ionadail, (ii) a' toirt seachad fios mu chlubaidhean is buidhnean ionadail, (iii) roghainnean còmhdaidh is siubhail a mhìneachadh, agus (iv) cuideam a chur air cho cudromach 's a tha cultar, coimhearsnachd, agus eachdraidh ionadail.

10.2 Chaidh iarraidh air luchd-freagairt am beachdan a thoirt seachad mun fheum air a leithid de sheirbheis, a h-adhbhar agus a dreuchd, agus cò dh'fhaodadh a bhith an sàs ann a bhith ga libhrigeadh.

Ceist 7: A bheil thu ag aontachadh gum feumadh seirbheis chomhairleachaidh a bhith ann gus taic a chumail ris an fheadhainn a tha gu bhith ag imrich gu coimhearsnachdan eileanach?

Ag aontachadh gu mòr / Ag aontachadh / Chan eil mi ag aontachadh no ag eas-aontachadh / Ag eas-aontachadh / Ag eas-aontachadh gu mòr

Ceist 8: Nad bheachd, dè am prìomh amas agus dleastanas a bu chòir a bhith aig an t-seirbheis co-chomhairleachaidh gus taic a chumail dhaibhsan a tha ag imrich gu coimhearsnachdan eileanach?

Ceist 9: Cò bu chòir a bhith an sàs ann a bhith a' libhrigeadh seirbheis co-chomhairleachaidh gus taic a chumail dhaibhsan a tha ag imrich gu coimhearsnachdan eileanach?

Feum air seirbheis comhairleachaidh (C7)

10.3 Dh'fhaighnich ceist 7 do luchd-freagairt an robh iad ag aontachadh gum feumadh seirbheis chomhairleachaidh a bhith ann gus taic a chumail ris an fheadhainn a tha gu bhith ag imrich gu coimhearsnachdan eileanach?

10.4 Tha clàr 10.1 gu h-ìosal a' sealltainn uile gu lèir gun do dh'aontaich còrr is dà thrìan den luchd-fhreagairt (70%) gum biodh feum air seirbheis comhairleachaidh – a' gabhail a-steach faisg air an dàrna leth a bha 'ag aontachadh gu mòr (46%). Ach, bha eadar-dhealachaidhean mòra ann eadar beachdan luchd-freagairt sna h-eileanan agus luchd-freagairt taobh a-muigh nan eilean. Dh'aontaich timcheall air dàrna leth luchd-freagairt nan eilean (45%) an taca ri faisg air 9 às gach 10 (88%) de dhaoine nach robh a' fuireach ann an eilean gum biodh feum air seirbheis comhairleachaidh. An coimeas ri sin, bha mu thrìan (32%) de luchd-fhreagairt nan eilean, ach dìreach 4% den luchd-fhreagairt nach robh a' fuireach ann an eilean, ag eas-aontachadh gun robh feum air seirbheis comhairleachaidh.

Clàr 10.1: C7 - A bheil thu ag aontachadh gum feumadh seirbheis chomhairleachaidh a bhith ann gus taic a chumail ris an fheadhainn a tha gu bhith ag imrich gu coimhearsnachdan eileanach?

Seòrsa neach-freagairt	Luchd-freagairt eileanach (a' gabhail a-steach buidhnean)		Luchd-freagairt taobh a-muigh nan eilean (a' gabhail a-steach buidhnean)		An luchd-freagairt uile (daoine fa leth agus buidhnean)	
Roinnean-seòrsa nam freagairtean	Àireamh	Ceudad	Àireamh	Ceudad	Àireamh	Ceudad
Ag aontachadh gu mòr	164	24%	584	61%	748	46%
Ag aontachadh	143	21%	255	27%	398	24%
Ag eas-aontachadh	88	13%	17	2%	105	6%
Ag eas-aontachadh gu mòr	131	19%	15	2%	146	9%
Gun aonta no eas-aonta	149	22%	87	9%	236	14%
Iomlan, Eileanaich	675	100%	958	100%	1,633	100%

10.5 Dh'iarr Ceistean 8 agus 9 an uair sin beachdan an luchd-freagairt air prìomh adhbhar agus dleastanas seirbheis chomhairleachaidh, agus cò bu chòir a bhith an sàs ann a bhith a' libhrigeadh seirbheis den leithid.

10.6 Tha na prìomh earrannan gu h-ìosal a' taisbeanadh bheachdan luchd-freagairt air gach ceist às dèidh sin. Tha seo gu ìre mhòr stèidhichte air beachdan an fheadhainn a dh'aontaich (no a dh'aontaich gu mòr) gun robh feum air seirbheis chomhairleachaidh. Ach, chuir cuid den luchd-freagairt a thagh 'ag eas-aontachadh', 'ag eas-aontachadh gu mòr' no 'chan eilear ag aontachadh no ag eas-aontachadh' aig Ceist 7 na beachdan air adhart a dh'aindeoin sin air dleastanas agus libhrigeadh seirbheis mar sin, mas e is gun rachadh a stèidheachadh, agus bha beachdan aig an luchd-freagairt cuideachd sin air an gabhail a-steach far an robh sin iomchaidh.

10.7 Tha geàrr-chunntas air beachdan an fheadhainn a mhìnich carson nach robh iad ag aontachadh gun robh feum air seirbheis chomhairleachaidh ann an earrann air leth. Tha an earrann seo a' tarraing air beachdan bhon fheadhainn a thagh 'eas-aontachadh' (no 'ag eas-aontachadh gu mòr') no 'chan eil mi ag aontachadh no ag eas-aontachadh' aig Ceist 7.

Prìomh adhbhar agus dleastanas seirbheis chomhairleachaidh (C8)

10.8 Dh'fhaighnich Ceist 8 do luchd-freagairt dè am prìomh adhbhar agus àite a bhiodh aig seirbheis chomhairleachaidh ann a bhith a' toirt taic do dhaoine gus gluasad gu coimhearsnachdan eileanach.

10.9 Mhol luchd-freagairt raon farsaing de dhleastanasan airson na seirbheis. Nam measg bha:

- A' toirt seachad fiosrachadh air cò ris a tha beatha eileanach coltach an da-rìribh agus dè na dùbhlain a tha ann
- A' toirt seachad fiosrachadh agus stiùireadh air eachdraidh ionadail, cultar (a' gabhail a-steach cànan) agus dòigh-beatha

- A' cuideachadh in-imrich gus gabhail ri beatha eileanach agus gus fàs nam ball den choimhearsnachd, agus a' toirt seachad taic shòisealta, fhaireachail agus shochairan
- A' toirt seachad fiosrachadh practaigeach agus comhairle mu sheirbheisean is goireasan ionadail, siubhal, luchd-ciùird, is msaa.
- A' toirt comhairle air roghainnean taigheadais, ceannach thaighean is thogalaichean agus togail, a' gabhail a-steach comhairleachadh air cùisean laghail, agus riaghailtean dealbhaidh is smachd togail
- A' cuideachadh luchd-faighinn gus dèiligeadh ri biùocrasaidh ionadail
- A' toirt seachad taic is comhairle gnìomhachais, a' toirt seachad comhairle mu chosnadh agus a' cuideachadh dhaoine gus obair a lorg
- A bhith mar eadar-aghaidh eadar daoine a tha air ùr thighinn agus eileanaich, a' riaghladh na dàimh agus a' freagairt (no a' cur casg air) còmhstri.
- A' toirt seachad comhairle is fiosrachadh ro-làimh, a' cuideachadh dhaoine gus an t-eilean ceart a thaghadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil tuigse reusanta aca air beatha eileanach agus gu bheil iad làn ullaichte air a son, agus a' cuideachadh dhaoine gus co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh mu bhith ag imrich – bha mòran den luchd-fhreagairt a' faicinn seo mar phrìomh dhleastanas, luchd-freagairt nan eilean gu sònraichte .

10.10 Bha tòrr sa chumantas ann am beachdan luchd-freagairt eileanach agus neo-eileanach a thaobh prìomh adhbhar agus dreuchdan seirbheis comhairleachaidh. Ach, bha beagan eadar-dhealachaidh anns a' chuideam a thug diofar sheòrsaichean luchd-freagairt seachad air diofar adhbharan agus dreuchdan. Mar eisimpleir, bha luchd-freagairt eileanach gu sònraichte dualtach cuideam a chur air cho cudromach 's a bha adhbharan agus dreuchdan co-cheangailte ri beatha is cultar eileanach, amalachadh coimhearsnachd, agus comhairle is fiosrachadh ro-ghluasaid, agus bha luchd-freagairt neo-eileanach gu sònraichte buailteach cuideam a chur air adhbharan agus dreuchdan le stèidh nas practaigiche co-cheangailte ri taigheadas, cosnadh agus ruigsinneachd air seirbheisean is goireasan is msaa.

10.11 Mhol cuid de luchd-freagairt gum bu chòir dreuchdan agus adhbharan a bhith aig an t-seirbheis a bha a' dol nas fhaide na comhairle agus cuideachadh. Mar eisimpleir, bha molaidhean ann gum bu chòir dhan t-seirbheis a bhith an sàs ann an (no cunntachail airson) taobhan eile de ruith an sgeama leithid a bhith ag aithneachadh feumalachdan eileanach airson in-imrich, a' taghadh luchd-faighinn nam bannan, agus a' cumail sùil air gèilleadh ri cumhachan an tabhartais.

10.12 Bha mòran de na beachdan a' cuimseachadh air na feumalachdan comhairle agus taic a tha aig an fheadhainn a tha a' dèanamh imrich do na h-eileanan. Ach, thuirt cuid de luchd-freagairt (luchd-freagairt nan eilean gu sònraichte) gu soilleir gun robh iad den bheachd gum bu chòir seirbheis comhairle a bhith a' frithealadh air luchd-còmhnaidh a làithreach nan eilean, a' gabhail a-steach daoine nach d' fhuair bannan.

10.13 A thaobh mar a dh'fhaodadh seirbheis comhairle a dleastanas a choileanadh, mhol luchd-freagairt dòighean obrachaidh eadar-dhealaichte dhan t-seirbheis. Bha cuid an dùil

seirbheis fìor phractaigeach a bheireadh comhairle agus taic dhìreach do luchd-faighinn nam bannan. Mhol luchd-freagairt raon farsaing de ghnìomhachdan a' gabhail a-steach cuideachadh le gluasad agus a' dèanamh dachaigh; a' cur buidhnean lìonraidh agus sgeamaichean càirdeas no comhairleachaidh air dòigh; ruith chùrsaichean (cùrsaichean cànan is treòrachaidh, cùrsaichean practaigeach); cuideachadh gus cothrom fhaighinn air seirbheisean; a' toirt seachad comhairle air togalaichean is talamh agus gnìomhachais; agus a' tabhann taic choitcheann aghaidh-ri-aghaidh). Bha cuid eile, ge-tà, a' faicinn seo mar sheirbheis a bhiodh a' stiùireadh dhaoine do bhuidhnean iomchaidh no a chuireadh fòcas air a bhith ag ullachadh no a' cruinneachadh fiosrachadh ionadail – chaidh iomradh a thoirt air goireasan stèidhichte air an lìon, pasganan fàilte agus leabhraichean. A bharrachd air sin, bha cuid an dùil ri seirbheis phearsanta le oifisean eileanach, ach mhol cuid eile gum faodadh an t-seirbheis a bhith gu ìre mhòr (no gu tur) stèidhichte air an eadar-lìon.

10.14 Bha beachd cumanta ann cuideachd gum bu chòir dleastanasan agus cruth seirbheis comhairleachaidh a bhith air a dhealbhadh a rèir suidheachaidhean ionadail. Thuirte luchd-freagairt gu tric gum feumadh an t-seirbheis a bhith air a suidheachadh air eileanan fa leth gus seirbheis a tha dha-rìribh ionadail a thoirt seachad.

A' libhrigeadh seirbheis comhairleachaidh (C9)

10.15 Dh'fhaighnich Ceist 9 do luchd-freagairt cò bha iad a' smaoinichadh a bu chòir a bhith an sàs ann an libhrigeadh seirbheis comhairleachaidh.

10.16 B' e am beachd a bu chumanta – gu sònraichte, ach chan ann a-mhàin, am measg luchd-freagairt nan eilean – gum bu chòir luchd-còmhnaidh nan eilean a bhith an sàs ann an libhrigeadh seirbheis den leithid. Ach, cha robh an t-aon mhìneachadh air 'luchd-còmhnaidh eileanach' no 'muinntir an àite' daonnan aig luchd-freagairt. Bha cuid ga chleachdadh airson daoine a rugadh san eilean no a bha air a bhith fuireach ann fad iomadh bliadhna; thuirte cuid eile gu sònraichte gum biodh e feumail luchd-tilleadh no in-imrich (no luchd-faighinn bannan) a ghabhail a-steach leis gum biodh eòlas pearsanta aig na daoine sin air na cùisean a bhiodh mu choinneamh dhaoine a bhiodh a' gluasad gu (no a' tilleadh gu) eilean na h-Alba.

10.17 Gu tric mhol luchd-freagairt seòrsaichean sònraichte de dhaoine a bu chòir a bhith an sàs ann a bhith a' libhrigeadh na seirbheis – mar eisimpleir, daoine de dhìofar aoisean, eòlasan, inbhe cosnadh, stiùirichean coimhearsnachd ionadail agus riochdairean taghte. Chuir cuid eile cuideam air cho cudromach 's a tha iomadachd. Bha e cumanta cuideachd gum biodh luchd-freagairt ag ràdh gum bu chòir gum biodh eòlas aig an fheadhainn a bha an sàs ann mun eilean agus a eachdraidh agus a chultar – bha cuid ag iarraidh gum biodh luchd-labhairt na Gàidhlig ann.

10.18 Do chuid, bha com-pàirt muinntir an àite ceangailte ris na prìomh adhbharan a chaidh a chomharrachadh airson na seirbheis comhairleachaidh gus fiosrachadh a thoirt do dhaoine mu fhìor bheatha eileanach agus gus taic a thoirt do dh'amalachadh sa choimhearsnachd. Ach, thuirte cuid eile cuideachd gun cuidicheadh an dòigh-obrach seo le bhith a' dèiligeadh ri còmhstri agus draghan am measg an t-sluaigh ionadail.

10.19 Bha luchd-freagairt cuideachd an dùil gum biodh muinntir an àite an sàs ann an dìofar dhòighean. Bha cuid a' faicinn seo mar obair neo-fhoirmeil no shaor-thoileach, agus

bha cuid eile den bheachd gun robh e cudromach gur e dreuchd phàighte a bha seo – leis an t-seirbheis chomhairleachaidh air fhaicinn mar dhòigh air obraichean a thoirt do choimhearsnachdan eileanach.

10.20 Mhol luchd-freagairt raon farsaing de bhuidhnean ionadail agus nàiseanta a dh'fhaodadh (no a bu chòir) pàirt a ghabhail ann an seirbheis comhairleachaidh. Nam measg bha:

- Seirbheisean poblach ionadail agus buidhnean reachdail a' gabhail a-steach ùghdarrasan ionadail, bùird-slàinte, com-pàirteachasan planaigh coimhearsnachd, com-pàirteachasan slàinte is cùram sòisealta, seirbheisean ionadail fa leth (m.e. foghlam, taigheadas, dealbhadh/smachd togail), agus buidhnean is ionadan sònraichte leithid Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Business Gateway, Coimisean na Croitearachd, agus Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean
- Riaghaltas nàiseanta a' gabhail a-steach Riaghaltas na h-Alba (a' gabhail a-steach Sgioba nan Eilean agus Buidheann-stiùiridh Pàighidhean is Sgrùdaidhean Dùthchail), Riaghaltas na RA agus roinnean agus buidhnean riaghaltais sònraichte (m. e. Oifis na Dùthcha agus Roinn na h-Obrach is Pheinnseanan) – mhol iadsan a bha den bheachd gum faodadh luchd-faighinn bannan tighinn bho thaobh a-muigh na RA uaireannan gum faodadh riochdairean bho riaghaltasan thall thairis a bhith an sàs ann gus cuideachadh le in-imrich agus eadar-ghluasadan
- Buidhnean agus comainn ionadail a' gabhail a-steach comhairlean coimhearsnachd agus urrasan leasachaidh, buidhnean saor-thoileach, buidhnean sòisealta, agus clubaichean
- Gnìomhachasan agus buidhnean gnìomhachais ionadail le iomradh sònraichte air an fheadhainn bho roinnean turasachd, aoigheachd, toglaichean is talamh, togail agus còmhdhail.

10.21 Chomharraich luchd-freagairt – gu sònraichte luchd-freagairt nan eilean – uaireannan gun robh raon de bhuidhnean (an dà chuid reachdail agus neo-reachdail) aig an robh sgilean agus eòlas iomchaidh san raon seo mar-thà air an gabhadh togail air no aig an robh bun-structar an sàs mar-thà a ghabhadh a chleachdadh gus seirbheis chomhairleachaidh a libhrigeadh.

10.22 Bho àm gu àm, rinn luchd-freagairt an argamaid gur e dleastanas do bhuidheann neo-eisimeileach, air an taobh a-muigh, no ùr, a bha seo agus chan ann do neach ionadail no buidheann a bha ann mar-thà – bha cuid de luchd-freagairt gu sònraichte an aghaidh an riaghaltais sa mheadhan a bhith a' gabhail pàirt, is bha cuid eile an aghaidh ùghdarrasan ionadail a bhith an sàs ann.

10.23 Còmhla ris an fheadhainn a bha den bheachd gum bu chòir do na coimhearsnachdan ionadail no buidhnean sònraichte a bhith an sàs ann, chuir cuid de luchd-freagairt fòcas air an eòlas a bu chòir a bhith air a riochdachadh san t-seirbheis chomhairleachaidh. Bha na molaidhean an seo farsaing (mar a bha na foincseanan farsaing a bhathar an dùil airson na seirbheis) agus mar as trice bha:

- Proifeiseantaich slàinte is sunnd leithid luchd-obrach sòisealta agus saidhg-eòlaichean
- Eòlaichean agus comhairlichean laghail, ionmhais, seilbh is dealbhaidh, comhairlichean taigheadais, comhairlichean gnìomhachais, comhairlichean cosnaidh
- Daoine a dh'fhaodadh comhairle a thoirt seachad air tuathanachas/àiteachas/croitearachd, agus cùisean àrainneachd agus seasmhachd
- Eadar-theangairean agus tidsearan cànan
- Eadar-mheadhanairean / luchd-cuideachaidh / luchd-obrach coimhearsnachd.

10.24 Ach, am measg an luchd-freagairt uile, bha beachd farsaing ann gum bu chòir seirbheis comhairle sam bith a bhith na h-ionairt cho-obrachail a' gabhail a-steach an dà chuid buidhnean sa mheadhan is gu h-ionadail agus coimhearsnachdan ionadail ann an diofar shuidheachaidhean. Gu sònraichte, bha an fheadhainn a bha an dùil gum biodh an t-seirbheis air a toirt seachad le coimhearsnachdan no buidhnean ionadail a dh'aindeoin sin gu tric ag ràdh gum bu chòir seo a bhith air a mhaoineachadh leis an riaghaltas, agus/no gum bu chòir dhan riaghaltas stiùireadh, bun-structar buidhne, seirbheisean taice agus/no beachdan eòlaichean a thoirt seachad.

Beachdan aig an fheadhainn nach robh ag aontachadh gun robh feum air seirbheis comhairleachaidh

10.25 Mar a chaidh a chomharrachadh gu h-àrd, bha an fheadhainn a thug beachd seachad aig Ceist 8 agus 9 a' gabhail a-steach luchd-freagairt nach robh ag aontachadh le – no a bha a' ceasnachadh – gun robh feum air seirbheis comhairleachaidh. Bha a' bhuidheann seo de luchd-freagairt (a' gabhail a-steach an fheadhainn a fhreagair 'ag eas-aontachadh' agus 'ag eas-aontaich gu làidir' aig Ceist 7, agus cuideachd chuir cuid den fheadhainn a fhreagair 'chan eil mi ag aontachadh no ag eas-aontachadh') gus mìneachadh carson a bha iad den bheachd nach robh feum air seirbheis comhairleachaidh. Bha luchd-freagairt nan eilean mòran na bu bhuailtiche na luchd-freagairt nach eil a' fuireach sna h-eileanan a bhith sa bhuidhinn seo (faic Clàr 10.1), ach thug an dà sheòrsa neach-freagairt an aon seòrsa beachd seachad.

10.26 Mar bu trice, bha luchd-freagairt sa bhuidhinn seo a' cur an aghaidh (no bha teagamhan aca mu dheidhinn) poileasaidh Bann nan Eilean a chaidh a mholadh. Cha robh iad airson sgeama nam Bann fhaicinn idir, no bha iad den bheachd gum bu chòir dhan sgeama fòcas a chur air a bhith a' cumail luchd-còmhnaidh a tha ann mar-thà no daoine a bha air a bhith a' fuireach anns na h-eileanan roimhe seo (no aig an robh ceanglaichean ris na h-eileanan) a thàladh, agus thuir iad nach biodh feum aig na buidhnean seo air taic bho sheirbheis comhairleachaidh.

10.27 Thug an fheadhainn a bha a' tabhann adhbharan nas susbaintiche airson a bhith ag eas-aontachadh gun robh feum air seirbheis comhairleachaidh fa-near na leanas:

- 'S e droch chleachdadh airgid no 'caitheamh airgid' a bhiodh ann an seirbheis comhairleachaidh, gu h-àraidh leis cho beag de dhaoine a gheibheadh bannan. Cha robh luchd-freagairt a' smaoinichadh gum biodh a leithid de sheirbheis na bhuannachd do choimhearsnachdan eileanach agus bha iad den bheachd gum

faodadh an t-airgead a bhith air a chleachdadh ann an dòigh na b' fheàrr gus dèiligeadh ri cùisean eile. Bha cuid a' faicinn a leithid de sheirbheis (gu h-àraidh seirbheis a bha stèidhichte sa mheadhan) mar 'biùrocrasaidh gun fheum'.

- Cha robh feum air seirbheis comhairleachaidh airson nan adhbharan co-cheangailte a leanas:
 - Bha coimhearsnachdan eileanach fàilteach agus cuideachail agus b' urrainn dhaibh comhairle sam bith a bha a dhìth air daoine ùra a thoirt seachad; a bharrachd air sin, chaidh argamaid a dhèanamh gum biodh an fheadhainn a bha a' gluasad do na h-eileanan gu mòr airson a dhol nam pàirt de na coimhearsnachdan ionadail.
 - Bu chòir dhaibhsan a tha gu bhith a' dèanamh imrich (no a' beachdachadh air seo) a bhith for-ghnìomhach ann a bhith a' dèanamh an cuid rannsachaidh fhèin agus a bhith a' sireadh taic. Bha seo air fhaicinn mar chomharra gun robh iad dealasach a thaobh a' phròiseict aca gus imrich a dhèanamh. A bharrachd air sin, chaidh a ràdh gur dòcha nach biodh duine sam bith a dh'fheumadh taic seirbheis comhairleachaidh a' freagairt air beatha eileanach co-dhiù, agus nach dèanadh an t-seirbheis comhairleachaidh diofar san ùine fhada ann an suidheachaidhean mar sin.
 - Chan eil gluasad gu eilean uamhasach eadar-dhealaichte bho bhith a' gluasad gu àite sam bith eile – bidh mòran dhaoine ag imrich gun taic bho sheirbheis comhairleachaidh.
 - Tha farsaingeachd de dh'fhiosrachadh agus de thaic ri fhaighinn mar-thà. Dh'ainmich luchd-freagairt buidhnean reachdail agus neo-reachdail a tha ag obair san raon seo mar-thà; agus chomharraich cuid eile gu bheil làraichean-lìn agus goireasan meadhanan sòisealta rim faighinn.

10.28 Rinn cuid de luchd-freagairt (luchd-freagairt nan eilean, gu sònraichte) an argamaid cuideachd gun robh seirbheis comhairleachaidh na bharrail chlaoin no gum faodadh i fiù 's a bhith mì-chuideachail. Mar eisimpleir, thuirt luchd-freagairt:

- Cha robh buidheann sa mheadhan air a stiùireadh leis an riaghaltas iomchaidh leis gu robh na h-eileanan uile eadar-dhealaichte agus gum biodh feumalachdan eadar-dhealaichte aig luchd-imrich a thaobh taic is cuideachadh.
- Cha b' urrainn do sheirbheis comhairleachaidh aghaidh a chur air na dùbhlain mhòra a tha mu choinneamh beatha eileanach.
- Dh'fhaodte gum bi seirbheis comhairleachaidh air fhaicinn mar nì 'oifigeil' agus neo-fhàilteachail agus dh'fhaodadh sin bacadh a chur air 'fìor' amalachadh; dh'fhaodadh daoine a bhith den bheachd gun robh e a' dèanamh dìmeas air in-imrich agus eileanaich, gun cuireadh e ris a' bheachd gu bheil coimhearsnachdan eileanach glè dhiofraichte, agus dh'fhaodadh e cur ri còmhstri eadar an fheadhainn a gheibh taic ionmhais agus comhairle, agus an fheadhainn nach fhaigh.

10.29 Ach, thug cuid de luchd-freagairt sa bhuidhinn seo beachdan brìoghmhor seachad air dleastanas seirbheis comhairleachaidh agus mar a dh'fhaodar a lìbhrigeadh, ma thèid an leithid a stèidheachadh. B' e na prìomh bheachdan gum bu chòir dhan t-seirbheis (i) a bhith

air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd agus air a libhrigeadh le buidhnean no daoine ionadail, (ii) gum bu chòir fòcas a bhith air a bhith a' toirt seachad fiosrachadh agus comhairle gus daoine a chuideachadh gus co-dhùnadh fiosraichte a dhèanamh mu bhith a' gluasad, (iii) a bhith cuibhrichte a thaobh raon-ùghdarrais agus a' toirt seachad taic cùl-fhiosrachaidh, aig ìre ìosal, fad geàrr-ùine no air-loidhne a-mhàin, (iv) a bhith a' seachnadh dùblachadh le, agus a bhith a' togail air tobraichean fiosrachaidh is comhairle a th' ann mar-thà, agus (v) a bhith ri fhaotainn do luchd-còmhnaidh a th' ann mar-thà a bharrachd air daoine a tha air ùr thighinn.

Beachdan eile

10.30 Am measg gach seòrsa de luchd-freagairt bha beachd ann nach gabhadh beachdachadh gu ceart air adhbhar agus modh libhrigidh airson seirbheis comhairleachaidh gus am biodh mion-fhiosrachadh mu sgeama Bann nan Eilean fhèin agus dleastanas na seirbheis comhairleachaidh nas soilleire.

10.31 Mu dheireadh, thuir cuid de bhuidhnean agus comainn gun robh iad airson a bhith an sàs ann an libhrigeadh seirbheis comhairleachaidh – bha seo a' gabhail a-steach feadhainn aig an robh teagamhan mu Bhann nan Eilean no mun t-seirbheis chomhairleachaidh, ach a dh'aindeoin sin bha iad airson a bhith an sàs nan rachadh an iomairt air adhart.

11 Buaidhean Co-ionannachd a' Bhanna (C10)

11.1 Chaidh faighneachd dhan luchd-fhreagairt mun bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig sgeama Bann nan Eilean air daoine le feartan dìonta (mar a tha air am mìneachadh ann an Achd na Co-ionannachd 2010).¹⁰B' e ceist dhùinte a bha seo far an d' fhuair luchd-freagairt còig roghainnean – bho 'glè fhàbharach' gu 'glè mhi-fhàbharach' – agus chaidh iarraidh orra tè a thaghadh. Bha àite airson beachdan ann às dèidh na ceist dùinte seo. Tha a' chaibideil seo a' taisbeanadh nan toraidhean agus mion-sgrùdadh air na beachdan a chaidh a thoirt seachad.

Ceist 10: Ma tha thu nad neach fa leth le eòlas beatha air, no nur buidheann le eòlas air, dùbhlain co-cheangailte ri feartan dìonte, dè cho math 's a dh'fhaodadh buaidh Bann nan Eilean a bhith?

[Fìor dheagh bhuidh / Deagh bhuidh / Gun deagh bhuidh no droch bhuidh / Droch bhuidh / Fìor dhroch bhuidh]

11.2 Thoir an aire gun robh a' cheist seo gu sònraichte ag amas air daoine fa leth aig an robh eòlas beatha air dùbhlain co-cheangailte ris na feartan dìonte aca fhèin, agus do bhuidhnean a tha ag obair leis na buidhnean sin. Ach, cha robh ach glè bheag de luchd-freagairt gan comharrachadh fhèin san dòigh seo, agus leis nach robh e comasach co-dhùnadh a dhèanamh an robh feartan dìonte sònraichte aig luchd-freagairt gus nach robh,

¹⁰Thoir an aire gun robh ceist fhosgailte rud beagan eadar-dhealaichte air a' cheisteachan far-loidhne mar a leanas: Ciamar a dh'fhaodadh am Bann Eileanach buaidh a thoirt orrasan air a bheil feartan dìonta? Tha am mion-sgrùdadh an seo stèidhichte air a' cheisteachan air-loidhne a chleachd a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt.

tha an anailis seo stèidhichte air na freagairtean **uile** a fhuair eadh – an dà chuid bho luchd-freagairt eileanach agus luchd-freagairt neo-eileanach, agus bho dhaoine fa leth agus bho bhuidhnean.

11.3 Tha Clàr 11.1 gu h-ìosal a’ sealltainn, gu h-iomlan, gun robh 64% den luchd-fhreagairt den bheachd gum biodh deagh bhuaidh aig Bann nan Eilean air daoine le feartan dìonta, a’ gabhail a-steach 41% a bha den bheachd gum biodh buaidh fìor mhath aige. Ach, bha beachdan luchd-freagairt eileanach agus luchd-freagairt neo-eileanach eadar-dhealaichte. Bha sealladh mòran na b’ fhàbharaiche aig daoine nach robh a’ fuireach sna h-eileanan air a’ bhuaidh na bha aig daoine a bha a’ fuireach sna h-eileanan. Gu dearbh, thuir 81% de dhaoine nach eil a’ fuireach ann an eileanan gum biodh deagh bhuaidh aig an sgeama, an taca ri 40% de dh’eileanaich. Agus mar an ceudna, bha dìreach 3% de dhaoine nach robh a’ fuireach sna h-eileanan den bheachd gun toireadh an sgeama droch bhuaidh - an taca ri 19% de dh’eileanaich.

Clàr 11.1: C10 - Ciamar a dh’fhaodadh am Bann Eileanach buaidh a thoirt orrasan air a bheil feartan dìonta?

Àite-fuirich	Luchd-freagairt eileanach (a’ gabhail a-steach buidhnean)		Luchd-freagairt taobh a-muigh nan eilean (a’ gabhail a-steach buidhnean)		Iomlan	
	Àireamh	Ceudad	Àireamh	Ceudad	Àireamh	Ceudad
Roinnean-seòrsa nam freagairtean						
Fìor dheagh bhuaidh	119	22%	395	55%	514	41%
Deagh bhuaidh	98	18%	187	26%	285	23%
Droch bhuaidh	53	10%	8	1%	61	5%
Fìor dhroch bhuaidh	52	9%	13	2%	65	5%
Gun deagh bhuaidh no droch bhuaidh	230	42%	111	16%	341	27%
Iomlan	552	100%	714	100%	1,266	100%

Dh’fhaodte nach dèan na figearan uile 100% mar thoradh air cruinneachadh.

11.4 Tha beachdan aig a’ cheist seo a’ nochdadh mì-chinnt – gu sònraichte am measg dhaoine fa leth (nas lugha am measg bhuidhnean) – mu na bha a’ cheist seo a’ faighneachd. Bheachdaich mòran den luchd-freagairt fa leth air na bha iad a’ faicinn mar a’ bhuaidh a dh’fhaodadh a bhith aig sgeama Bann nan Eilean san fharsaingeachd, seach a’ bhuaidh air daoine le feartan dìonta annta fhèin. Chaidh coimhead air na beachdan sin ann an Caibideil 5. Tha an deasbad gu h-ìosal a’ cur fòcas air na beachdan a chaidh a chur an cèill mun bhuaidh a dh’fhaodadh a bhith aig Bann nan Eilean air daoine le feartan dìonta. Ach, tha an troimh-chèile a thaobh na ceist seo a’ sealltainn gum bu chòir dèiligeadh gu faiceallach ris na figearan sa chlàr gu h-àrd.

11.5 Tha na fo-earrannan a leanas a’ mìneachadh beachdan luchd-freagairt mun bhuaidh a dh’fhaodadh a bhith air daoine fa leth le feartan dìonta sònraichte a **dh’fhaodadh bann fhaighinn**. Thoir an aire gun robh cuid den luchd-fhreagairt a’ beachdachadh chan ann a-mhàin air a’ bhuaidh dhìreach a bhiodh aig na bannan air daoine le feartan dìonta, ach cuideachd air a’ bhuaidh neo-dhìreach air na daoine sin – mar eisimpleir, mar thoradh air na bacaidhean an lùib beatha eileanach. Tha beachdan eile, nas fharsainge, mun bhuaidh a dh’fhaodadh a bhith aig Bann nan Eilean air co-ionannachd

agus iomadachd choimhearsnachdan eileanach air an deasbad aig deireadh na caibideil seo.

Aois

11.6 B' e am beachd a bu chumanta a chaidh a chur an cèill ann am beachdan gum biodh sgeama sam bith a bhiodh a' cuimseachadh air daoine òga agus teaghlaichean (mar a chaidh a chomharrachadh sa phàipear co-chomhairleachaidh) a' dèanamh leth-bhreith an aghaidh seann daoine. Bha am beachd seo aig luchd-freagairt de gach seòrsa, co-dhiù bha iad air innse (aig a' cheist dhùinte) gum biodh an sgeama a' toirt seachad deagh bhuidhean no droch bhuidhean, no nach biodh an dàrna cuid deagh bhuidhean no droch bhuidhean air daoine le feartan dìonnte. Thuir luchd-freagairt a bha den bheachd gum biodh a' mhòr-chuid de na buidhean math gu tric ag ràdh gum biodh 'buidhean eadar-dhealaichte aig an sgeama air daoine fa leth a rèir an aois' – seach a bhith ag ràdh gun dèanadh e leth-bhreith air buidhean aoise sònraichte.

11.7 Thuir cuid den luchd-freagairt gun robh iad nan daoine òga, mar phàirt de chàraid òg, no mar inbhich òga le clann òga. Thuir an luchd-fhreagairt seo (agus eile) gum biodh deagh bhuidhean aig an sgeama leis gun cuidicheadh e eileanaich òga tilleadh dhachaigh neo fuireach anns na h-eileanan gun a bhith aca fàgail gus obair a lorg. Am measg deagh bhuidhean air daoine òga, bha (i) a bhith gan cuideachadh airson a dhol air "fàradh an taigheadais", (ii) a' toirt barrachd tèarainteachd ionmhais dhaibh, agus (iii) a' toirt seachad barrachd chothroman cosnaidh.

11.8 Thuir cuid den luchd-freagairt gun robh e coltach gum fàilligeadh sgeama le fòcas air daoine òga (agus teaghlaichean òga) do na daoine sin air sgàth gainnead chothroman obrach le tuarastal math anns na h-eileanan.

Ciorram

11.9 A thaobh ciorram, chomharraich beagan luchd-freagairt iad fhèin mar dhaoine le ciorraman no feumalachdan taic a bharrachd, no mar phàrantan aig pàiste le ciorram no feumalachdan taic a bharrachd. Thuir an fheadhainn a bha den bheachd gum biodh deagh bhuidhean air daoine air a bheil ciorram gun cuidicheadh sgeama nam Bannan daoine fa leth agus teaghlaichean gus na taighean a th' ann mar-thà atharrachadh gus am biodh iad nas ruigsinniche. Bha cuid den bheachd gum biodh roghainnean àite-còmhnaidh na b' fheàrr agus goireasan eile ann do dhaoine air a bheil ciorram mar thoradh air an sgeama, a' toirt cothrom do bharrachd dhaoine fuireach gu neo-eisimeileach agus gus cur ri coimhearsnachdan eileanach. Corra uair, thuir luchd-freagairt gun toireadh an sgeama cothrom do dhaoine le ciorraman sònraichte (m.e. ciorraman slàinte-inntinn) air àrainneachd a bha gu sònraichte cuideachail a thaobh sunnd.

11.10 Thuir cuid den luchd-fhreagairt gum faodadh sgeama Bannan nan Eilean droch bhuidhean **neo-dhìreach** a thoirt air daoine air an robh ciorram a dh'fhaodadh bann fhaighinn. Thuir a' bhuidheann seo gum biodh gainnead sheirbheisean agus droch ruigsinneachd air goireasan (mar eisimpleir, aiseagan agus togalaichean poblach) ann an àiteachan eileanach gu math dùbhlach do daoine le ciorraman corporra a tha a' fuireach ann an iomadh coimhearsnachd eileanach. Thuir cuid den luchd-fhreagairt a chomharraich gun robh ciorram orra cuideachd nach robh mòran taic no cuideachadh ann an

coimhearsnachdan eileanach do dhaoine air a bheil ciorram, agus gun robh ‘mòran claon-bhreith’ ann.

Gnè, taobhadh fèise, inbhe thar-ghnèitheach

11.11 A thaobh gnè agus taobhadh feise, chomharraich luchd-freagairt an dà chuid buaidhean a dh’fhaodadh a bhith buannachdail, agus droch bhuidhean **neo-dhìreach**. Thuir cuid eile nach robh eileanaich daonna deònach taic a thoirt do dhaoine gèidh no dà-sheòrsach, no do bhoireannaich shingilte nach d’ rugadh ann an coimhearsnachd tuathanachais eileanach. Bha an luchd-freagairt seo den bheachd gun toireadh buileachadh bann do neach (no do dhaoine) leis na feartan dìonte sin barrachd tèarainteachd ionmhais agus neo-eisimeileachd do na buidhnean sin, agus gun toireadh e saorsa dhaibh gus na h-amasan beatha aca a choileanadh.

11.12 Am measg an fheadhainn a bha den bheachd gun toireadh an sgeama droch bhuidhe air na buidhnean sin, bha beachdan ann gum faodadh leth-bhreith no nàimhdeas a bhith ann do dhaoine cho-sheòrsach, dà-ghnèitheach agus tar-ghnèitheach ann an cuid de choimhearsnachdan eileanach far nach eil creideamhan a tha bitheanta a’ gabhail ri cuid de dhòighean-beatha no diofar thuigse air gnè agus taobhadh-feise.

Creideamh agus feallsanachd

11.13 A thaobh creideamh agus feallsanachd, thuir cuid gum faodadh an sgeama droch bhuidhe neo-dhìreach a thoirt air daoine de dhiofar chreideamhan. Mar eisimpleir, chomharraich an luchd-freagairt seo gainnead nan roghainnean ann am bùithtean-bìdh sna h-eileanan ionadail agus gainnead iomadachd a thaobh àiteachan adhradh, a dh’fhaodadh a dhèanamh doirbh do dhaoine aig a bheil creideamh seach Crìosdaidheachd (no Pròstanachd) fuireach anns na h-eileanan ma gheibh iad bann. Bha beachd ann cuideachd (bho chuid de luchd-còmhnaidh eileanach le eòlas air a’ chuspair seo) gu bheil nàimhdeas uaireannan bho thuathanaich eileanach do daoine aig a bheil daithead glasraicheach/vegan stèidhichte air prionnsapalan eiticeil mar thoradh air an dòigh-beatha/beachdan aca.

Leatromachd agus màthaireachd

11.14 A thaobh torrachas agus màthaireachd, chaidh a ràdh gum biodh deagh bhuidhe air bannan le bhith a’ toirt theaghlaichean òga do na h-eileanan. Bhiodh lìonra sòisealta nas motha ann an uair sin do mhàthraichean eile le clann bheaga ann an coimhearsnachdan eileanach – mar sin a’ lùghdachadh aonaranachd am measg na buidhne seo.

11.15 Ach, thuir luchd-freagairt a chomharraich droch bhuidhean nach robh cothrom ann an-dràsta air cùram ro-bhreith agus màthaireil ann an coimhearsnachdan eileanach a’ ciallachadh gu bheil boireannaich a tha trom le leanabh gu tric a’ siubhal astaran mòra air an cosgais fhèin gus cothrom fhaighinn air seirbheisean. Thuir a’ bhuidheann seo gum biodh gainnead sheirbheisean màthaireil na adhbhar dragh do mhòran dhaoine a bhiodh a’ gluasad do na h-eileanan gus teaghlach a bhith aca (no a leudachadh).

Cinneadh

11.16 A thaobh cinneadh, is e glè bheag de luchd-freagairt a chomharraich deagh no droch bhuidhe aig sgeama nam Bannan. Chuir an fheadhainn a bha den bheachd gum biodh deagh bhuidhe ann am beachd coitcheann air adhart gu bheil mòran choimhearsnachdan

eileanach a' cur fàilte air daoine bhon taobh a-muigh. Ach, bha e na bu chumanta do luchd-freagairt a bhith a' beachdachadh air claon-bhreith a thaobh cinneadh (a bha iad an dùil a bha ann) ann an cuid de dh'eileanan, rud a bha iad a' creidsinn a dhèanadh e doirbh do dhaoine de dhiofar chinnidhean a dhol a-steach do na coimhearsnachdan sin.

Ana-cothrom sòisio-eaconamach

11.17 Mu dheireadh, ged nach eil bochdainn shòisio-eaconamach air a chomharrachadh mar fheart dìonta fo Achd na Co-ionannachd 2010, bheachdaich cuid de luchd-freagairt air an deagh bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aig an sgeama seo air daoine le teachd-a-steach nas isle, ag ràdh gun toireadh tabhartas bonn toiseach ùr agus cothrom air dòigh-beatha air leth nan eilean do dhaoine fo ana-cothrom.

Puingean coitcheann eile

11.18 Bha luchd-freagairt gu tric a' deasbad, a' ceasnachadh agus/no a' togail dhraghan mun bheachd gum faodadh ion-roghnachd airson duais Bann a bhith a' crochadh air na feartan dìonta aig daoine. Chaidh beachdan nas fharsainge air cò bu chòir a bhith airidh air duais a dheasbad ann an Caibideilean 6 agus 7.

11.19 Bheachdaich cuid den luchd-fhreagairt air a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aig a' Bhann air na coimhearsnachdan ionadail far am faodadh daoine fa leth a gheibh bannan gluasad a-steach. Mar eisimpleir, thug cuid beachdan coitcheann seachad mun bhuidhe a th' aig sgeama Bann nan Eilean air iomadachd choimhearsnachdan eileanach. Am measg an fheadhainn a bha den bheachd gum biodh deagh bhuidhe (no fìor dheagh bhuidhe) aig an sgeama air daoine le feartan dìonta, thuirtear cuid gun cuidicheadh an sgeama le bhith ag adhartachadh iomadachd ann an coimhearsnachdan a bha air am faicinn mar choimhearsnachdan le sluaighean caran coltach ri chèile, agus nas sine. Bha a' bhuidheann seo den bheachd gum biodh barrachd iomadachd ann an coimhearsnachdan eileanach an uair sin, a' ciallachadh gum biodh na coimhearsnachdan sin a' fàs na b' fhosgailte nan lèirsinn, nas cruthachaile agus, aig a' cheann thall, nas toilichte.

Buidhe an sgeama air daoine le feartan dìonta a tha a' fuireach anns na h-eileanan mar-thà

11.20 Thuirtear cuid den luchd-fhreagairt gum faodadh droch bhuidhe a bhith aig daoine le feartan dìonta a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan eileanach aig an àm seo. Thuirtear a' bhuidheann seo gu bheil coimhearsnachdan eileanach a tha a' cumail ri mìneachadh teann air teagasg Crìosdail gu tric a' faicinn neo-fhulangas agus nàimhdeas am measg in-imrich a thaobh beachdan agus luachan na coimhearsnachd.

11.21 Bha moladh ann cuideachd gum faodadh droch bhuidhe a bhith ann nam biodh, mar eisimpleir, cultar na Gàidhlig air a mhìneachadh mar chinneadh. Thuirtear luchd-freagairt a thog a' cheist seo, ma bheir an sgeama prìomhachas do dhaoine aig nach eil a' Ghàidhlig agus nach eil a' fuireach ann an coimhearsnachdan eileanach an-dràsta, gum biodh e dualtach gum biodh droch bhuidhe air coimhearsnachdan Gàidhlig a tha ann mar-thà. Chaidh moladh gum bu chòir ceumannan sònraichte a bhith leabaichte san sgeama gus casg a chur air seo – mar eisimpleir, ga dhèanamh na chumha gum biodh luchd-faighinn bannan ag ionnsachadh na Gàidhlig.

12 A' tomhas buaidh a' Bhanna (C11)

12.1 Thug am pàipear co-chomhairleachaidh iomradh air cruinneachadh dàta co-cheangailte ri a bhith (i) a' cumail sùil air pròiseas tagraidh nam Bann agus (ii) tomhas buaidh nas fharsainge aig sgeama a' Bhanna. Dh'iarr ceist 11 air luchd-freagairt dòighean a mholadh (a bharrachd air an fheadhainn a tha air am mìneachadh sa phàipear co-chomhairleachaidh) airson adhartas agus buaidh an sgeama a thomhas. Tha a' chaibideil seo a' toirt seachad anailis air na molaidhean sin.

Ceist 11: A bharrachd air an fheadhainn air an tug sinn cunntas sa Phàipear Co-chomhairleachaidh, dè na dòighean eile a dh'fhaodamaid cleachdadh gus adhartas agus buaidh a' Bhanna Eileanaich a thomhas?

12.2 B' e ceist fhosgailte a bha seo, agus bu chòir a thoirt fa near san fharsaingeachd, gun robh beachdan luchd-freagairt a' cur fòcas air a' bhuidhe nas fharsainge (a dh'fhaodadh a bhith) aig na bannan a thomhas. Cha robh mòran bheachdan ann air 'slatan-tomhais adhartais' a thaobh iarrtasan airson bannan (m.e. an àireamh de bhannan a fhuaradh, ìrean tuiteam a-mach, ìrean soirbheachais, is mar sin air adhart.) B' e a' phrìomh cheist a thog an luchd-fhreagairt a thaobh seo am feum air làn chlàr a bhith ann air na tabhartasan a chaidh a thoirt seachad a thaobh suidheachadh eileanach, co-dhiù bha an duais airson daoine a bhith a' fuireach sna h-eileanan no gluasad ann, agus adhbhar sònraichte an tabhartais.

12.3 Thuirt luchd-freagairt a bha an aghaidh a bhith a' toirt a-steach Bann nan Eilean, no a bha den bheachd nach robh an t-suim a bha ri fhaotainn (£5m gu h-iomlan) gu leòr airson buaidh bhrìgheil sam bith a chruthachadh, sa chumantas nach robh iad a' cumail taic ri oidhirp sam bith gus adhartas no buaidh a thomhas.

12.4 Bha freagairtean subsainteach do Cheist 11 bho luchd-freagairt a bha den bheachd gum b' fhiach e a bhith a' tomhas bhuidhean – agus gu dearbh gun robh e cudromach – farsaing agus a' gabhail a-steach beachdan mu na leanas:

- Prionnsabalan agus beachdachaidhean coitcheann a bu chòir a bhith a' fiosrachadh na dòigh-obrach gus adhartas agus buaidh Bannan nan Eilean a thomhas
- Na modhan-obrach agus dealbhadhean rannsachaidh a b' fheàrr gus na seòrsaichean dàta a chruinneachadh a bhiodh feumail gus adhartas agus buaidh a mheasadh
- Ceumannan / comharran sònraichte a bhiodh e buannachdail agus / no cudromach a ghlacadh
- Ceistean eile.

12.5 Thathar a' coimhead orra uile fear mu seach gu h-ìosal:

Prionnsabalan agus ceistean coitcheann

12.6 Mhol luchd-freagairt gum bu chòir na prionnsabalan agus na beachdachaidhean a leanas a bhith a' fiosrachadh leasachadh dòigh-obrach gus adhartas agus buaidh Bannan nan Eilean a thomhas:

- Bu chòir do thomhasan a bhith co-cheangailte ris na slatan-tomhais airson a bhith a' riarachadh nam bannan. Mar sin, mar eisimpleir, ma tha bannan air an riarachadh gus cuideachadh le glèidheadh, tilleadh agus imrich, bu chòir do thomhasan na h-eileamaidean sònraichte sin uile a ghlacadh.
- Dh'fheumadh tomhas sam bith a dhèanamh thar ùine iomchaidh. Thuirt luchd-freagairt nach robh e coltach gum biodh buaidhean rim faicinn sa gheàrr-ùine. Cha robh seo a' ciallachadh nach bu chòir tòiseachadh air tomhas tràth. Gu dearbha, bu chòir tomhas a dhèanamh gu cunbhalach rè ùine a' mheasaidh, gus an gabh ionnsachadh no atharrachaidhean sam bith a thaobh buileachadh an sgeama a thoirt a-steach. Ach, cha b' urrainnear measadh a dhèanamh air co-dhiù, mar eisimpleir, bha an fheadhainn air fuireach sa choimhearsnachd fad 5 no 10 bliadhna.
- Dh'fheumadh tomhasan a' bhuidh a chlàradh an dà chuid air luchd-faighinn agus air daoine nach fhaigh bannan. Gu sònraichte, bhiodh e deatamach a' bhuidh air a' choimhearsnachd san fharsaingeachd sa bheil luchd-faighinn bannan a' fuireach a ghlacadh.
- Dh'fheumadh beachdachadh air an ìre cruinneachaidh (*aggregation*) iomchaidh airson tomhas sam bith air a' bhuidh. Mar eisimpleir, am biodh buaidh air a tomhas airson aon eilean, fo-bhuidheann de dh'eileanan, no airson nam buidhnean eileanach air fad? Bha an deasbad air a' phuing seo ceangailte ri beachdan air mar a bhiodh bannan air an sgaoileadh/riarachadh.
- Bidh e glè dhùbhlach buaidh sgeama Bann nan Eilean a sgaradh bhon bhuidh aig leasachaidhean bun-structair eile aig an aon àm co-cheangailte ri, mar eisimpleir, còmhail, ceangailteachd dhidseatach agus taigheadas.

Modhan-obrach

12.7 Dh'aontaich luchd-freagairt ris a' mholadh a chaidh a chur air adhart sa phàipear co-chomhairleachaidh gum bu chòir modhan-obrach càileachdail agus uimhireil a bhith ann am frèam tomhais sam bith. Thuirt cuid de luchd-freagairt gun robh dòighean-obrach càileachdail nas buntainniche leis an ùine a dh'fhaodadh a bhith ann mus robh dàta uimhireil ri fhaighinn.

12.8 Mhol luchd-freagairt measgachadh farsaing de mhodhan-obrach iomchaidh, agus thug iad seachad adhbharan airson nan dòighean a chaidh a mholadh mar a leanas:

- **Fad-ùine:** Leis gum biodh e coltach gum biodh buaidhean Bann nan Eilean ri faicinn thar ùine fhada, mhol luchd-freagairt gum biodh dòigh-obrach fhad-ùine, le tomhasan air a dhèanamh aig amannan iomchaidh thar grunn bhliadhnaichean feumail.
- **Sgrùdaidhean Cùise:** Thuirt luchd-freagairt gum faodadh sgrùdaidhean cùise air daoine a fhuair bannan agus daoine nach d' fhuair iad seallaidhean a thoirt seachad

mu carson a choilean no nach do choilean tabhartas sònraichte na buaidhean ris an robh dùil.

- **Sgrùdaidhean coimeasach:** Thuirt luchd-freagairt gun cuidicheadh coimeas 'soirbheachas' sòisealta, eaconamach agus ionmhais eadar daoine a fhuair bannan agus daoine nach d' fhuair gus obrachadh a-mach dè an 'luach a bharrachd' a bh' aig Bann nan Eilean.
- **Suirbhidhean:** Mhol luchd-freagairt gum faodadh suirbhidhean bliadhnail de luchd-còmhnaidh a bhith feumail, gu sònraichte ann a bhith a' dearbhadh dè a' bhuidh a th' aige air luchd-còmhnaidh ionadail agus air a' chultar ionadail.
- **Cunntasan-sluaigh / sgrùdaidhean:** Mhol luchd-freagairt gum biodh e feumail clàradh leantainneach a dhèanamh de na gluasadan eadar, taobh a-staigh, agus gu coimhearsnachdan eileanach. Dh'fhaodadh seo cuideachd a bhith a' gabhail a-steach sgrùdaidhean air agus bun-structar cudromach eile, leasachaidhean air rathaidean, goireasan eile, is msaa.
- **Aithisgean adhartais (gu bhith air an cur a-steach gu cunbhalach le luchd-faighinn nam bannan):** Bheireadh seo cunntas air cleachdadh na maoinne a bharrachd air sealladh a thoirt seachad air buaidhean sam bith, an dà chuid deagh bhuidhean is droch bhuidhean.
- **Tachartasan bliadhnail** ann an coimhearsnachdan gus fios air ais fhaighinn mu bhuidh an sgeama.

12.9 A bharrachd air sin, chaidh iomradh a thoirt air innealan no frèaman tomhais a bha air an cleachdadh ann an àiteachan eile (m.e. [Inneal Mapaigh Coimhearsnachd](#)) a bharrachd air molaidhean airson prògram aithriseach TBh gus sanasachd a thoirt dhan sgeama.

Tomhasan sònraichte

12.10 Chuir luchd-freagairt raon farsaing de mholaidhean air adhart airson comharran sònraichte a bha iad a' smaoinneachadh a bhiodh feumail airson slat-tomhais gus buaidh a mheasadh. Bha iad seo a' gabhail a-steach gu sònraichte:

- **Deamografach:** m.e. àireamhan-sluaigh a rèir aois is gnè, ìrean breith, clàran sgoile, meud na dachaigh, àireamh dhaoine fa leth agus teaghlaichean a' tilleadh
- **Eaconamach:** m.e. cosnadh (àireamh obraichean, àireamh obraichean air an cruthachadh, àireamh dhreuchdan bàna, àireamh ghnìomhachasan ùra), gainnead sgilean, spionnadh na h-eaconamaidh ionadail, tasgadh ionadail, prìsean thaighean, cuideam air slàinte, cùram slàinte agus seirbheisean foghlaim, teachd a-steach dachaighean, caiteachas ionadail, àireamh luchd-tadhail/luchd-turais, còmhndail, seirbheisean aiseig
- **Sòisealta:** m.e. taigheadas (àireamh de thaighean ùra air prìs reusanta, co-mheas eadar chiad dachaighean agus dàrna dachaighean, croitean nach eil air an cleachdadh gu leòr/gun daoine a' fuireach orra, an àireamh de thagraidhean dealbhaidh), càileachd beatha, sàsachadh, toileachas, sunnd, ceanglaichean

coimhearsnachd, co-leanailteachd sòisealta, co-roinn agus iomlaid eòlais, obair shaor-thoileach

- **Àrainneachdail:** m.e. truailleadh no leasachadh àrainneachd, càileachd uisge, eimiseanan carboin
- **Eile:** m.e. àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig, àireamhan a' frithealadh chlasaichean Gàidhlig.

Ceistean eile

12.11 Chaidh a mholadh gum bu chòir grunn cheistean eile a sgrùdadh a thaobh tomhas buaidh. Bha iad sin a' gabhail a-steach: toirt a-steach cleachdaidhean ùr-ghnàthach do na h-eileanan, a' bhuidh air croitearachd, agus cumail suas sgilean is ceàird thraidiseanta.

12.12 Thuirt cuid den luchd-freagairt a bha airson bannan fhaighinn gum biodh iad deònach beagan shusbaint a chruthachadh do na meadhanan sòisealta (ann an cruth blog bhidio no cruth iomchaidh eile) gus an sgeama a shanasachadh agus adhartachadh agus gus a bhuidh air an t-suidheachadh aca a shealltainn.

13 Roghainnean eile an àite Bann nan Eilean

13.1 Mar a chaidh aithris na bu tràithe (ann an Caibideil 5), cha robh mu leth de luchd-freagairt nan eilean ag aontachadh gum bu chòir Sgeama Bann nan Eilean a stèidheachadh. Gu tric, rinn an luchd-freagairt molaidhean eile air mar a dh'fhaodar dèiligeadh ri crìonadh-sluaigh anns na h-eileanan. Tha na molaidhean, agus an fheallsanachd nan cois far an deach a thoirt seachad, air am mìneachadh gu h-ìosal.

Dèan tasgadh ann am bun-structar nan eilean

13.2 B' e am moladh as cumanta gum bu chòir 'a' phoit' de £5m a chaidh a riarachadh dhan sgeama a chleachdadh gus pròiseactan bun-structair a mhaoineachadh. Gu dearbha, chaidh a ràdh gu tric le luchd-freagairt nach biodh duilgheadas sam bith ann le crìonadh-sluaigh nan robh tasgadh 'ceart' ann am bun-structar eileanach, agus mar sin nach biodh feum air Bann nan Eilean mar a chaidh a mholadh. Chaidh argamaid a chur air adhart gur e na h-uireasbhaidhean bunaiteach ann am bun-structar eileanach am bacadh as motha air daoine a bhith a' fuireach anns (no a' gluasad do) na h-eileanan.

13.3 Bha na seòrsaichean de phròiseact bun-structair a bu chòir maoineachadh fhaighinn a rèir luchd-freagairt (gu sònraichte luchd-freagairt eileanach) a rèir nan dùbhlann a bha sluagh eileanach air comharrachadh, mar a tha air a mhìneachadh ann an Caibideil 4. Dhaingnich luchd-freagairt a-rithist gun robh feum air maoineachadh bun-structair a bharrachd a thaobh taigheadas, còmhdhail (aiseagan, busaichean, còmhdhail adhair, rathaidean), ceanglaichean didseatach, foghlam agus cùram-chloinne.

13.4 Thuirt cuid den luchd-fhreagairt nach rachadh £5m 'uamhasach fada' ann a bhith dèiligeadh ri easbhaidhean bun-structair. Ach a dh'aindeoin sin, bha iad den bheachd gum faodadh a bhith a' cur maoin Bann nan Eilean luach £5m còmhla ri maoin bun-structair a th' ann mar-thà barrachd buannachd a thoirt seachad na bha comasach tron mholadh airson Bann nan Eilean. (Bha an seòrsa beachd seo uaireannan ceangailte ri beachd nas fharsainghe nach robh feum air sgeama ùr eile - leis a' bhiùrocrasaidh ùr na chois.)

Dèan tasgadh ann an coimhearsnachdan (seach daoine fa leth agus teaghlaidhean)

13.5 Bha e cumanta gum biodh luchd-freagairt a' ceasnachadh na feallsanachd airson a bhith a' riarachadh airgead do dhaoine fa leth agus do dhachaighean. Bhathar den bheachd gun robh an dòigh-obrach seo mì-chothromach, leis gun robh mòran a bharrachd 'luchd-faighinn airidh' na bh' ann de dh'airgead gus taic a thoirt dhaibh. Bha cuid den bheachd gum faodadh an 'crannchur' an lùib co-dhùnadh sam bith gus taic a thoirt do dh'aon dachaigh no neach seach air feadhainn eile sgaraidhean adhbharachadh, a bhith a' cur ri còmhstri agus droch bhuaidh a thoirt air aonachd coimhearsnachd.

13.6 Mar sin chaidh moladh gum bu chòir a' mhaoin a thoirt do choimhearsnachdan agus/no buidhnean coimhearsnachd. Bhiodh coimhearsnachdan anns an t-suidheachadh a b' fheàrr gus co-dhùnadh ciamar a chosgadh iad airgead sam bith gus am biodh a' bhuannachd as motha aig a' choimhearsnachd air fad.

Ag amas gu ro-innleachdail air (àireamh bheag de) c(h)oimhearsnachdan

13.7 Mar a chaidh a mhìneachadh ann an Caibideil 5, bha e cumanta gum biodh luchd-freagairt a' co-dhùnadh nach robh e coltach gum biodh £5m – neo taic do 100 dachaigh – a' toirt buaidh shusbainteach air crìonadh-sluaigh mar thoradh air cho mòr 's a tha an trioblaid agus na h-àireamh de dh'eileanan is choimhearsnachdan anns an sgeama.

13.8 Thug seo air cuid den luchd-fhreagairt moladh gum biodh e na bu bhuannachdaile – agus na b' fheàrr gu ro-innleachdail – an tasgadh a chuimseachadh air àireamh mòran nas lugha de dh'eileanan. Am measg an fheadhainn a mhol dòigh-obrach den t-seòrsa seo, bha aonta ann nan rachadh seo a thoirt air adhart, gum biodh e iomchaidh gun rachadh an t-airgead air fad a chur gu eileanan nas lugha agus gu coimhearsnachdan cugallach.

Thoir seachad iasadan seach bannan

13.9 Bha cuid den luchd-fhreagairt den beachd nach robh e iomchaidh 'bannan' a thabhann nach biodh air am pàigheadh air ais. An àite sin, bha iad den bheachd gum biodh luach na b' fheàrr ann bho bhith a' tabhann iasadan (ri phàigheadh air ais) airson gnothachasan a' tòiseachadh agus airson taigheadais. Bhathar den bheachd nach biodh sgeama iasaid cho dualtach atmhorachd prìsean thaighean adhbharachadh.

13.10 San aon dòigh, thuirt cuid den luchd-fhreagairt gum biodh sgeama nach robh stèidhichte air ceannach no seilbh, ach air leasachadh is stiùireadh coimhearsnachd na b' fheàrr.

Leasachadh poileasaidh agus reachdas ùr

13.11 Thuirt luchd-freagairt gu tric gun robh feum air freagairt poileasaidh – no reachdail – airson cùisean co-cheangailte ri crìonadh-sluaigh. Chaidh seo ainmeachadh mar bu trice a thaobh (i) a bhith a' cuingealachadh togail dhàrna dachaighean le daoine nach eil nan eileanach, (ii) a' cuingealachadh àireamh nan togalaichean a thathar a' cleachdadh mar AirBnB, (iii) toirt air uachdarain fearann a reic airson taigheadas, agus (iv) a' sìmpleachadh pròiseas tagraidh dealbhaidh airson a bhith a' faighinn croit. Bha luchd-freagairt a bha a' moladh an t-seòrsa dòigh-obrach seo den bheachd nach biodh feum air sgeama Bann nan Eilean nan rachadh dèiligeadh ris na cùisean sin.

Molaidhean eile

13.12 Chaidh grunn mholaidhean eile a dhèanamh, a' gabhail a-steach molaidhean gus sgeamaichean a thoirt air ais a bhathar a' meas soirbheachail san àm a dh'fhalbh ach a bha a-nis air tighinn gu crìch. Am measg nam molaidhean sin bha:

- Thoir seachad maoin eachadh coltach ris a' mhaoin a chaidh a thabhann roimhe fo 'Mhaoin ath-shuidheachaidh Earra-Ghàidheal is Bhòid' a thug seachad £5,000 airson 'tabhartas le fòcas air gnìomhachas'.
- Thoir seachad dreach ùraichte de na Tabhartasan Seilbh Dachaigh Dùthchail, no sgeama seilbh co-roinnte
- Maoinich lìonra de 'ghaisgich seasmhachd eileanach'.

13.13 Mu dheireadh, chaidh moladh gum bu chòir 'sgrùdadh ciall' a dhèanamh air poileasaidh Bannan nan Eilean mu choinneamh dòigh-obrach 'Sònaichean Fàs-shluaigh' a tha aig ùghdarrasan ionadail eileanach aig an àm seo oir bhiodh e cudromach dèanamh cinnteach gum biodh na dòighean-obrach sin a rèir a chèile.

Leas-phàipear 1: Liosta de sheiseanan conaltraidh

Chùm Riaghaltas na h-Alba seiseanan conaltraidh leis na buidhnean a leanas eadar an Lùnastal agus an t-Samhain 2021.

- Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
- Aspire Orkney
- Bòrd na Gàidhlig
- Comhairle nan Eilean Siar
- Urras Taigheadais nan Coimhearsnachdan
- Fearann Coimhearsnachd Alba
- Coimisean na Croitearachd
- Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean
- Comhairle na Gàidhealtachd
- LGBT Youth Scotland
- Comataidh Gluasadachd agus Ruigsinneachd na h-Alba
- NFU Alba
- Comhairle Siorrachd Àir a Tuath
- Comhairle Arcaibh
- Promote Shetland
- Taigheadas Dùthchail na h-Alba
- Caidreachas Croitearachd na h-Alba
- Iomairt na h-Alba
- Caidreachas Eileanan na h-Alba
- Coimisean Fearainn na h-Alba
- Scottish Rural Action
- Co-chruinneachadh nam Ban Alba
- Comhairle Shealtainn
- Leasachadh Sgìlean na h-Alba
- Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean

Leas-phàipear 2: Freagairtean bho bhuidhnean

Chuir 39 buidhnean freagairtean a-steach dhan cho-chomhairle.

Buidhnean agus urrasan coimhearsnachd (13)

- Seirbheis Choimhearsnachd is Saor-thoileach Arainn
- Urras Leasachaidh Arainn
- Buidheann Ath-bheothachaidh Arainn / Buidheann Eaconomach Arainn
- Comhairle Choimhearsnachd Cholla
- Comataidh agus Comann Coimhearsnachd Fair Isle
- Urras Oighreachd Ghabhsainn
- Urras Ghleann Dail
- Eileanan le Sluagh Beag
- Urras Leasachaidh Dhiùra
- Urras Coimhearsnachd Mhuile is Ìdhe
- Comhairle Choimhearsnachd Mhuile
- Comhairle Choimhearsnachd Thiriodh
- Urras Taobh Siar na Hearadh

Ùghdarrasan ionadail, NHS agus buidhnean poblach eile (9)

- Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
- Bòrd na Gàidhlig
- Comhairle nan Eilean Siar
- Comhairle na Gàidhealtachd
- Comataidh Gluasadachd agus Ruigsinneachd na h-Alba (MACS)
- NHS nan Eilean Siar
- Comhairle Siorrachd Àir a Tuath
- Comhairle Arcaibh
- Comhairle Shealtainn

*Buidhnean san treas roinn, carthannasan, agus buidhnean ballrachd(9)

- Fearann Coimhearsnachd Innse Gall
- Fyne Futures Ltd
- Ivy's Rescue
- NFU Alba
- Taigheadas Dùthchail na h-Alba
- Caidreachas Croitearachd na h-Alba
- Caidreachas Eileanan na h-Alba
- Scottish Rural Action
- Tagsa Uibhist

Buidhnean aoigheachd is turasachd (4)

- Adventure Experience
- Auchrannie Resort
- Crofters Arran Ltd.
- Scarinish Harbour Hotel

Buidhnean foghlaim (3)

- Ceòlas Uibhist
- Colaiste Dhùthchail na h-Alba
- Ionad na h-Alba airson Eilean-eòlas

Eile (1)

- HHA Productions Cyf

Leas-phàipear 3: Ìre freagairt nan ceistean

Tha an clàr gu h-ìosal a' toirt mion-fhiosrachadh air na h-ìrean freagairt airson ceistean fa leth, air am briseadh sìos a rèir luchd-freagairt eileanach (buidhnean nam measg) agus luchd-freagairt nach robh anns na h-eileanan (buidhnean nam measg).

Àireamh na ceiste	Teacs na ceiste	Àireamh an luchd-freagairt eileanach	Ìre freagairt, luchd-freagairt nan eilean (a-mach à 687)	Àireamh an luchd-freagairt taobh a-muigh nan eilean	Ìre freagairt, luchd-freagairt taobh a-muigh nan eilean (a-mach à 967)
1	Dè na ciad beachdan agad air na slatan-tomhais a tha air am moladh airson a' Bhanna Eileanaich?	666	97%	939	97%
2	Dè an t-eilean anns a bheil thu a' fuireach an-dràsta? (ma bhios tha seo iomchaidh) <ul style="list-style-type: none"> Eileanan Earra-Ghàidheal Arainn, Bòd, Cumaradh Leòdhas is na Hearadh Tìr-mòr Arcaibh Eileanan a-muigh, Arcaibh Tìr-mòr Shealtainn Eileanan a-muigh, Sealtainn An t-Eilean Sgitheanach agus na h-Eileanan Tarsainn Uibhist is Barraigh 	686	100%	927	96%
3	Ma tha thu a' fuireach ann an eilean, dè do bheachd air na dùbhlain as motha a th' aig an sgìre agad, agus carson?	664	97%	236	24%
4	Ma tha thu a' fuireach ann an eilean, a bheil deamografaigs sònraichte nach eil air an riochdachadh gu leòr san sgìre agad air am bu chòir am Bann Eileanach a bhith ag amas, nad bheachd? <ul style="list-style-type: none"> Aois Gnè bhith-eòlasach Gnè Cinneadh Proifeiseanan Eile 	625	91%	280	29%
	Beachdan	582	85%	265	27%
5	Dè bu chòir a bhith na phrìomhachas aig a' Bhann Eileanach? (Tagh aon dhe na roghainnean gu h-ìosal): <ul style="list-style-type: none"> Fàs-sluaigh (a' brosnachadh dhaoine a bhith a' dèanamh imrich do na h-eileanan) Glèidheadh-sluaigh (a' cumail taic ris a' choimhearsnachd làithreach gus fuireach ann) An dà chuid Eile 	671	98%	949	98%

	Beachdan	276	40%	220	23%
6	Dè an tasgadh calpa a bharrachd tron Bhann Eileanach a bheireadh a' bhuidh as motha air co-dhùnaidhean dhaoine a bhith a' fuireach ann, no a' gluasad gu, coimhearsnachdan eileanach?	601	87%	822	85%

Aireamh na ceiste	Teacs na ceiste	Aireamh an luchd-freagairt eileanach	Ìre freagairt, luchd-freagairt nan eilean (a-mach à 687)	Aireamh an luchd-freagairt taobh a-muigh nan eilean	Ìre freagairt, luchd-freagairt taobh a-muigh nan eilean (a-mach à 967)
7	A bheil thu ag aontachadh gum feumadh seirbheis comhairleachaidh a bhith ann gus taic a chumail ris an fheadhainn a tha gu bhith ag imrich gu coimhearsnachdan eileanach? <ul style="list-style-type: none"> • Ag aontachadh gu mòr • Ag aontachadh • Gun aonta no eas-aonta • Ag eas-aontachadh • Ag eas-aontachadh gu mòr 	675	98%	958	99%
8	Nad bheachd, dè am prìomh amas agus dleastanas a bu chòir a bhith aig an t-seirbheis comhairleachaidh gus taic a chumail dhaibhsan a tha ag imrich gu coimhearsnachdan eileanach?	586	85%	862	89%
9	Cò bu chòir a bhith an sàs ann a bhith a' libhrigeadh seirbheis co-chomhairleachaidh gus taic a chumail dhaibhsan a tha ag imrich gu coimhearsnachdan eileanach?	540	79%	806	83%
10	Ciamar a dh'fhaodadh am Bann Eileanach buaidh a thoirt orrasan air a bheil feartan dìonta? <ul style="list-style-type: none"> • Glè mhath • Ann an dòigh mhath • Ann an dòigh dhona • Glè dhona • Chan eil math no dona 	552	80%	714	74%
	Beachdan	375	55%	438	45%

11	A bharrachd air an fheadhainn air an tug sinn cunntas sa phàipear co-comhairleachaidh, dè na dòighean eile a dh'fhaodamaid cleachdadh gus adhartas agus buaidh a' Bhanna Eileanaich a thomhas?	396	58%	547	57%
12	Beachd sam bith eile agad air Bann nan Eilean.	412	60%	452	47%